



**CROFTING COMMISSION
COIMISEAN NA CROITEARACHD**



COIMISEAN NA CROITEARACHD

**Aithisg Bhliadhnail agus Cunntasan Bliadhnail
2021/22**

Aithisg Bhliadhnail agus Cunntasan Bliadhnail Coimisean na Croitearachd
2021/22

Air a cur fa chomhair Pàrlamaid na h-Alba a rèir Earrann 2B agus
Pàipear-taice 1, paragraf 19 de dh'Achd nan Croitearan (Alba) 1993 mar
a chaidh atharrachadh le Achd Ath-leasachadh Croitearachd (Alba) 2007
agus Achd Ath-leasachadh Croitearachd (Alba) 2010 agus Achd Ath-
leasachadh Croitearachd (Alba) 2013.

Don Fhìor Urramach Nicola Sturgeon
Prìomh Mhinistear a Mòrachd.

A Phrìomh Mhinisteir Chòir

Tha e na urram dhuinn an deicheadh Aithisg Bhliadhnail le Cunntasan aig
Coimisean na Croitearachd airson na bliadhna 2021/22 a chur an làthair.

Is sinne, le meas



Calum MacMhathain, Neach-gairm



Uilleam Barron, Ceannard

SG/2022/143



Coimisean na Croitearachd
Taigh a' Ghlinne Mhòir, Rathad na Leacainn, Inbhir Nis, IV3 8NW
F:01463 663439
D:info@crofting.gov.scot

Clàr-innse

3 AITHISG AIR DÈANADAS

Sùil air ais air obair Choimisean na Croitearachd ann an 2021/22, le sgrùdadh air an lìbhrigeadh agus an dèanadas againn, agus air an t-suidheachadh againn aig deireadh na bliadhna.

4 Foir-shealladh

Cunntas air cò sinn, dè tha sinn a' dèanamh, na gàbhaidhean as motha a tha mar coinneimh agus mar a chaidh dhuinn thairis air a' bhliadhna a chaidh.

- 4 Ro-ràdh an Neach-ghairm
- 5 Foir-shealladh a' Cheannaird
- 6 Cò Sinn
- 7 Modal Gnìomhachais
- 7 Cruth na Buidhne
- 8 Taghaidhean Choimisean na Croitearachd 2022
- 9 Amasan agus Ro-innleachdan
- 11 Ceistean agus Gàbhaidhean a Tha Mar Coinneamh
- 12 Cunntas Ionmhasail
- 13 Cunntas air Dèanadas
- 13 Comharraidhean Dèanadais

14 SGRÙDADH AIR DÈANADAS

Measadh air an ìre dham bheilear air na h-amasan sa Phlana Bhliadhnail againn, ceangailte ri Toraidhean a' Phlana Chorporra 5-bliadhna againn, a thoirt gu buil.

- 15 Dèanadas Obrachail
- 22 Siostam na croitearachd a riaghladh gu ceart agus a dhìon is a neartachadh airson nan ginealach romhainn
- 23 Co-dhùnaidhean Tiomnaichte (DDM)
- 24 Ath-thagraidhean gu Cùirt an Fhearainn (SLC)
- 25 Ceistean agus Gàbhaidhean a Tha Mar Coinneamh
- 27 Clàr nan Croitean (ROC)
- 28 Clàr nan Croitean
- 29 Dleastanasan Choitearan
- 30 Cunntas na Croitearachd 2020 – Dleastanasan
- 32 Cunntas na Croitearachd 2017, 2018 2019 – Dleastanasan
- 34 Cunntas na Croitearachd 2021
- 36 Ionaidh Coitcheann
- 37 Saorsa Fiosrachaidh/Riaghailtean Àrainneachd/ Dìon Dàta

- 37 Gearanan
- 38 Conaltradh
- 38 Còraichean Daonna
- 39 Gnothaichean Àrainneachd
- 40 Dèanadas Ionmhasail
- 41 Gnothaichean an Aghaidh Coirbeachd is Ceannach le Duais
- 42 Eisimpleirean

45 AITHISG CUNNTALACHD 2021/22

Aithrisean is aithisgean bunaiteach a leigeas leinn feumalachdan mu chunntalachd a thoirt a-mach agus a nochdas gabhail ri deagh riaghladh corporra.

46 Aithisg Riaghlaidh Chorporra

Mìneachadh air co-chur is eagrachadh nan structaran riaghlaidh againn agus mar a chuireas iad taic ri toirt nan amasan is nan ceann-uidhe againn gu buil.

- 46 Aithisg Luchd-stiùiridh
- 50 Aithris mu Dhleastanasan an Oifigeir Chunntachail
- 51 Aithris mu Riaghladh

61 Aithisg air Tuarastal is Luchd-obrach

Sa phoileasaidh tuarastail againn, gheibhear fiosrachadh air pàigheadh is cùisean peinnsein Buill a' Bhùird againn, an Sgioba-stiùiridh, nochdadh mu chothrom na Fèinne agus aithisg air luchd-obrach.

- 61 Poileasaidh mu Thuarastal
- 68 Aithisg Luchd-obrach
- 73 Nochdadh fo Chunntalachd Phàrlamaideach

74 Aithisg an Neach-sgrùdaidh Neo-eisimeilich

79 AITHRISÈAN IONMHASAIL 2021/22

Aithrisean Ionmhasail Choimisean na Croitearachd, le fiosrachadh mar thaic is mar mhìneachadh.

- 80 Aithris mu Chosg Lom Ion-chuimseach
- 81 Aithris mun t-Suidheachadh Ionmhasail
- 82 Aithris mu Shruthan-airgid
- 83 Aithris mu Atharrachaidhean air Cothromas Luchd-pàighidh Chìsean
- 84 Notaichean an cois nan Aithrisean Ionmhasail

94 Faclair Ionmhais






**CROFTING COMMISSION
COIMISEAN NA CROITEARACHD**

Aithisg air Dèanadas

San earrann seo, bheirear sùil air ais air obair Choimisean na Croitearachd ann an 2021/22, le sgrùdadh air lìbhrigeadh is dèanadas agus air an t-suidheachadh againn aig deireadh na bliadhna.

Ro-ràdh an Neach-ghairm

Tha 2021/22 air a bhith na bliadhna dhùbhlach do Choimisean na Croitearachd, chan ann a-mhàin a thaobh càrn-obrach cùise riaghlaidh a stiùireadh, ach cuideachd a thaobh leantainn oirnn bhon Sgrùdadh Riaghlaidh san Fharsaingeachd leis ar neach-sgrùdaidh air an taobh a-muigh agus Aithisg¹ Earrann 22^a thàinig an dèidh



Mar bhuidhinn tha sinn air obair gu cruaidh gus dèiligeadh ris an dà chuid na draghan agus na molaidhean a chaidh a thogail leis ar neach-sgrùdaidh air an taobh a-muigh agus Sgrùdadh Alba agus tha sinn air pròiseasan agus gnìomhan a dhealbhadh gus dèanamh cinnteach gum faicear leasachaidhean soilleir agus gun tèid an glèidheadh san ùine air thoiseach.

Tha fastadh luchd-obrach air a bhith na dhùbhlach eile ris an do thachair sinn thar nan 12 mìosan a dh'fhalbh; tha sinn air grunn phrìomh luchd-obrach eòlach a chall. Am feadh na bliadhna thug sinn barantas do dh'ath-sgrùdadh neo-eisimeileach air fastadh luchd-obrach, a chuir cuideam air an fheum airson barrachd luchd-obrach ann am mòran de na sgiobaidhean againn. Tha barrachd maoinichaidh bho Riaghaltas na h-Alba air comas a thoirt dhuinn ri ar luchd-obrach a mheudachadh gu mòr; bheir luchd-obrach ùr a tha an-dràsta a tha a' faighinn trèanadh buaidh shusbainteach air a' chàrn de dh'obair-cùise anns na mìosan ri thighinn.

Taobh a-staigh na bliadhna aithris tha mòran sgeulachdan de shoirbheas air a bhith ann dhan Choimisean agus dhan Choimhearsnachd Croitearachd air fad. Tha sinn air cruthachadh croitean ùra fhaicinn, agus a' chiad croit againn ann am Moireibh. Tha an sgioba Leasachaidh air ùr-leasachadh air deagh adhartas a dhèanamh cuideachd le caochladh de phròiseactan agus iomairtean a chumas taic ri Croitearan.

Am feadh 2021/22 thug sinn ùine measadh a dhèanamh air na siostaman agus pròiseasan a bhios sinn a' cleachdadh gus ar n-obair taobh a-staigh a' Choimisean a riaghladh. Tha sinn air prìomh raointean a chomharrachadh a dh'fheumadh sinn ùine agus goireasan a chur annta gus dèanamh cinnteach gun

cùm iad orra a' toirt seirbheis dhuinn san àm ri teachd. Tha sinn misneachail gun toir na h-atharraichean agus pròiseasan a chuir sinn an àite siostam nas fheàrr dhuinn airson dèiligeadh ris ar n-uallach obrach.

Chan eil mòran teagamh ann gum bi na h-ath 12 mìosan duilich dha mòran air feadh nan Siorrachdan Croitearachd; tha sinn ag aithneachadh gu bheil e do-sheachanta gum bi e doirbh do dhaoine fa-leth agus do choimhearsnachdan dèiligeadh ris an àrdachadh ann an cosgaisean bith-beò, trioblaidean leis an t-sèine solair ann an iomadh prìomh rud agus a' bhuidh a bhios aig atharrachadh na gnàth-shìde. Leanaidh an Coimisean orra a' cumail taic ri Croitearachd agus bidh sinn ag obair leis ar com-pàirtichean gus dèanamh cinnteach gu bheil sinn deiseil agus comasach air Croitearan a chuideachadh a dhèiligeadh ris na dùbhlain a bharrachd a tha an suidheachadh sòiseo-eaconamach a th' ann an-dràsta air toirt dhuinn.

Mar bhuidhinn phoblach tha e mar dhleastanas oirnn fa-near a thoirt do bhuidhinn eaconamach ar buidhne agus tha pàirt againn ann a bhith a' dèiligeadh ri atharrachadh na gnàth-shìde. Tha sinn a' sgrùdadh gu dlùth ar cleachdaidhean airson na h-ùine air thoiseach gus an tèid againn air ar dleastanasan dhan àrainneachd a chothromachadh, fhad 's a tha sinn a' còmhachadh àite cho mòr, agus uaireannan iomallach, taobh a-staigh Siorrachdan Croitearachd na h-Alba. Bidh teicneòlas gar cuideachadh ann a bhith a' toirt aghaidh air dùbhlain, ach feumaidh dòigh-obrach cothromaichte agus ciallach a bhith againn a thaobh obair agus eadar-obrachadh còmhla ris a' Choimhearsnachd Croitearachd a tha sinn a' frithealadh.



Malcolm MacMhathain
Neach-gairm

¹ Tha tuilleadh fiosrachaidh air duilleag 51 den Aithisg Riaghladh againn.

Foir-shealladh a' Cheannaird

'S e bliadhna dhoirbh a bh' ann an 2021/22 airson Coimisean na Croitearachd agus, nas cudromaiche, airson luchd-cleachdaidh a tha an urrachd nan seirbheisean againn.



Uilleam Barron

Bhon t-samhradh chaill sinn àireamhan anabarrach àrd de luchd-obrach, oir chuir cuid romhpa leigeil dhiubh an dreuchd, agus fhuair cuid eile cothroman àrdachaidh ann an àiteachan eile. Chaidh an càrn-obrach againn de dh'obair-cùise a mheudachadh leis a' chall de luchd-obrach eòlach agus dh'fhàg nach b' urrainn dhuinn an ìre àbhaisteach againn de sheirbheis luchd-cleachdaidh a chumail suas. Ach ge-tà, thàinig a' bhliadhna gu crìch gu dòchasach, le Coimiseanairean ùra air an taghadh dhan Bhòrd anns na taghaidhean 2022, agus meudachadh susbainteach bhuidseit air a dhearbhadh le Riaghaltas na h-Alba airson 2022/23.

Tron bhliadhna, b' e am prìomhachas an càrn-obrach de dh'obair-cùise riaghlaidh a stiùireadh. Tha luchd-obrach thar na buidhne air a bhith ag obair gu dìcheallach tron bhliadhna, agus tha mi air leth taingeil dhaibh airson na h-obrach cruaidh agus proifeiseantachd aca.

Tha planaichean seasmhach againn ri amannan obair-cùise a thoirt air ais a rèir clàr-ama. Aig crìche an seo tha fastadh barrachd luchd-obrach riaghlaidh, a thòisich anns a' Ghearran 2022. Tha sinn cuideachd air ar dòighean-obrach ùrachadh agus leasachadh airson trèanadh luchd-obrach ùra, gus am fàs iad eòlach air dèiligeadh ri obair-cùise cho luath 's a ghabhas. Tha an Coimisean air an dleastanas aige tiomnadh cho-dhùnaidhean a mheudachadh, a tha a' gabhail a-steach leigeil le luchd-obrach tagraidhean sònraichte a dhiùltadh nuair tha e follaiseach nach eil iad a rèir poileasaidh agus cleachdadh. Tha seo uile gar cuideachadh co-dhùnaidhean a dhèanamh ann an dòigh nas èifeachdaiche.

'S e iomairt mhòr eile a th' ann an leasachadh ar siostam thagraidhean air-loidhne. Tha seo air a bhith ga ullachadh tron bhliadhna, agus ron Mhàrt 2022 bha e comasach dhuinn ar dorsan didseatach fhosgladh gu tagraidhean air-loidhne airson sònrachadh agus fo-gabhail. Thèid mòran a bharrachd sheòrsaichean tagraidh a sgaoileadh a-mach tron bhliadhna ri thighinn. Cuiridh tagraidhean air-loidhne às dha mòran mhearachdan ann am foirmean-tagraidh a bha nan adhbhar dàil anns an àm a dh'fhalbh. Bidh croitearan

agus tagraichean a tha air an t-siostam a chleachdadh mar-thà, ag aithris gu bheil e soirbh a chleachdadh. Tha sinn airson 's gun tèid an siostam a chleachdadh gu farsaing airson tagraidhean de gach seòrsa, gus luathas agus mionaideachd a thoirt dhan phròiseas riaghlaidh.

Airson a' mhòr-chuid den bhliadhna cha robh againn anns an oifis ach cnàmhlach luchd-obrach, leis a' chuid as motha den luchd-obrach ag obair bhon taigh. Tha sinn air poileasaidh air obair ioma-dhòigheach a chur air dòigh, a bheir sinn gu buil gu faiceallach thar na bliadhna ri thighinn, agus sinn a' comhairleachadh le luchd-obrach. Mar a lasaich suidheachaidhean Covid-19, bha sinn toilichte comas a bhith againn coinneamh phoblach a chumail anns an Luirg agus coinneamh phoblach a' Bhùird ann an Eadardan.

Anns a' Mhàrt 2022, bha ceannas againn air na treas taghaidhean croitearachd, a' leantainn bhon fheadhainn ann an 2012 agus 2017, agus bha e na thlachd dhomh gun robh farpais anns a h-uile roinn-taghadh às na sia. Mealaibh ur naidheachd agus fàilte (no fàilte air ais) dhaibhsan a chaidh a thaghadh, agus mìle taing - agus ar co-fhaireachdainn - dhaibhsan nach robh soirbheachail air an tràth seo. Tha e an-còmhnaidh na bhrosnachadh nuair a tha ùidh aig daoine ann an croitearachd agus gan cur fhèin air adhart mar thagraichean. Bheir mi taing cuideachd do Mi-Voice a ghabh ris an dreuchd Oifigeir Taghaidh dhuinn, nuair nach robh comas aig ùghdarras ionadail sam bith sin a dhèanamh.

Gu duilich, feumaidh mi fa-near a thoirt gun do chaochail oifigeir Coimisean na Croitearachd rè na bliadhna. Cha robh Sine Calder againn ach beagan bhliadhnaichean ach dh'fhàs i gu luath gu bhith na buill mheasail agus urramaichte den sgioba Riaghlaidh againn. Tha sinn uile ga h-ionndrainn.

Uilleam Barron
Ceannard agus Oifigeir Cunntachail

Cò Sinn

Tha bun-reachd, cumhachdan agus dleasan Coimisean na Croitearachd gam mìneachadh ann an Achd nan Croitearan (Alba) 1993 mar a chaidh atharrachadh le Achd Ath-leasachadh Croitearachd (Alba) 2007 agus Achd Ath-leasachadh Croitearachd (Alba) 2010 agus Achd Ath-leasachadh Croitearachd (Alba) 2013.

Chaidh Coimisean na Croitearachd (ris an canar bho seo a-mach 'an Coimisean', 'sinn' no 'sinn') a chruthachadh leis an Achd Ath-leasachadh Croitearachd (Alba) 2010, a thàinig gu bith air 1 Giblean 2012, a' gabhail stiùir bho Choimisean nan Croitearan. Is e Buidheann Poblach Neo-Roinneil (NDPB) a tha ann agus e ag obair bho latha gu latha gu neo-eisimeileach bhon Riaghaltas, ach ris a bheil Ministearan na h-Alba an urra air a' cheann thall.

Air Bòrd a' Choimisein tha sianair Choimiseanairean taghte agus triùir Choimiseanairean air an cur an dreuchd le Riaghaltas na h-Alba, air an stiùireadh le Neach-gairm. Tha sgioba de 66² luchd-obrach le stiùireadh bho Àrd-oifigeir a' cumail taic ris a' Bhòrd.



AN SEALLADH AGAINN

Gun sìor-chuir croitean agus coimhearsnachdan croitearachd ri gnothaichean sòisealta, cultarach, eaconamach agus àrainneachd nan sgìrean croitearachd.



AR RÙN

Siostam na croitearachd a riaghladh gu ceart agus a dhìon is a neartachadh airson nan ginealach romhainn.



NA LUACHAN AGAINN


Leasaich an Coimisean luachan corporra a nochdas na tha cudromach dhuinn mar bhuidheann agus a tha aig cridhe na dòigh sam feuch sinn ri obrachadh bho latha gu latha.

- Cùram a ghabhail de choimhearsnachdan croitearachd agus den àrainneachd
- Obair-sgioba chuideachail
- Dealas do fhreagarrachd sheirbheisean agus do leasachadh
- Brosnachadh leasachadh luchd-obrach is Choimiseanairean
- A bhith cothromach is gun chlaonadh.


Modal Gnìomhachais

'S iad prìomh obrachaidhean a' Choimisein a rèir Achd nan Croitearan (Alba) 1993 (an t-Achd): a' riaghladh croitearachd, ag ath-eagrachadh croitearachd, ag adhartachadh leas croitearachd agus a' cumail sùil air cùisean ceangailte ri croitearachd. Tha an Achd cuideachd a' cur mar dhleastanas air a' Choimisean a bhith ri sgrùdadh iomradh air briseadh dhleastanasan le màladairean agus croitearan a tha nan luchd-còmhnaidh is luchd-seilbh.

Bidh an Coimisean a' cumail comhairle ri Ministearan na h-Alba air cùisean ceangailte ri croitearachd agus bidh e cuideachd a' co-obrachadh le buidhnean eile airson leasachadh eaconamaidh is sòisealta nan sgìrean croitearachd.



Cruth na Buidhne



Taghaidhean Coimisean na Croitearachd 2022

Chaidh taghaidhean a chumail gus buill ainmeachadh gu Bòrd a' Choimisein anns a' Mhàrt 2022. Chaidh an Coimisean an sàs ann an tachartasan follaiseachd anns an ùine ro-thaghaidh gus conaltradh gu dìreach ri tagraichean a dh'fhaodadh a bhith ann le bhith a' cumail còig tachartasan taisbeanaidh air-loidhne, aon dhiubh sin a chuir fòcas a-mhàin air boireannaich a bhrosnachadh gus smaoineachadh air seasamh mar buill a' Bhùird.

Bhathar a' seasamh airson taghaidhean anns na sia Siorrachdan Croitearachd air fad agus chaidh na toraidhean a chunntadh agus ainmeachadh air an 18mh Màrt bhon Taigh-bhaile ann an Inbhir Nis. Anns na bliadhnaichean a dh'fhalbh chaidh taghaidhean a' Choimisein a riaghladh le aon de na h-Ùghdarrasan Ionadail taobh a-staigh nan Siorrachdan Croitearachd, ge-tà, air sgàth duilgheadasan ùine, cha robh seo comasach airson 2022.

Mar sin thug an Coimisein cùmhnant do sheirbheisean Mi-Voice, companaidh seirbheisean deamocratach, gus dreuchd neo-eisimeileach an oifigear-taghaidh a choileanadh.

Tha an clàr a leanas a' toirt seachad staitistigean de dh'àrd-ìre airson nan àireamh-bhòtaidh a rèir roinn-taghaidh.

Roinn-taghaidh	Luchd-bhòtaidh gu h-iomlan	Pàipearan-bhòtaidh air an dearbhadh gu h-iomlan	Àireamh-bhòtaidh sa cheud
Gàidhealtachd an Ear	866	288	33.3%
Arcaibh Gallaibh	639	226	35.4%
Sealtainn	1,370	499	36.4%
Iar-dheas na Gàidhealtachd	1,008	341	33.8%
Taobh Siar na Gàidhealtachd	3,600	957	26.6%
Na h-Eileanan Siar	4,863	1,249	25.7%
Buil	12,346	3,560	28.8%

Gheibhear barrachd fiosrachaidh agus staitistigean co-cheangailte ris an taghadh air ar làrach-lìn www.crofting.scotland.gov.uk

Amasan agus Ro-innleachdan

Tha toraidhean a' Phlana Chorporra aig Coimisean na Croitearachd ceangailte gu dlùth gus libhrigeadh 4 **Toraidhean Nàiseanta aig Riaghaltas na h-Alba san Fhrèam Nàiseanta mu Dhèanadas a thoirt gu buil.** Faodar sealltainn air a' Phlana Chorporra slàn againn aig www.crofting.scotland.gov.uk



Frèam-obrach Dèanadas Nàiseanta Riaghaltas na h-Alba

Frèam-obrach Dèanadas Nàiseanta Am Plana Corporra Againn **1** **2** **4**

Mar a chuidicheas sinn: Tha modail àiteachas beag agus seasmhach bunailteach ann an croitearachd, air fearann a tha gu tric meadhanach, agus tha deagh bhuaidhean soilleir aig an t-seòrsa sholarachadh bidh seo airson bith-iomadachd agus nas lugha de charboin. Tha tòrr de dh'obair a' Choimisean a' dìon agus a' neartachadh an taobh seo de chroitearachd. Gu h-àraid, ann an 2021/22, dh'obraich sinn gus àireamh nan ionaltraidhean coitcheann a tha air an stiùireadh a chumail suas, agus chaidh sinn an sàs le iomadh Chomataidh-ionaltraidh gus measgachadh de chùisean a shoilleireachadh no fhuasgladh. Dh'aithnich còmhraidhean a' Bhùird cho cudromach 's a tha ath-nuadhachadh mòintich air ionaltradh coitcheann, agus craobhan a chur air ionaltradh is croitean.

Frèam-obrach Dèanadas Nàiseanta Am Plana Corporra Againn **1** **2** **3**

Mar a chuidicheas sinn: Le bhith ag obair gus dèanamh cinnteach gu bheil croitean gan obrachadh le croitearan a tha fuireach orra no iar-mhàladairean, tha sinn a' neartachadh choimhearsnachdan croitearachd agus coimhearsnachdan nas fharsaing air a' Ghàidhealtachd is anns na h-Eileanan. Ann an 2021/22, air sgàth 's an obair againn, thill 17 croitearan a dh'fhuireach air no faisg air na croitean aca, agus thagh 20 a bharrachd nach b' urrainn seo a dhèanamh, a' chroit a shònrachadh do chuideigin eile. Dh'fhoillsich ar sgioba ùr Leasachaidh stiùireadh airson croitearan mu chudromachd chòir-sheilbh. Bha sinn a' brosnachadh còir-sheilbh shaor-thoileach, ach far a chumas croitear air a' bristeadh an dleistanais còmhnaidh no an dleistanas feum a dhèanamh den chroit, faodaidh an Coimisean gnìomh a ghabhail gu dìreach airson crìoch a chur air gabhaltasan croitearachd gus am faodar na croitean ath-leigeil dhaibhsan a bhios a' gèilleadh ris na dleistanasan.

Frèam-obrach Dèanadas Nàiseanta Am Plana Corporra Againn **1** **2** **4**

Mar a chuidicheas sinn: Nì Riaghaltas na h-Alba sgrùdadh gach 4 bliadhna air feum eaconamach nan croitear ris a' Ghàidhealtachd agus na h-Eileanan agus eaconamaidh nas fharsainge na h-Alba, agus nochd am foillseachadh ma dheireadh aca air a' chuspair seo san Dùbhlachd 2018. Fhuair seo gum b'e an teachd a-steach meadhanach croitearachd ri croit £2,000 gach bliadhna, ach gun robh meudachadh ann an croitearan ag aithris teachd a-steach fada nas àirde na seo. Thug an aithisg fa-near cuideachd air fianais gun robh croitearan air na gnìomhachasan aca eugsamhlachadh - mar eisimpleir, le meudachadh ann an àireamhan croitearan a' solarachadh àite-fuirich nan làithean-saora. Mar a shaoileadh, is iomadh croitear aig a bheil cosnadh eile nan coimhearsnachdan agus nas fhaide air falbh, a bharrachd air an obair croitearachd aca. Thug sinn taic do sheasmhachd eaconamach nan coimhearsnachdan croitearachd le bhith a' dèanamh cho-dhùnaidhean follaiseach air tagraidhean riaghlaidh, mar eisimpleir, a' toirt cead do thagraidhean dì-chroitidh far an robh adhbhar soilleir agus buannachdail ann ach gu tric gan diùltadh far nach robh an leithid ann. Chuir sinn portal air-loidhne air bhonn cuideachd a' toirt seòladh gu farsaingeachd de làraich-lìn gus croitearan a chuideachadh cothrom fhaighinn air fiosrachadh mun taic a tha ri fhaighinn dha na gnìomhachasan croitearachd aca.

Frèam-obrach Dèanadas Nàiseanta Am Plana Corporra Againn **3** **4** **5**

Mar a chuidicheas sinn: Tha an Coimisean a' strì airson neo-phàirteachd agus neo-leth-bhreith na obair air fad. Tha Achdan na Croitearachd a' glèidheadh san lagh còraichean nan croitear, nan uachdaran agus nan coimhearsnachdan ionadail, agus tha an Coimisean gan seasamh uile nuair a ruigeas e co-dhùnaidhean. Ghabh sinn còrr is 700 co-dhùnaidhean reachdail ann an 2021/22, agus bha cuid dhiubh feumach air cothromachadh faiceallach eadar miannan diofraichte nam pàrtaidh eadar-dhealaichte agus an aghaidh miann fharsaingeachd coimhearsnachd na croitearachd.

Cunntas air na Cunnartan is Cùisean a tha Mar Coinneamh

Bidh an Coimisean a' cumail dà chlàr de chunnartan: Clàr Ghàbhaidhean Ro-innleachdail a tha ag amas air na cunnartan a thaobh coileanadh nam prìomh amasan againn; agus Clàr Ghàbhaidhean Obrachaidh anns a bheil farsaingeachd de chunnartan eile a thaobh ruith a' ghnìomhachais bho latha gu latha. Chaidh an dà Chlàr Ghàbhaidhean ath-dhealbhadh agus ath-lionadh thar 2021/22, mar a chaidh a mholadh leis ar neach-sgrùdaidh bhon taobh a-muigh.

Anns na bliadhnaichean mu dheireadh, is ann dà-fhillte a bha na prìomh chunnartan anns a' Chlàr Ghàbhaidhean Ro-innleachdail: cumail suas comas Sgioba Riaghlaidh gus àireamh de thagraidhean nach gabh a thomhas a riaghladh; agus ar n-èifeachdas ann a bhith a' brosnachadh croitearachd gnìomhach, tro bhith a' cur an gnìomh dhleastanasan, taic do dh'ionaltradh, agus o chionn ghoirid an sgioba Leasachaidh againn. Ged a bhios an dà chuid fhathast nan dùbhlain mhòra ann an 2022/23, cuiridh leudachadh luchd-obrach an Coimisein ann an suidheachadh nas làidire gus meud obair-cùise a riaghladh agus gus ar taic do chroitearachd gnìomhach a mheudachadh.

Bhon Earrach 2021, tha an Clàr Ghàbhaidhean Ro-innleachdail cuideachd air a bhith ag amas air na cùisean riaghlaidh a chaidh an comharrachadh anns an Aithisg Sgrùdaidh Farsaingeachd bhon Chèitean 2021³, agus na cunnartan do chliù a bhios ag èirigh àsda. Ged a tha deagh adhartas air a bhith ga dhèanamh a thaobh nam molaidhean bhon aithisg sin a thoirt gu buil, tha seo fhathast na prìomh amas airson Bòrd agus Luchd-stiùiridh.

Cuideachd as t-Earrach 2021, chomharraich aithisg sgrùdaidh taobh a-staigh easbhaidhean ann an riaghladh agus smachd ar an leasachadh in-thaigh againn den t-Siostam Fiosrachaidh Croit (CIS), a dh'fheumas barrachd ghoireasan Coimisein agus/no fuasgladh air an taobh a-muigh, gus dèanamh cinnteach à seasmhachd. Tha buileachadh nam molaidhean seo a' dol air adhart, ach tha seo fhathast mar amas air a' Chlàr Ghàbhaidhean Gnìomhach againn.

'S iad prìomh chuspairean eile anns a' Chlàr Ghàbhaidhean Gnìomhach an comas do sgiobaidhean fa leth a bhith fo bhuidheall call prìomh luchd-obrach, agus cunnartan co-cheangailte ri riaghladh fiosrachaidh. Tha an Coimisean nas lugha na mòran bhuidhnean poblach eile, agus tha mòran de dhreuchdan gan còmhdach le dìreach aon neach no dithis. Nuair a dh'fhalbhas prìomh dhaoine, faodaidh call an cuid eòlais a bhith buadh-mhor. Tron bhliadhna tha sinn air a' ghàbhadh seo a lùghdachadh le bhith a' comharrachadh riochdairean airson a' mhòr-chuid de phrìomh dhleastanasan, agus leasaich sinn èarr-ràdh leantainneachd obrachaidh airson dreach 2022 a' Phlana Luchd-obrach againn. A thaobh riaghladh fiosrachaidh, tha eachdraidh làidir aig a' Choimisean, ach 's ann a rèir adhartas leasachaidhean IT a tha tuilleadh lasachaidh air gàbhaidhean.

Gheibhear sgrùdadh nas doimhne air na prìomh chunnartan againn san Aithisg Sgrùdadh Dèanadais air taobh-duilleig 25.

3 Gheibhear cùl-fiosrachadh agus co-theacsa na h-Aithisg Sgrùdaidh san Fharsaingeachd taobh a-staigh na h-Aithris mu Riaghladh air duilleag 57.

Cunntas Ionmhasail

Chaidh an aithisg bhliadhnail le cunntasan 2021/22 a sgrùdadh le Deloitte LLP a chuireadh an dreuchd le Àrd-neach-sgrùdaidh na h-Alba mar luchd-sgrùdaidh dhan Choimisean bhon 1 Giblean 2016.

Rè na h-ùine seo fhuair an Coimisean a-rithist aithisg-sgrùdaidh bhon taobh a-muigh gun atharrachadh. Tha seo mar thaic ri dearbhadh eile a fhuair eadhon tron bhliadhna bho sgrùdaidhean air an taobh a-staigh, a nochd fianais air riaghladh èifeachdach air an taobh a-staigh air na raointean a chaidh a sgrùdadh.

Chaidh na cunntasan ullachadh fon Stiùireadh mu Chunntasan a thug Ministearan na h-Alba air a bheil fiosrachadh air duilleag 93. Chaidh an cur ri chèile mar ghnothach leantainneach, rud a tha a' ciallachadh gu bheil e san amharc aig a' Choimisean cumail air ris a' ghnothach aige fhathast agus gun tèid aige air a dhèanamh.

Ged a tha Aithris air Suidheachadh Ionmhasail aig a' Choimisean a tha air a mhìneachadh air duilleag 81 a' nochdadh suidheachadh lom fiachanais, tha seo gu sònraichte air sgàth tàrmachadh de £127k (2020/21: £146k, 2019/20: £72k) a tha a' buntainn ri luach airgid a chur air fòrladh saor-làithean agus uairean-obrach sùbailte gun ghabhail aig luchd-obrach a' Choimisean aig deireadh na bliadhna aithris. Air sgàth buaidh Covid-19, fhuair luchd-obrach cead suas ri fichead latha fòrlaidh a thoirt air adhart airson 2020/21 agus 2021/22 fa leth. Thèid an rèiteachadh seo air ais gu deich latha airson 2022/23 agus thathar an dùil gun lùghdaich an suidheachadh tàrmachaidh a lùghdachadh a rèir sin.

Dh'obraich an Coimisean taobh a-staigh a' bhuidseit aige airson na bliadhna air a bheillear ag aithisg. Nochd suidheachadh ionmhasail a' Choimisein airson na bliadhna air a bheillear ag aithisg caiteachas iomlan de £3.316M (2020/21 £3.060M) a chaidh a mhaoineachadh gu dìreach le Riaghaltas na h-Alba. Tha barrachd fios mu dhèanadas ionmhasail ri fhaotainn anns an Sgrùdadh air Dèanadas againn air duilleag 40.



Aithisg air Dèanadas

Airson na bliadhna 2021/22 thomhais Coimisean na Croitearachd an dèanadas aige a rèir nan amasan ro-innleachdail anns a' Phlana Chorporra 2019 – 2022. Tha na h-amasan ro-innleachdail a' nochdadh nan toraidhean as cudromaiche dhan Choimisean agus don luchd-ùidhe aice agus tha iad a' dèiligeadh ris na prìomh-raointean air fad ann an raon-ùghdarras a' Choimisein.

Comharraidhean Dèanadais

Tha na toraidhean uile sa Phlana Chorporra againn gan libhrigeadh le gnìomhan anns a' Phlana Ghnìomhachais far a bheil fios cuideachd mu amasan sònraichte gus dèanadas a leasachadh airson na bliadhna sin. Gheibhear iomradh air na toraidhean sa chlàr gu h-ìseal.

Seòladh



Air a Choileanadh



Air a Choileanadh gu Ìre



Gun Choileanadh

Comharraidhean Dèanadais Àrd-ìre	Amas	Soirbheachadh Iomlan
Àireamh nan croitean bàna air an leigeil air màl	Meudachadh	
Àireamh briseadh dhleastanasan gan rèiteach tro ghnìomhan a' Choimisein	Meudachadh	
Àireamh nan raointean ionaltraidh fo riaghladh le comataidh	Meudachadh	
Àm gus iarrtasan riaghlachail a choileanadh	Lùghdachadh	
Ìrean toileachas an luchd-chleachdaidh	Meudachadh	
Measadh air ceanglaichean ri luchd-obrach	Meudachadh	
Brùchdadh carboin bho shiubhal	Lùghdachadh	

Sgrùdadh air Dèanadas

Tha na toraidhean ann am Plana Chorporra a' Choimisein air an lìbhrigeadh tro ghnìomhan anns a' Phlana Ghnìomhachais.

Anns a' Phlana Chorporra 2021/22 againn tha sinn ag aithneachadh nam prìomh chlachan-mìle a tha sinn ag iarraidh a choileanadh gus am faod sinn Toraidhean a' Phlana Chorporra againn a lìbhrigeadh. Dh'fhoillsich sinn am fiosrachadh seo air an làrach-lìn againn, agus gheibhear e airson ath-sgrùdadh aig www.crofting.scotland.gov.uk

Chaidh tomhaisean airson dèanadas agus amasan leasachadh a chur a-mach a tha air an aithris gu h-ìosal.

Dèanadas Obrachail



Seòladh



Air a Choileanadh



Air a Choileanadh gu Ìre



Gun Choileanadh

Plana Corporra is Gnìomhachais: Toradh 1 – CROITEAN AN SEILBH AGUS GAN RIANACHD

Ceum	Amas	Toradh
Àireamh de chroitean a bha roimhe bàn a chaidh a leigeil air màl leis an uachdaran no leis a' Choimisean an dèidh dhan Choimisean gnìomh a thòiseachadh fo na h-ullachaidhean air còir-sheilbh gun fhuasgladh (earrann 11) no croit bhàn (earrann 23) de Achd 1993.	15	

Toradh:

- Tha an Coimisean air **4** brathan earrainn 11(4) a chur a-mach a' moladh crìoch a chur air gabhaltas 2 chroit ann an Cill Mhàilidh, 1 chroit anns a' Chomaraich agus 1 anns an Stòr a thig gu crìch agus gabhaltasan ma thèid iad air adhart gu ìre òrdugh crìochnachaidh earrann 11(8).
- Tha an Coimisean air **4** òrdughan crìochnachaidh fo earrann 11(8) a chur a-mach: 1 ann an Sealltainn a lean gu molaidhean ri neach-inntrigidh ùr a leigeil a-staigh do chroitearachd a chur a-staigh leis an uachdaran agus aontachadh leis a' Chomisean, 2 ann an Cill Mhàilidh a thugadh do chroitearan am bith air an aontachadh, agus 1 anns a' Chomaraich gu neach-inntrigidh ùr do chroitearachd.
- Chaidh **1** brath fo earrann 23 (5) a thoirt do dh'uachdaran ann an Cataibh a lean gu molaidhean ri neach-inntrigidh ùr a leigeil a-staigh do chroitearachd a chuir a-staigh leis an uachdaran agus air aontachadh leis a' Choimisean.
- Tha an Coimisean air a bhith ag obair còmhla ri uachdaran anns an Eilean Sgitheanach gus **3** croitean bàn fad-ùine (còrr is 10 bliadhna) a leigeil air màl a tha air an stèidheachadh mar "Croitean Ùra" fo earrann 3A. Tha 2 às na 3 croitean air a bhith gan leigeil air màl do luchd-inntrigidh ùra gu chroitearachd, tha iartas air a bhith air a chur a-steach airson a' chroit eile a leigeil air màl ris a bheilear a' dèiligeadh an-dràsta.

Ceum	Amas	Toradh
Conaltradh a thòiseachadh le tuilleadh chroitearan nuair a tha amharas ann briseadh dleastanasan Còmhnaidh is Cleachdadh an Fhearainn (RALU).	Tòiseachadh conaltradh RALUT le 100 cùis a bharrachd.	

Toradh:

Thòisich an Coimisean air conaltradh ri **140** croitearan. **125** mar thoradh air freagairtean Cunntais 2020 (tha seo a' gabhail a-steach an sgeama pileataich anns na h-Eileanan Siar a bha a' sgrìobhadh do luchd-ghabhailtais còmhnaidh gun àiteachadh), **3** mar thoradh air aithris fhaighinn mu dheidhinn amharas gun deach dleastanasan a bhriseadh, agus **12** mar thoradh air aithisg bho Chomadaidh Ionaltradh anns an Eilean Sgitheanach fo earrann 49A. Choinnich sinn ris an fheadhainn mu dheireadh sin agus chomharraich sinn **31** cùisean gu h-iomlan, measgachadh de bhriseadh an dleastanais chòmhnaidh, gun a bhith ag àiteachadh, agus cùisean anns a bheilear ag aithris gun deach an dà dhleastanas a bhristeadh. Dh'aontaich sinn air ro-innleachd airson prìomhachas a chur air agus a' tòiseachadh air prògram de ghnìomh sparraidh anns na cùisean seo.

Ceum	Amas	Toradh
Tòisich air conaltradh ri uachdaran (luchd-seilbh de chroit bhàn) agus nach eil a' fuireach air agus/no ag àiteachadh nan croitean bàna aca.	Tòisich air conaltradh le 30 cùisean.	

Toradh:

Tha an sruth-obrach air a dhealbhadh agus air a choileanadh. Tha sinn ag a-nis aig an ìre anns an tòisich sinn a' dèanamh teampalaidean de litrichean a bhios a' buntainn ris na pàirtean iomchaidh den sruth-obrach. Bidh sinn an uair sin aig ìre anns am bi sinn a' dèiligeadh ri aithisgean a' buntainn ri croitearan nach eil a' fuireach air no ag àiteachadh nan croitean aca.

Plana Corporra is Gnìomhachais: Toradh 1 – CROITEAN AN SEILBH AGUS GAN RIANACHD

Ceum	Amas	Toradh
Àireamh brisidhean RALU air an rèiteach le croitear nach do choilean dleastanas còmhnaidh, a-nis a' fuireach air a' chroit aca.	Cumail no meudachadh an àireamh bunaitich (17) ann an 2020/21.	

Toradh: Tha

8 croitearan air a' bhriseadh dleastanais aca fhuasgladh le bhith a' gabhail còmhnaidh annta.

Ceum	Amas	Toradh
Àireamh brisidhean RALU gan rèiteach le toirt seachad croit no reic croit le neach-seilbh a' fuireach air.	Cumail no meudachadh an àireamh bunaitich (20) ann an 2020/21.	

Toradh: Tha

14 croitearan air a' bhriseadh dleastanais aca fhuasgladh le bhith a' sònrachadh gabhaltas an croitean.

Ceum	Amas	Toradh
Àireamh brisidhean RALU air fhuasgladh leis an Coimisean a' toirt cead airson croit fo gabhaltas fho-leigeil, aonta ùine ghoirid air croit aig croitear nan luchd-còmhnaidh agus nan luchd-seilbh, no le cead a bhith às an làthair air a thoirt do neach-gabhaltais no croitear nan luchd-còmhnaidh ann an seilbh.	Chan eil targaid ann airson 2021/22 (chan eil seo na phrìomhachas ann fhèin).	Chan eil targaid ann

Toradh:

Rè na bliadhna, fhuair **12** croitearan cead airson nan croitean aca fho-leigeil. Fhuair **22** croitearan an dàrna chuid cead a bhith às an làthair no leudachadh air cead a bhith às an làthair.

Ceum	Amas	Toradh
Dh'àrdaich an àireamh de bhrisidhean RALU gus an tugadh Brath mu amharas de bhriseadh dleastanais (earrann 26C), no Brath a' toirt seachad Gealladh (earrann 26D).	Cumail no meudachadh an àireamh bunaitich (26) ann an 2020/21.	

Toradh:

Chuir an Coimiseanairean a-mach: **15** Brathan fo earrann 26C(1); Rinneadh **18** co-dhùnaidhean fo earrann 26C(5) nach robhar a' cumail ri dleastanas, agus chaidh **8** Brathan a thoirt seachad a' toirt gealladh fo earrann 26D(1).

Ceum	Amas	Toradh
Àireamh de bhrisidhean RALU a thàinig gu co-dhùnadh le òrdughan crìochnachaidh gabhaltais (earrann 26H), no aonta ri molaidhean leigeil air màl air an cuir a-staigh le croitearan luchd-seilbh no còmhnaidh an dèidh stiùireadh gus sin a dhèanamh (earrann 26J).	Cumail no meudachadh an àireamh bunaitich(4) ann an 2020/21.	

Toradh:

Cha robh òrdughan crìochnachaidh ann no brath a dh'fheumadh molaidhean ri leigeil air màl fon ullachadh reachdail seo.

Plana Corporra is Gnìomhachais: Toradh 2 – RAOINTEAN IONALTRIDH GAN RIAGHLADH AGUS DÒIGHEAN-RIANACHD COITCHEANN GAN LEANTAINN

Ceum	Amas	Toradh
Meudachadh àireamh nan raointean ionaltridh le comataidh ann an dreuchd.	Meudachadh ann an àireamhan nan comataidh-ionaltridh ann an dreuchd. Bun-loidhne: 500 comataidhean-ionaltridh ann an dreuchd air 31mh den Mhàirt 2021.	

Toradh:

Tha **497** comataidhean-ionaltridh an-dràsta ann an dreuchd. Ach, leis nach eil ach 10 a bharrachd a-mach às an dreuchd air sgàth 's gu bheil iad air dàil bheag a chur air a' choinneimh dhealbhaichte gus comataidh ùr a thaghadh (mar thoradh air Covid-19), air adhbharan practaigeach tha an targaid air a choileanadh.

Buaidh Covid-19: Bha duilgheadasan follaiseach ann a bhith a' leudachadh àireamh nan daoine ann an dreuchd a bharrachd air a' Choimisein a bhith a' fastadh comataidhean a bha a leigeil dhiubh an dreuchd.

Ceum	Amas	Toradh
Meudachadh ann an àireamhan Comataidhean-ionaltridh a bhios a' cleachdadh teamplaid nan riaghailtean ùra.	Meudachadh le co-dhiù 10 ceadachaidhean de riaghailtean ùra a' Choimisean air an cur a-steach stèidhichte le comataidhean stèidhichte air an teamplaid.	

Toradh: Chaidh

3 seataichean riaghailtean ùra aontachadh agus tha feadhainn eile gan dèanamh.

Tha 1 atharrachadh air riaghailtean ionaltridhean coitcheann air a choileanadh, far nach robh a' chomataidh deònach a ghabhail ris an teamplaid ùr ionaltridh.

Buaidh Covid-19: Chaidh seo a dhèanamh na bu dhuilghe leis na duilgheadasan a bh' aig Comataidhean-ionaltridh a thaobh coinneamhan a chumail agus chan eil e san fharsaingeachd na phrìomhachas airson a' chuid as motha de chomataidhean. Tha seo cuideachd a' cur bacadh air modh-obrach nas gnìomhaiche leis an sgioba Ionlaidh fhèin, sin agus gu bheil goireasan an luchd-obrach air an lùghdachadh tro a bhith a' toirt taic do phàirtean eile den bhuidhinn. Tha **7** cùisean eile aig grunn dhiofar ìrean, gu bhith air an toirt air adhart nuair a leigeas goireasan leotha.

Ceum	Amas	Toradh
Coinneamhan no conaltradh susbainteach còmhla ri Comataidhean-ionaltridh agus luchd-ùidhe (mar a chaidh iarraidh orra) gus taic a thoirt dhaibh le riaghladh agus stiùireadh nan raointean-ionaltridh.	Cumail no meudachadh àireamh nam bailtean far a bheil cùisean ionaltridh air an toirt air adhart no gan rèiteach, le conaltradh leis a' Choimisean. Bun-loidhne (12) ann an 2020/21.	



Plana Corporra is Gnìomhachais: Toradh 2 – RAOINTEAN IONALTRADH GAN RIAGHLADH AGUS DÒIGHEAN-RIANACHD COITCHEANN GAN LEANTAINN

Toradh:

Gu ruige seo tha **16** conaltraidhean cudromach le Comataidhean-ionaltraidh agus luchd-ùidhe air a bhith ann às an deach **9** a dhùnadh agus tha sinn a' leanainn oirnn a chonaltradh leothasan a tha an sàs anns na cùisean fosgailte.

Dh'fhaodar a mheas na chomharra soirbheis gun dèiligear ris a' chaochladh de chùisean ag èirigh aig ìre thràth, agus le sin nach tèid iad air adhart air droch shlighe gu gearan oifigeil dha bheilear air ullachadh taobh a-staigh na h-Achd - Earrannan 47(8) no 52(1).

Tha an sgioba cuideachd air **436** ceistean coitcheann a fhreagairt bho ghrunn luchd-ùidhe far a bheilear an sàs ann an ionaltraidhean coitcheann.

Buaidh Covid-19: Chan eil e air a bhith comasach coinneamhan a fhrithealadh gu pearsanta, ach chaidh cuid de choinneamhan le buill Chomataidhean-ionaltraidh a chumail gu dealanach tro 'Microsoft Teams' agus tha nochd seo mar nì buannachdail.

Ceum	Amas	Toradh
Stèidhich earrannan ceart air ionaltradh cumanta le bhith a' sgrùdadh agus ag ùrachadh chlàran de shuidheachaidhean luchd-earrannan.	Àireamh bhailtean a chaidh a rannsachadh. Bun-loidhne (15) ann an 2020/21. 10 bailtean a bharrachd air an rannsachadh ann an 2021/22.	

Toradh:

Tha **24** cùisean air a bhith ann far an deach rannsachadh a dhèanamh air an t-suidheachadh ceart a stèidheachadh airson gach roinn. **36** rannsachaidhean aon-roinn cuideachd gan gabhail os làimh.

Ceum	Amas	Toradh
Leasaich agus cuidich le trèanadh agus tachartasan eile dha comataidhean ionaltraidh agus riaghladh ionaltradh choitcheann.	Cumail no meudachadh an àireamh bunaitich (5) ann an 2020/21.	

Toradh:

Tha sgioba an Ionaltraidh air leantainn orra a bhith ag obair còmhla ris an t-Seirbheis Comhairle Tuathanais gus tachartasan trèanaidh a thoirt seachad.

Leis nach robhar fhathast a' brosnachadh coinneamhan aghaidh ri aghaidh, tha trèanadh air a bhith ga lìbhrigeadh gu dealanach tro choinneamhan 'Zoom'.

Thathar air **6** seiseanan a lìbhrigeadh air mar a chuirear Comataidh-ionaltraidh ri chèile, a' coileanadh dleastanasan agus obrachaidhean comataidh agus a' cur an cleachdadh as fheàrr gu feum. Tha cuibheas de **19** daoine air a bhith a' frithealadh nan seiseanan seo.

Chaidh seisean a lìbhrigeadh cuideachd air eadar-mheadhanachadh do **8** luchd-frithealaidh, agus seisean Pileatach do **12** luchd-frithealaidh mar fhreastal-lann do Chlàrcan Ionaltraidh.

**Plana Corporra is Gnìomhachais: Toradh 3 –
GUM BI CROITEARACHD GA RIAGHLADH ANN AN DÒIGH A THA CEART, TÀBHACHDACH IS
ÈIFEACHDACH**

Ceum	Amas	Toradh
Lùghdachadh ann an amannan meadhanach làimhseachaidh (croitean clàraichte, aontachaidhean Ìre 1).	Lùghdaich amannan meadhanach làimhseachaidh dha na prìomh oibrichean riaghlaidh.	

Toradh:

Airson an dàrna bliadhna an dèidh a chèile, bha amannan làimhseachaidh na bu shlaodaiche na b' àbhaist, agus mheudaich an càrn-obrach cùise tron bhliadhna.

Ann an 2021/22, ged a bha buaidhean Covid-19 a' cumail a' dol ri bacadh a chur air cuid de na pròiseasan againn, gu h-àraid a thaobh làimhseachadh post, b' e a' phrìomh adhbhar airson nan duilgheadasan obrachaidh leantainneach againn call grunn luchd-obrach eòlach, gu h-àraid air sgàth adhartachadh gu dreuchdan ann an àiteachan eile anns an t-seirbheis chatharra, no le leigeil dhiubh an dreuchd. Bheir e 12-18 mìosan airson luchd-obrach ùra a bhith comasach a thaobh iom-fhillteachd obair-cùise riaghlaidh.

Chùm am Bòrd agus Luchd-stiùiridh sùil air an t-suidheachadh tron bhliadhna agus ghabh iad gnìomh far an gabhadh, a' toirt ghoireasan air iasaid bho sgiobaidhean eile gus an cuideachadh ri obair-cùise a làimhseachadh, agus a' toirt fios do chroitearan agus an luchd-tagraidh aca air ar amannan làimhseachaidh na b' fhaide.

Gu ruige deireadh na bliadhna aithris, bha comas againn tòiseachadh air grunn luchd-obrach ùra a chosnadh agus a thrèanadh, an dèidh sgrùdadh neo-eisimeileach air ar feumalachdan a thaobh luchd-obrach agus an coltas de thuilleadh ghoireasan bho Riaghaltas na h-Alba. Le bhith a' leudachadh ar luchd-obrach, còmhla ri obair leantainneach air na siostaman IT na riaghailtean tiomnaidh againn a leasachadh, bu chòir seo a leantainn gu lùghdachadh a' chàrn-obrach ann an 2022/23. Bidh seo a' leantainn, mar thoradh, gu lùghdachadh ann an amannan làimhseachaidh.

Feuch an làrach-lìn againn airson làn chunntas air a' mhodail againn de Cho-dhùnaidhean Tiomnaichte.

www.crofting.scotland.gov.uk

	Tuairmeas àireamh de chùisean gach bliadhna	Seachdainean mar chuibheas (2020/21)	Seachdainean mar chuibheas (2021/22)
Sònrachadh	mu125	10.7	12.9
Dì-chroiteadh Làrach Taigh-croite	mu50	13.0	13.9
Dì-chroiteadh Pàirt de Chroit	mu100	22.6	25.3

Ceum	Amas	Toradh
Lùghdachadh anns an àireamh de chùisean riaghlaidh sònraichte aig àm sònraichte.	Bun-loidhne 807 air 31 Màrt 2021.	

Toradh:

Tha an àireamh de chùisean fhathast gun fhuasgladh (air nach eilear air tighinn gu co-dhùnadh) air meudachadh gu **1,087**. Tha am meudachadh leantainneach ann an cùisean gun fhuasgladh mar thoradh air cuideam anns an sgioba, gu h-àraid buaidhean de thionndadh luchd-obrach agus cosnadh an dèidh làimhe. Tha an ùine fhada airson trèanadh a' ciallachadh gu bheil an sgioba air a bhith ag obair aig comas cuibhrichte thar na h-ùine aithris.

Seòladh**Air a Choileanadh****Air a Choileanadh gu Ìre****Gun Choileanadh**

**Plana Corporra is Gnìomhachais: Toradh 3 –
GUM BI CROITEARACHD GA RIAGHLADH ANN AN DÒIGH A THA CEART, TÀBHACHDACH IS
ÈIFEACHDACH**

Ceum	Amas	Toradh
Lùghdachadh ann an àireamh nan cùisean riaghlaidh gun rèiteachadh às dèidh 12 mìosan.	Lughdaich gu 140. Bun-loidhne 159 air 31 Màrt 2021.	

Toradh:

Air sgàth na h-ìre de chùisean gun fhuasgladh, tha obair air seo air fàs nas slaodaiche agus tha an àireamh de chùisean gun fhuasgladh thar 12 mìosan air meudachadh gu **206**.

Ceum	Amas	Toradh
Ìrean sàsachd an luchd-cleachdaidh	Co-dhiù 80% de na freagairtean deimhinneach.	

Toradh:

Fhuair eadh àireamh chuibhrichte de dh'fhoirmean ais-molaidh bho luchd-cleachdaidh rè na bliadhna aithris. Tha àireamhan nas àirde na an àbhaist de phuist-d ag iarraidh fios air cùisean na chomharra gur e dragh a th' ann an toileachas luchd-cleachdaidh.

**Plana Corporra is Gnìomhachais: Toradh 4 – BHEIREAR TAIC DO CHOR NA CROITEARACHD LE
RÈITEACHADH FIOSRACHAIL CÒMHLA RI LUCHD-ÙIDHE**

Ceum	Amas	Toradh
Chan eil Measadh Dèanadais ann dhan Toradh seo		

Plana Corporra is Gnìomhachais: Toradh 5 - THA NA SGILEAN IS AM BROSACHADH CEART AIG AN LUCHD-OBACH GUS DÈANAMH GU MATH, THA NA DÒIGHEAN-RIANACHD AGAINN MAR AN CLEACHDADH AS FHEÀRR

Ceum	Amas	Toradh
Meudachadh ann an ìre dol an sàs ri luchd-obrach.	Cumail no meudachadh an àireamh bunaitich (57%) ann an 2020/21	

Toradh:

Ghabh suirbhìdh luchd-obrach a' Choimisein àite anns a' Ghiblean 2021. Mheudaich an ìre dol an sàs ri luchd-obrach gu 65%.

Ceum	Amas	Toradh
Brùchdadh carboin corporra.	Cumail no lùghdachadh	

Toradh:

Chuir a' Choimisean an ainm ris an aithisg Atharrachadh Gnàth-shìde na Roinne Poblach gu saor-thoileach, a choileanar gach bliadhna (30mh An t-Samhain). Nì a' Choimisean tomhas air an cur a-mach CO2 aige gach bliadhna mar a leanas -

- 2017/18 18.45 tCO2e (Stèidhichte air dàta siubhail fìor)
- 2018/19 15.46 tCO2e (Stèidhichte air dàta siubhail fìor)
- 2019/20 15.20 tCO2e (Stèidhichte air dàta siubhail fìor)
- 2020/21 0.30 tCO2e (Stèidhichte air dàta siubhail fìor)
- Chan eil Dàta 2021/22 ri fhaighinn aig an àm seo

Tha an tomhas mu dheireadh a' sealltainn lùghdachadh ann an cur-a-mach bho 2019/20. Air sgàth cuingealachaidhean Covid-19 air siubhail.

Ceum	Amas	Toradh
Cuir caomhnaidhean èifeachdais a dh'obair taobh a-staigh bun-bhuidseit £3.25m.	Targaid 3%. Bun-loidhne 3.4% (£95 000) 2020/21.	

Toradh:

4.5% no mu £146,000 de chaomhnaidhean èifeachdais rè 2021/22. Gheibhear tuilleadh fiosrachaidh air caomhnadh ann an èifeachdas air duilleag 40.



Siostam na croitearachd a riaghladh gu ceart agus a dhìon is a neartachadh airson nan ginealach romhainn.

Is e prìomh obair Choimisean na Croitearachd croitearachd a riaghladh ann an dòigh a bhios gu h-iomlan a rèir Achd nan Croitearan (Alba) 1993. Mar sin, tha a' chuid as motha den obair a nì an Coimisean a' bualadh air gabhail ri iarrtasan riaghlaidh agus a' clàradh bhrathan.

Bidh àireamh nan iarrtasan a gheibhear diofraichte bho àireamh nan iarrtasan a shocraichear ri linn nan iarrtasan a thugadh air adhart bho 2020/21 agus an fheadhainn a bheirear air adhart gu 2022/23.

Seòrsa Iarrais/Bratha	Fhuairleadh	Ùghdarraichte/ Le Brath	Dhiùltadh	Gun Tàbhachd	Air an Tarraing air a'is
Roinneadh	47	25	1	5	6
Roinn Sònrachaidh	9	0	0	1	2
Croit Sònrachaidh	353	235	2	27	9
Cead a bhith às an làthair - Sineadh	4	3	0	1	0
Cead a bhith às an làthair - ciad tagradh	37	19	5	6	2
Croit ùr a chruthachadh	24	3	0	1	1
Dì-chroiteadh – Làrach Taigh-croite agus Talamh a' Ghàrraidh	144	96	0	23	5
Dì-chroiteadh – Pàirt Croit	319	213	10	29	18
Dì-chroiteadh – S17 S18 fiù	8	2	0	0	0
Dì-chroiteadh – Croit lomlan	6	3	1	0	5
Dì-chroiteadh – Croit lomlan – Taigh a-Mhàin	2	3	0	0	0
Roinneadh – Croitear a' Còmhnaidh nan Sealbhadair	23	8	1	6	3
Roinneadh le Neach-gabhaltais	20	14	0	1	0
lomlaid fearann croite	6	1	0	2	0
Leigeil – Uachdaran croit bhàin	40	20	0	2	1
Leigeil – Croitear a' Còmhnaidh nan Sealbhadair	26	7	0	4	1
Aonta Ùine Ghoirid	16	8	0	1	2
Fo-leigeil	81	56	1	7	3
Còir-sheilbh gun Tiomnadh (Brath)	86	51	0	1	2
Còir-sheilbh Tiomnaidh – Dìleab Gabhaltas Croite (Brath)	137	70	0	13	0
Iomlan 2021/22	1,388	837	21	130	60
<i>Iomlan 2020/21</i>	<i>1,145</i>	<i>857</i>	<i>22</i>	<i>106</i>	<i>48</i>
<i>Iomlan 2019/20</i>	<i>1,494</i>	<i>1,260</i>	<i>23</i>	<i>189</i>	<i>61</i>
<i>Iomlan 2018/19</i>	<i>1,511</i>	<i>1,265</i>	<i>25</i>	<i>171</i>	<i>38</i>
<i>Iomlan 2017/18</i>	<i>1,366</i>	<i>925</i>	<i>21</i>	<i>132</i>	<i>36</i>

Co-dhùnaidhean Tiomnaichte (DDM)

Tha Bòrd nan Coimiseanairean air a bhith a' tiomnadh cho-dhùnaidhean air cùisean riaghlachail sìmplidh do dh'oifigearan. Feumaidh na cùisean seo a bhith taobh a-staigh nan crìochan aonaichte agus a-rèir nam feumalachdan reachdail is poileasaidh gu lèir, mura bi, cuirear iad gu ìre nas àirde.

Tha an clàr gu h-ìseal a'sealltainn nan diofar ìrean de cho-dhùnaidhean a thathar a' cleachdadh anns a' Choimisean agus àireamh nan cùisean air an deach beachd a ghabhail aig gach ìre.

Ìre Co-dhùnaidh	Àireamh Chùisean Aonaichte 2021/22	Àireamh Chùisean Aonaichte 2020/21	Àireamh Chùisean Aonaichte 2019/20	Àireamh Chùisean Aonaichte 2018/19	Àireamh Chùisean Aonaichte 2017/18
Ìre 1 (Oifigearan Iarrtas)	570	630	859	735	678 *
Ìre 2 (Àrd-oifigearan)	130	132	203	211	186
Ìre 3 (3 Coimiseanairean)	37	46	64	53	57
Co-dhùnadh le làn-Bhòrd Choimiseanairean	-	4	1	4	5

Nota*: Tha an àireamh seo a' gabhail a-steach 161 brathan. Chaidh brathan fhàgail a-mach à àireamhan nam bliadhna nas fhaide air adhart air sgàth 's nach gabh a' Choimisean co-dhùnadh orra.



Tagraidhean gu Cùirt an Fhearainn (SLC)

Faodaidh tagraidhean a chur gu Cùirt an Fhearainn an aghaidh co-dhùnaidh, dearbhaidh no stiùiridh sam bith a nì an Coimisean air iarrtas fo Achd nan Croitearan (Alba) 1993. Feumar tagradh sam bith a dhèanamh an taobh a-staigh 42 latha. A bharrachd air an sin, faodaidh an Coimisean a dhol an sàs mar phàrtaidh ann an diofar thagraidhean Cùirt an Fhearainn agus còraichean ath-thagraidh a tha eadar-dhealaichte bho ath-thagraidhean earrann 52A.

Chaidh **8** ath-thagraidhean a thoirt air adhart bho 2020/21:

- Bha **4** tagraidhean air an tarraing air ais
- Mar thoradh air **2** ath-thagraidh bha na h-ath-thagraidhean air an diùltadh (ath-thagraidh an aghaidh chumhaichean gabhaltas Coimisean agus iarrtas roinnidh)
- Ann an **1** ath-thagraidh cha do sheas an SLC co-dhùnadh a' Choimisean (iarrtas roinnidh)
- Chaidh **1** cùis a leigeil thairis leis a' Choimisean (far nach do bheachdaich e air gearan iomchaidh).

Fhuair **5** ath-thagraidhean a bharrachd ann an 2021/22:

- Chaidh **1** ath-thagraidh a tharraing air ais an dèidh làimhe leis an tagraiche
- Chaidh **1** ath-thagraidh a chumail suas agus a thilleadh air ais dhan Choimisean airson co-dhùnadh ùr, a chaidh aontachadh an uair sin
- Chaidh **1** ath-thagraidh a diùltadh leis an SLC
- Chan eil fios an-dràsta air toraidhean **2** ath-thagraidh ach 's e sin cuspair deasbaid eadar nam pàrtaidhean an-dràsta.



Sgrùdadh Prìomh Ghàbhaidhean is Cuspairean Mar Coinneamh

Toradh Plana Chorporra	Mìneachadh Gàbhaidh	Gnìomh ga Ghabhail
Croitean an seilbh agus gan obrachadh	Thathar a' meas nach eil an Coimisean èifeachdach ann a bhith a' dèiligeadh ri bristeadh dhleastanasan.	<p>Sreath ùr de phoileasaidhean RALU air aontachadh leis a' Bhòrd. An sgioba RALU air a leudachadh gu na poileasaidhean seo a libhrigeadh ann an òrdugh prìomhachais.</p> <p>Tha ceumannan co-èigneachaidh a-nis a' gabhail a-steach croitearan nan luchd-seilbh cho math ri nan luchd-gabhaltais ma tha iad air na dleastanasan aca a bhristeadh agus thèid seo a leudachadh gus uachdarain de chroitean bàna nach eil a' fuireach orra agus an fheadhainn nach do thill am Fios Bliadhnail (cunntas-sluaigh).</p> <p>Fios a chur air fòn gu croitearan nach do thill am foirm chunntais-shluaigh aca airson an trì bliadhna a chaidh seachad, agus còrr is 40% den bhuidhinn seo an uair sin a' tilleadh nam foirm aca às t-Earrach 2022.</p>
Ionaidh coitcheann gan riaghladh agus dòighean-rianachd còmhla gan adhartachadh.	Cleachdadh gnìomhach de dh'ionaidhean coitcheann air lùghdachadh.	<p>Tha taic agus stiùireadh, còmhla ri cùrsaichean trèanaidh air-loidhne, air an toirt seachad gu buill Chomataidhean Ionaidh.</p> <p>Tha cuimhneachain gan cur a-mach do chomataidhean a bhios an ùine aca anns an dreuchd a' tighinn gu crìch a tha a' toirt iùil dhaibh air comataidh ùr a chur an dreuchd.</p> <p>Tha an sgioba Leasachaidh a' cur fios dhan h-uile comataidh ùr a thèid an dreuchd gus gnìomhachd/leasachadh agus cothroman iomadachaidh a bhrosnachadh.</p>
Tha croitearachd ga riaghladh ann an dòigh a tha ceart, tàbhachdach is èifeachdach.	Tha an càrnadh riaghlaidh a' cumail air a' fàs agus a' fàs neo-riaghlaidh.	Tha an sgioba Riaghlaidh ga leudachadh gu mòr agus tha trèanadh air a leasachadh gu brìoghmhor tro oifigearan trèanaidh ainmichte. Rè 2021/22, thugadh luchd-obrach air iasaid bho bhuidhnean Coimisein eile agus seach-thìm a thabhainn. Tha an obair-cùise gun fhuasgladh air a stiùireadh agus a sgrùdadh gu gnìomhach. Ceum a bharrachd gus dearbhadh gun d' fhuair e tagraidhean agus leisgeul a thoirt airson nan dàil ris a bheilear an dùil. Chuireadh an goireas tagraidhean air-loidhne air bhog anns a' Mhàrt 2022 agus leanaidh e air a' leudachadh.

Toradh Plana Chorporra	Mìneachadh Gàbhaidh	Gnìomh ga Ghabhail
<p>Gheibh cor na croitearachd taic le conaltradh fiosrachail còmhla ri luchd-ùidhe.</p>	<p>Tha e a' fàs nas duilghe airson daoine òga cothrom fhaighinn air croitean.</p>	<p>Tha an làrach-lìn a' soilleireachadh nan roghainnean rim faighinn dhaibhsan nach eil ag iarraidh no nach eil comasach tuilleadh na croitean aca a chleachdadh.</p> <p>Obair RALU air a leudachadh gus dèiligeadh ri barrachd brisidhean. A thaobh nan croitean a bhios rim faighinn dhan Choimisean a leigeil air màl, bidh sinn a' gabhail ri poileasaidh for-ghnìomhach gus prìomhachas a chur air luchd-inntrigidh ùra. A' togail cheanglaichean eadar sgiobaidhean Ionaltraidh agus Leasachaidh gus ùidh agus faotainneachd croitean airson luchd-inntrigidh ùra a mheudachadh. Iomairtean an sgioba Leasachaidh airson 'còir-sheilbh beò' a thoirt air adhart.</p> <p>Ach, chan urrainn dhan Choimisein smachd dìreach a chumail air cosgais croitean.</p>
<p>Tha an t-eòlas is am misneachd cheart aig an luchd-obrach againn gus an obair a dhèanamh ceart, agus is iad na modhan-riaghlaidh againn an fheadhainn as fheàrr.</p>	<p>Tha an Coimisean a' call creideas air sgàth cùisean Riaghlaidh air an cur a-mach ann an Aithisg Sgrùdaidh san Fharsaingeachd aig an neach-sgrùdaidh againn air an taobh a-muigh.</p>	<p>Às na 41 molaidhean a rinneadh anns an sgrùdadh san Fharsaingeachd bhon Chéitean 2021, chaidh 38 a chur an gnìomh ron Mhàrt 2022 agus an còrr ron Ògmhios 2022. Nam measg seo bha ath-sgrùdaidhean mionaideach air ar Sgrìobhainn Frèam-obrach gus ar riaghladh a shoilleireachadh; trèanadh co-phàirteach eadar Bòrd, Luchd-stiùiridh agus ar Sponsoir ann an Riaghaltas na h-Alba; atharrachaidhean air ar Plana Ionmhais meadhan-ùine agus ar Plana Feachd-obrach; agus ath-sgrùdadh neo-eisimeileach air ar feumalachdan a thaobh luchd-obrach a bha a' moladh leudachadh susbainteach de ar sgioba aghaidh Riaghlaidh agus toirt a-steach dà dhreuchd àrd-luchd-stiùiridh. Tha na h-atharrachaidhean seo a-nis gan cur an gnìomh le maoinneachadh leasaichte bhon Riaghaltas airson 2022/23.</p>
Riaghladh	Mìneachadh Gàbhaidh	Gnìomh ga Ghabhail/ga Phlanadh
<p>Siostam Fiosrachaidh Croit</p>	<p>Adhbharaichidh droch phlanadh agus libhrigeadh leasachaidhean san t-siostam laigsean ann an comas-gnìomh agus èifeachdas.</p>	<p>Buidheann-stiùiridh CIS ga stèidheachadh. Gheibhear barrachd fiosrachaidh nar n-Aithris Riaghlaidh air taobh-duilleig 58.</p> <p>Dreuchd ùr 'Neach-stiùiridh Leasachaidhean/ Seilbheadair Bathar Siostaim' air a chruthachadh, agus tha dàrna Còdair Shìostaman ga chosnadh. Tha sgrìobhainnean riaghlaidh airson leasachaidhean siostaim gan chruthachadh.</p>

Clàr nan Croitean (ROC)

Tha Coimisean na Croitearachd a' cumail a ROC fhèin a ghlèidheas fios air ainm, suidheachadh, màl, meud gach croite, fios mun neach-ghabhaltais, mun uachdaran agus mu chòraichean sam bith air ionaltradh coitcheann.

Rinn sinn atharrachaidhean beaga air ROC air sàillibh gun tug mu **1,300** daoine fa leth a' toirt barrachd fiosrachaidh dhuinn a bha a dhìth no ceàrr mar phàirt den fhreagairt Cunntais 2021 aca.

Àireamh nan Croitean air an cur san ROC

Àireamh nan Croitean air an cur anns a' Chlàr = 21,394

(2020/21: 21,292)

Na h-Eileanan Siar

Fo Ghabhaltas 6,123

An Seilbh 281

Earra-Ghàidheal is Bòd


Fo Ghabhaltas 622

An Seilbh 505

Siorrachd Àir a Tuath

Fo Ghabhaltas 0

An Seilbh 1



Sealtainn

Fo Ghabhaltas 2,128

An Seilbh 1,221

Arcaibh

Fo Ghabhaltas 68

An Seilbh 395

A' Ghàidhealtachd

Fo Ghabhaltas 6,262

An Seilbh 3,788

Moireibh*


Fo Ghabhaltas 0

An Seilbh 0

* Cha deach croit sam bith a chlàradh ann am Moireibh aig 31 Màrt 2022. Chaidh aon croit a chlàradh anns a' Ghiblean 2022.

Croitearan a rèir aois

Àireamh Croitearan clàraichte ann an ROC = 16,527 (2020/21 16,476); 2019/20 16,370)




Clàr na Croitearachd


A bharrachd air dèiligeadh ri iarrtasan riaghlaidh, bidh sinn cuideachd a' dèanamh measadh air comasachd iarrtasan Clàr Croitean airson Glèidheadair Chlàran na h-Alba (RoS).

Iarrtasan Clàradh Croitean

Ciad Chlàradh



Tachartas an dèidh làimhe a' bhuaileas air croit chlàraichte



Bha cuideachd 35 (2020/21: 30) ùrachaidhean gun trigear agus 184 (2020/21: 113) ceartachaidhean a làimhseachadh. Tha àireamh iomlan de **8,138** (2020/21: 7,481 *croitean*) a-nis clàraichte ann an Clàr Croitearachd RoS.



Faodar tuilleadh fiosrachaidh air Clàr na Croitearachd RoS a lorg air ar làrach-lìn www.crofting.scotland.gov.uk

Dleastanasan Croitearan

Tha dleastanas air croitearan a tha nan Luchd-gabhaltais agus nan Luchd-seilbh nan Còmhnaidh:



A bhith a' fuireach mar as àbhaist
air a' chroit aca
no an taobh a-staigh 32km air
falbh bhuaipe



Gun a' chroit a chur gu mi-fheum
no a leigeil air dhearmad



A' chroit àrach is a
ghlèidheadh, no a chur gu feum
bhuanachdail eile.

Sanas air Amharas Briseadh Dleastanais

Mura h-eilear soirbheachail ann an gèilleadh ri gin de na dleastanasan agus ma thèid seo aithris le buill den choimhearsnachd croitearachd, tha e mar uallach air Comataidh Ionaltraidh/Constabal no Neach-measaidh rannsachadh a dhèanamh.

! Chaidh7 (2020/21:10) cùisean de dh'amharas mu bhristeadh dleastanas innse dhan Choimisean tron bhliadhna.

1 gun tàbhachd (croit nach eil air a chumail le neach-gabhaltais no croitearan nan luchd-còmhnaidh ann an seilbh)



1 cùis far a bheilear a' cumail ri dleastanas



1 cùis far a bheil seilbh croite ga toirt thairis



2 chùis far a bheil croitear nan luchd-gabhaltais air caochladh



Thathar fhathast a' sgrùdadh 2 chùis.



Iarrtasan airson Cead a bhith Às an Làthair

! 35 (2020/21: 21) iarrtasan air fhaighinn.

21 gan ceadachadh



5 gan diùltadh



8 gun tàbhachd



1 air an tarraing air ais



Cead a bhith às an làthair - Sìneadh

! A bharrachd, làimhsich agus dh'aontaich RALUT 3 (2020/21: 2) tagraidhean airson leudachaidhean de dh'aonta a bhith às an làthair.

Cunntas na Croitearachd 2020 – Dleastanasan

Thòisich an Coimisean air conaltradh le **127** daoine fa leth mar thoradh air an comharrachadh air an Fhreagairt Cunntas Croitearachd 2020 gun robh iad air aon no barrachd den dleastanasan croitearachd a bhristeadh.

1d Roinn de chùisean Cunntais (luchd-gabhaltais nach eil a' fuireach ann, nach eil ag àiteachadh)

Chaidh sgrìobhadh do

34 daoine fa leth, a' toirt cothrom dhaibh an dàrna chuid am bristeadh dleastanais fhuasgladh no airson a' chùis a thoirt air adhart gu toirt seachad Brath air amharas bristeadh dleastanais fon t-solair sparraidh Earrann 26C(1) de dh'Achd nan Croitearan (Alba) 1993 ["Achd 1993"].

A-mach às na **34** croitearan don deach sgrìobhadh – tha **5** dhiubh, gu ruige seo, air am briseadh aca fhuasgladh mar a leanas:

- **1** chroitear air gluasad a-steach dhan chroit
- **3** croitearan a dh'iarr agus a fhuair Cead a bhith às an Làthair
- **1** croitearan a dh'iarr agus a fhuair cead airson gabhaltas na croite aca.

Chaidh aon chùis cuideachd a dhùnadh oir tha an croitear a-nis air caochladh.

A bharrachd air seo tha:

- **Tha 5** croitear air tagraidhean a chur a-steach airson cead bhon Choimisean na croitean aca fo-leigeil agus dùil ri co-dhùnaidhean
- **Tha 1** croitear air tagradh a chur a-steach airson aonta a' Choimisein gabhaltas na croite aca a shònrachadh a tha an dùil ri co-dhùnadh.

Tha na **22** cùisean air fhàgail a' dol trosparradh Dhleastanasan.

2na Earrann de chùisean Cunntais (croitearan nan luchd-còmhnaidh ann an seilbh, nach eil a' fuireach ann)

Chaidh sgrìobhadh do **38** daoine fa leth, a' toirt cothrom dhaibh an dàrna chuid am bristeadh dleastanais rèiteachadh no airson a' chùis a thoirt air adhart gu toirt seachad Brath air amharas bristeadh dleastanais fo riaghailtean sparraidh Earrann 26C(1) de Achd 1993.

A-mach às na **38** croitearan dhan deach sgrìobhadh – tha **5** croitearan nan luchd-còmhnaidh ann an seilbh, gu ruige seo, air am briseadh aca fhuasgladh mar a leanas:

- **Ghabh 1** chroitear còmhnaidh air a' chroit
- **Tha 2** chroitear air iarraidh agus air Cead fhaighinn a bhith às an Làthair
- **Tha 2** chroitear nan luchd-còmhnaidh ann an seilbh air sealbh air na croitean aca a ghluasad.

A bharrachd air seo tha:

- **Tha 2** croitear nan luchd-còmhnaidh ann an seilbh air tagraidhean a chur a-steach airson cead bhon Choimisean na croitean aca fo-leigeil agus dùil ri co-dhùnaidhean
- **Tha 2** croitear nan luchd-còmhnaidh ann an seilbh air tagraidhean a chur a-steach airson cead bhon Choimisean na croitean aca fo-leigeil airson ùine gheàrr agus tha dùil ri co-dhùnaidhean
- **Tha 1** croitear nan luchd-còmhnaidh ann an seilbh air tagradh a chur a-steach airson cead bhon Choimisean gun a bhith an làthair a tha an dùil ri co-dhùnaidhean
- **Bha 2** chùis ann far an deach co-dhùnadh nach robh adhbhar ann ceumanna sparraidh a ghabhail a thaobh Earrann 26C(1) de dh'Achd nan Croitearan (Alba) 1993
- **Bha 1** cùis ann far an deach sgrìobhadh dhan chroitear luchd-còmhnaidh ann an seilbh gu mearachdach, leis nach robh a' chroit a' gabhail a-steach ach làrach taighe còmhnaidh agus raon de dh'fhearann gàrraidh.

Tha na **25** cùisean air fhàgail a' dol tro na ceumanna sparradh Dhleastanasan.

3mh Earrann de chùisean Cunntais (luchd-gabhaltais nach eil a' fuireach ann)

Chaidh sgrìobhadh do **25** daoine fa leth, a' toirt cothrom dhaibh an dàrna chuid am bristeadh dleastanais rèiteachadh no airson a' chùis a thoirt air adhart gu toirt seachad Brath air amharas bristeadh dleastanais fon t-solair sparraidh Earrann 26C(1) de Achd 1993.

Às na **25** dhan deach sgrìobhadh - tha **2** chroitear air, gu ruige seo, air na bristidhean aca a rèiteachadh le bhith a' cur a-steach airson agus a' faighinn Cead a bhith às an làthair.

A bharrachd air seo tha:

- **Tha 1** chroitear air tagradh a chur a-steach airson cead bhon Choimisean an croit aca fho-leigeil a tha an dùil ri co-dhùnadh
- **Tha 1** chroitear air tagradh a chur a-steach airson cead bhon Choimisean a bhith às an làthair a tha an dùil ri co-dhùnadh.

Tha na **21** cùisean air fhàgail a' dol tro sparradh Dhleastanasan.

4mh Earrann de chùisean Cunntais (luchd-gabhaltais a tha a' fuireach ann, nach eil ag àiteachadh)

Chaidh sgrìobhadh do **30** daoine fa leth, a' toirt cothrom dhaibh am bristeadh aca a rèiteachadh, taic agus comhairle air na roghainnean rim faighinn gus an dìth-chleachdadh a leasachadh. Bha na roghainnean seo a' gabhail a-steach an croitear ag àiteach na croite no a' cur roimhe a' chroit fho-leigeil no sònrachadh do chuideigin eile.

A-mach às na **30** croitearan don deach sgrìobhadh – tha **8** dhiubh air innse gun do thog iad an Cunntas ceàrr. Bha iad a' smaoinichadh nach robh 'àiteachadh' a' ciallachadh ach obair treabhaidh agus buana, ach tha iad a-cheana ag àiteachadh agus a' cumail nan croitean aca le bhith a' cumail sprèidh. A bharrachd air seo, dh'innis **1** croitear gu bheil iad, bho chuir iad crìoch air a' Chunntas, air caoraich agus eunlaith a chur air a' chroit aca.

Tha na **21** cùisean air fhàgail a' dol tro sparradh Dhleastanasan.

Cunntas na Croitearachd 2017, 2018 & 2019 – Dleastanasan

- **Rèitich 6** chroitearan am bristeadh le bhith a' gabhail còmhnaidh air a' chroit aca
- **Rèitich 11** croitear am bristeadh le an gabhaltasan a shònrachadh le cead bhon Choimisean
- **Rèitich 12** chroitearan am bristeadh le an gabhaltasan a fo-leigeil le cead bhon Choimisean.
- **Rèitich 2** chroitear am bristeadh le bhith ag iarraidh agus a' faighinn Cead a bhith às an làthair

A bharrachd air seo bha **2** chùis anns an deach a cho-dhùnadh gun robh adhbhar ann gun cheumannan sparraidh a ghabhail a thaobh earrann 26C(1) de Achd 1993.

Aig deireadh na bliadhna aithris, bha **51** cùisean air an robhar fhathast a' beachdachadh. Thathar a' dèiligeadh ris na cùisean seo fo na h-ullachaidhean sparradh dhleastanasan (bhon cheist am bu chòir brath 26C(1) Brath Amharas Briseadh Dleastanais a thoirt seachad - gus co-dhùnadh fo earrann 26C(5) a bheilear a' cumail ri dleastanas - gu cur a-mach fiosan fo earrann 26D, cothrom a thoirt don chroitear a tha ri briseadh, a' chùis a rèiteach taobh a-staigh ùine a mheasas an Coimisean reusanta).

Brathan 26C(1), 26C(5) agus 26D a chaidh a chur a-mach leis a' Choimisean:

- **15** fiosan earrann 26C (1) mu amharas briseadh dleastanais –bha **10** mar thoradh air freagairtean cunntais agus **5** às dèidh aithris briseadh dleastanais earrann 26A.
- **18** co-dhùnaidhean earrann 26C(5) nach eilear a' gèilleadh ri dleastanasan, **13** mar thoradh air freagairtean cunntais agus **5** às dèidh aithris briseadh dleastanais 26A
- **9** fiosan earrann 26D(1) air an cur a-mach, a' toirt cothrom dha na croitearan gealladh a thoirt gun gèill iad ris a' bhriseadh dleastanais aca, **6** mar thoradh air freagairtean cunntais agus **3** às dèidh aithris briseadh dleastanais earrann 26A.

A' leigeil chroitean bàna

Cheadaich an Coimisean aon mholadh leigeil bho uachdaran fo Earrann 23(5) de Achd 1993 gus croit bhàn a leigeil air màl do neach ùr gu croitearachd.

Cheadaich an Coimisean cuideachd tagradh leigeil bho uachdaran anns an Eilean Sgitheanach do neach ùr gu croitearachd. 'S e seo an tè mu dheireadh de thrì croitean a bha bàna ùine fhada a tha a-nis uile air an leigeil air màl do chuid a tha ùr gu croitearachd.

Co-sheilbh gun rèiteachadh

Chuir an Coimisean a-mach **4** brathan Earrainn 11(4) a' moladh gabhaltas **2** chroit a chrìochnachadh ann an Cill Mhàilidh, **1** chroit anns a' Chomaraich agus **1** san Stòr, a bhios a' leantainn gu crìochnachaidhean agus leigeil air màil ma thèid iad air adhart dhan ire earrann 11(8) òrdugh crìochnachaidh.

Chuir an Coimisean a-mach **4** brathan Earrainn 11(8) a' cur crìoch air gabhaltasan croite: **1** ann an Sealltainn a lean gu molaidhean ri neach-inntrigidh ùr a leigeil a-staigh do chroitearachd a chur a-staigh leis an uachdaran agus aontachadh leis a' Chomisean, **2** ann an Cill Mhàilidh a thugadh do chroitearan am bith air an aontachadh, agus **1** anns a' Chomaraich gu neach-inntrigidh ùr do chroitearachd.

Aithris air fhaighinn fo earrann 49A de Achd 1993

Fhuair aithris bho Chomataidh Ionaltraidh anns an Eilean Sgitheanach, fo earrann 49A de Achd nan Croitearan (Alba) 1993, a' comharrachadh **31** amharasan briseadh dleastanais taobh a-staigh bailtean a tha a' Chomataidh a' frithealadh. Chaidh prògram airson prìomhachas a chur air agus a' tòiseachadh air gnìomh sparraidh aontachadh leis a' Choimisean.

Tha an Coimisean air obair a thòiseachadh air **14** cùisean agus:

- an-dràsta a' cur a-mach **2** Bhrath Earrainn 26(1) mu amharas briseadh dleastanais
- air gabhail ri **1** Ghealladh às dèidh Brath earrainn 26D gun cùm croitear ris an dleastanas taobh a-staigh clàr-ama reusanta
- a' feitheamh **6** aithrisean bho Phàighidhean Dùthchail is Sgrùdaidhean Riaghaltas na h-Alba (SGRPID) air cùisean bristeadh dleastanais
- air **1** chùis a dhùnadh air sgàth atharrachadh neach-còmhnaidh
- air **1** chùis a dhùnadh air sgàth 's gu bheil an croitear a-nis a' gèilleadh ris an dleastanas
- an-dràsta a' làimhseachadh **2** thagrachd sònrachaidh agus **1** tagradh fo-leigeil bho chroitearan a tha air aon no bharrachd de na dleastanasan reachdail aca a bhriseadh

Tòisichidh an Coimisean air obair air an ath earrann de chùisean le clàr-ama air aontachadh leis a' Chomataidh Ionaltraidh.

Ceistean Coitcheann

Rè na bliadhna fhreagair RALUT **67** ceistean coitcheann.

Cunntas na Croitearachd 2021

Tha dleastanas laghail air croitearan bileagan Cunntas na Croitearachd, a thathar a' cur a-mach gach bliadhna, a lìonadh agus a thilleadh airson gach croit agus roinn ionaltraidh aca.

Ann an 2021 ghluais an Cunntas bliadhnail gu structar gu tur didseatach. Tha an dòigh ùr seo de thoraidhean a chur còmhla a' leigeil leis a' Choimisean mion-sgrùdadh a dhèanamh agus na toraidhean a thaisbeanadh ann an cruth nas mionaidiche. A bharrachd, tha an gluasad gu freagairtean didseatach air leigeil leinn sgrùdadh nas mionaidiche a thoirt gu buil air an dàta ri fhaighinn taobh a-staigh seòrsaichean àraidh de luchd-freagairt.

Chaidh Iarrtas airson coileanadh Cunntais a chur a-mach air **19,810** (2020/21: 19,636) inntigidhean Clàr Croite, air an dèanamh de **17,656** (2020/21: 17,645) croitean coitcheann agus **2,154** (2020/21: 1,991) earrannan ionaltraidh (croitean air am meas).

Uile gu lèir, fhuaras **15,195** (2020/21: 14,297) leis a' Choimisean. Tha seo co-ionann ri **76.7%** (2020/21: 72.8%) gan cur air ais



Fuireach mar as àbhaist air a' chroit aca no an taobh a-staigh 32km air falbh bhuaipe: **94%** (2020/21: 94%)




Gun Mhì-ghnàthachadh no Dearmad: **99%** (2020/21: 89%)




Croit ga h-Àrach/ Gleidheadh/Cur gu Feum: **98%** (2020/21: 89%)

Am-bliadhna dh'fhaighnich sinn cuideachd do chroitearan dearbhadh dhuinn an robh iad a' cleachdadh nan roinnean ionaltraidh aca. B' iad na freagairtean: Bha: 8,113, Cha robh: 3,895 agus Gu ìre: 444. Bha 2,513 daoine ann a fhreagair, 'Chan eil iomchaidh' ('s e seo far nach robh earrann ionaltraidh aig croit).




Àireamh chroitearan nach robh a' coileanadh nan Dleastanasan aca air innse don Choimisean
BUIL: 1,191 (2020/21: 1,289).

Luchd-freagairt Cunntais 2021



Luchd-freagairt Cunntais 2020



Tha na h-àireamhan a' riochdachadh chroitean a-mhàin agus 's iad àireamhan chroitean a bhios air an gabhail a-steach a-mhàin anns gach seòrsa.



Ionaltradh Coitcheann

'S iad mòintichean baile pàirt riatanach agus cudromach den t-siostam croitearachd. Dà thrian den fhearann gu lèir a tha fo ghabhaltas croitearachd, tha na raoitean fearainn seo air a bhith, agus tha iad fhathast, deatamach do shiostaman sprèidh croitearachd. Tha iad cuideachd a' cosnadh àithne nas motha airson an cuid buannachdan a thaobh àrainneachd agus nàdarr. Tha comas inntinneach ann tro chàradh nam mòintichean, glacadh carboin, cumhachd ath-nuadhachail, cruthachadh choilltean, agus stiùireadh choilltean gus cuideachadh a' dol an aghaidh atharrachadh na gnàth-sìde, agus tro na cleachdaidhean àiteachas farsaing agus gan rianachd, tha comas ann bith-iomadachd a leudachadh agus àrdachadh.

Tha còrr air 1,000 ionaltraidhean coitcheann a' còmhdach sgìre nas motha na 500,000ha air feadh Siorrachdan Croitearachd na h-Alba.



Tha Comataidhean-ionaltraidh, a tha gan cur an dreuchd le croitearan le roinn san ionaltradh coitcheann, bunaiteach airson riaghladh agus cumail suas nan goireasan coitcheann luachmhor seo agus libhrigeadh nam buannachdan a dh'fhaodadh a bhith ann a tha air am mìneachadh gu h-àrd. Chruthaich a' ghalair mhòr-sgaoilte leantainneach Covid-19 duilgheadasan leis gun robhas a' moladh gun chumail ris an riatanas reachdail airson coinneamh phoblach a chumail gus a leithid de Chomataidhean Ionoltraidh a chur an dreuchd gus casg a chur air sgaoileadh Covid-19 taobh a-staigh ar coimhearsnachdan croitearachd.

Gus dèanamh cinnteach à gnìomhachas agus an àireamh de Chomataidhean Ionoltraidh a chumail suas, a bha roimhe air mheudachadh, chaidh pìos de reachdas croitearachd a chleachdadh gus dol an aghaidh nan suidheachaidhean mì-àbhaisteach a chruthaich an suidheachadh slàinte poblach a leig leis a' Choimisean teirm 3 bliadhna eile a thoirt do Chomataidhean Ionoltraidh am bith agus an ùine nan dreuchd air tighinn gu crìch. A bharrachd, ann an suidheachaidhean anns nach robh Comataidh-ionaltraidh ann o chionn ghoirid, rinn an Coimisean cinnteach gun robh co-aontachd coitcheann ann eadar an fheadhainn le roinn anns an ionaltradh coitcheann mus deigheadh Comataidh-ionaltraidh ùr sam bith a chur an dreuchd.

Anns an dòigh seo, tha an Coimisean air co-obrachadh le comataidhean-ionaltraidh agus coimhearsnachdan croitearachd gus dèanamh cinnteach gu bheil an structar riaghlaidh airson ionaltradh coitcheann fhathast ann far an gabh sin a dhèanamh.

Chaidh ar miann trèanadh eadar-obrachail air an làrach a thoirt seachad dhan dà chuid buill Comataidh-ionaltraidh sean agus ùr, air a libhrigeadh tro obair chom-pàirteachais le Seirbheis Comhairleachaidh Tuathanais agus Colaiste Dùthchail na h-Alba, a bhacadh leis an t-suidheachadh leantainneach slàinte poblaich. Tha an trèanadh seo ag obair as fheàrr le conaltradh aghaidh-ri-aghaidh eadar an luchd-trèanaidh agus na com-pàirtichean. Ach bha tachartasan didseatach air-loidhne gan cruthachadh agus ganlibhrigeadh do luchd-frithealaidh a' gabhail a-steach chuspairean leithid cruthachadh ceart Comataidh, dreuchdan agus dleastanasan agus stiùireadh air taobhan ionmhasail Comataidh-ionaltraidh.

	2021/22	2020/21	2019/20	2018/19
Àireamh nan Comataidh-Ionaltraidh ann an Dreuchd	497*	500	495	418

* Tha 10 comataidhean eile a-mach às an oifis dìreach air sgàth is gu bheil iad air dàil bheag a chur air na coinneamhan a chuireadh romhpa airson comataidhean ùr a thaghadh air sgàth Covid-19.

Saorsa an Fhiosrachaidh/ Riaghailtean Àrainneachd/Dìon Dàta

Tha rùn aig a' Chomataidh gèilleadh do reachdas a bheir a' chòir dhan t-sluagh fiosrachadh iarraidh agus gun toirear am fiosrachadh sin seachad mura bi saoradh na lùib. Tha an dleastanas laghail seo a' tighinn fo Achd Saorsa an Fhiosrachaidh (Alba) 2002, Achd Dìon Dàta 2018, an Riaghladh mu Dhìon Fios Coitcheann, agus Riaghailtean Fios Àrainneachd (Alba) 2004.

Gheibhear tuilleadh fiosrachaidh aig www.crofting.scotland.gov.uk

Gearanan

Tha rùn aig Coimisean na Croitearachd seirbheisean den chiad ìre a thoirt don luchd-cleachdaidh againn agus tha sinn a' cleachdadh an fhiosrachaidh bho luchd-cleachdaidh nach eil sàsaichte gus na seirbheisean againn a leasachadh.

Ann an 2021/22 fhuair sinn **52 gearanan** (2020/21: 39).



Fuasgladh Sreath-toisich	2021/22	2020/21	2019/20	2018/19	2017/18
Air an Glèidheadh	23	15	4	16	10
Air an Glèidheadh gu ìre	4	2	3	-	1
Gun Ghlèidheadh	9	11	17	16	2
Sgrùdadh a' Dol air Adhart	2	-	-	-	-
Air an Cur air Adhart	-	-	-	23	7
Buil	38	28	24	55	20

Sgrùdadh a' Dol air Adhart	2021/22	2020/21	2019/20	2018/19	2017/18
Air an Glèidheadh	2	3	2	5	2
Air an Glèidheadh gu ìre	4	3	6	8	4
Gun Ghlèidheadh	3	4	3	4	5
Gun Tàbhachd	2	1	1	1	3
Air an Tarraing air ais	1	-	-	-	-
Sgrùdadh a' Dol air Adhart	2	-	-	1	-
Buil	14	11	12	19	14

Faodar tuilleadh fiosrachaidh a lorg air ar làrach-lìn. www.crofting.scotland.gov.uk

Conaltradh

Tha grunn diofar dhòighean anns am bi an Coimisean a' conaltradh ris ar luchd-ùidhe. Thathar a' cleachdadh nam Meadhanan sòisealta gu sònraichte airson teachdaireachdan riaghlaidh agus obrachaidh a thoirt seachad, agus thathar a' cleachdadh meadhanan clò-bhuailte gus sgeulachdan naidheachd a adhartachadh agus bruidhinn mu chùisean Croitearachd.

Bidh sinn cuideachd a' cleachdadh modhan conaltraidh dìreach gus bruidhinn ri prìomh luchd-ùidh le bhith a' cruthachadh cuairt-litrichean goirid.

Bhon thòisich ar n-Oifigear Conaltraidh ag aithris air na meadhanan sòisealta tha e soilleir gu bheil àrdachadh mòr air a bhith ann air an àireamh de dhaoine a tha a' leantainn duilleagan a' Choimisein, tha conaltradh agus ruigsinn cuideachd air a dhol am feabhas o chionn an Dàmhair 2021.

Uidheam Meadhanan Sòisealta	Luchd-leantainn gu h-Iomlan Màrt 2022	Luchd-leantainn gu h-Iomlan an Dàmhair 2021
	 2,192	 2,092
	 3,307	 3,112
	 554	 434

Còraichean Daonna

Co-ionannachd, iomadachd agus ion-ghabhalachd

Tha an Coimisean an geall ri co-ionannachd chothroman agus tha poileasaidhean agus modhan-obrach aige ann gus dèanamh cinnteach gun tèid seo a choileanadh. Tha e cuideachd làn-mhothachail air na dleastanasan laghail a tha air, gu sònraichte mu dhàimhean chinnidhean, agus leth-bhreith a thaobh aoise, gnè is ciorraim, agus a' leantainn poileasaidhean Riaghaltas na h-Alba gu lèir a thaobh Còirichean Daonna is Co-ionannachd.

Dleastanas Co-ionannachd

Tha Coimisean na Croitearachd fo Riaghailtean Achd Co-ionannachd 2010 (Dleastanasan Coitcheann) (Alba). Feumaidh an Coimisean aithrisean air pàigheadh co-ionann is Buill a' Bhùird fhoillseachadh cuideachd.

Tha an Coimisean a' gealltainn ùrachadh a thoirt mar phàirt de dh'Aithisg Bhliadhnail na buidhne agus thathar air iomradh a thoirt gu h-iseal air an adhbhar sin.

Tha uallach air an fheadhainn a tha fo dhleastanas mu cho-ionannachd, tro lìbhrigeadh nan gnìomhan aca:

- Cur às do leth-bhreith, do shàrachadh agus do dh'fhuilangas mhì-laghail agus do ghiùlan eile a tha toirmisgte fon Achd.
- Co-ionannachd chothroman a chur air adhart eadar daoine air a bheil feart a tha ga dhìon agus daoine air nach eil.
- Deagh dhàimh àrach eadar daoine air a bheil feart a tha ga dhìon agus daoine air nach eil.

Gheibhear an aithisg shlàn mu phrògram nan tionnsgnaidhean rianail air a bheil a' bhuidheann air a bhith ag obair gus a lìbhrigeadh, cho math ri adhartas a dh'ionnsaigh lìbhrigeadh nan toraidhean co-ionannachd, ann am Plana Co-ionannachd agus Iomadachd Coimisean na Croitearachd air an làrach-lìn. <https://www.crofting.scotland.gov.uk>

Gnothaichean Àrainneachd

Riaghaltas na h-Alba Tha targaidean àrd-amasach aig Riaghaltas na h-Alba a thaobh lùghdachadh carboin airson na roinne poblaich agus, an dèidh an riaghaltas èiginn na gnàth-shìde a ghairm, tha fòcas ùr air an roinn phoblach a bhith aig an stiùir ann a bhith a' lùghdachadh eimiseanan carboin.

Mar luchd-gabhaltais ann an oifis a th' air a roinneadh, (Taigh a' Ghlinne Mhòir), tha uallach air Dualchas Nàdair na h-Alba airson an togalaich, agus chan urrainn dhan Choimisean aghaidh a chur ach a-mhàin air cùisean air an taobh a-staigh leithid cleachdadh ghoireasan, siubhail agus mothachaidh. 'S e fear de na toraidhean anns a' Phlana Chorporra againn a' bhuidhe a bheir sinn air an àrainneachd a lùghdachadh. Ged nach eil targaidean àrainneachdail air an suidheachadh le Riaghaltas na h-Alba aig a' Choimisean an-dràsta, tha sinn ag amas air adhartas ann a bhith neodrach a thaobh carboin agus tha sinn an rùn beachdachadh air ar Bann-sgrìobhte Èiginn na Gnàth-side agus Plana Gníomh tron bhliadhna ri thighinn. Mar thoradh air Covid-19 tha ar siubhal air lùghdachadh gu mòr, a tha ri fhaicinn ann an lùghdachadh air leth ann an eimiseanan siubhail bho 18.45 tCO₂e ann an 2017 gu 0.30tCO₂e ann an 2020.

Tha sinn a' sgrùdadh ar poileasaidhean air obair bhon taigh agus siubhal gus dèanamh cinnteach gu bheil an cleachdadh as fheàrr a chaidh a leasachadh thairis air a' bhliadhna a dh'fhalbh air a chumail agus gu bheil na buannachdan air an toirt gu buil anns an ùine fhada. Cho math ri fòcas a chur air eimiseanan siubhail, leanaidh an Coimisean air na h-obrachaidhean aige bho latha gu latha a sgrùdadh leis an amas a bhith a' lùghdachadh cleachdadh ghoireasan. Bha eisimpleir anns a' bhliadhna aithris a' buntainn ri mar a rinn an Coimisean am Brath Bliadhnaile reachdail aige (cunntas croitearachd).

Gu h-eachdraidheil tha an cunntas air a dhèanamh le bhith a' cur ceisteachain a-mach do gach croitear aithnichte airson a h-uile croit agus croitean air am meas, a tha a' gabhail a-steach post ro-phàighte air ais. Am bliadhna rinn an Coimisean co-dhùnadh gluasad gu freagairt dìreach didseatach airson a' chunntais, a' cur gu feum an teicneolas a bha an Coimisean air stèidheachadh thar an dà bhliadhna roimhe sin. Tha seo air lùghdachadh an dà chuid cleachdadh pàipeir agus siubhail tron phost co-cheangailte ris na 15,195 freagairtean a chaidh a choileanadh.

Tha obair air leantainn rè 2021/22 gus gluasad air adhart agus foirmean tagraidh riaghlaidh a adhartachadh. Aig deireadh na bliadhna aithris chaidh earrann tòiseachaidh de thagraidhean didseatach a chur air bhog air-loidhne.

Tha an Coimisean cuideachd a' lùghdachadh nam feumalachdan àite oifis aige aig Taigh a' Ghlinne Mhòir de mu 33% a bhios ann an gnìomh bho 2022/23 agus iad a' cumail orra poileasaidh air obair mheasgaichte a leasachadh, ann an co-bhann ri stiùireadh Riaghaltas na h-Alba. Bidh buaidh dheimhinneach aig seo cuideachd air lùghdachadh cleachdadh ghoireasan agus eimiseanan carboin co-cheangailte riutha sin.

Tha an Coimisean ag iarraidh a' bhuidhe aca a chleachdadh anns an fharsaingeachd taobh a-staigh roinn na croitearachd agus bidh e ag obair còmhla ri buidhnean riaghaltais agus luchd-ùidh eile gus cleachdadh fearainn nas seasmhaiche a bhrosnachadh a bhios a' lùghdachadh eimiseanan carboin, a' cur ri calpa nàdarrachd agus a' brosnachadh bith-iomadachd. Ach, chan eil a' chumhachd aig a' Choimisean iarraidh air croitearan eimiseanan a lùghdachadh no cleachdaidhean àraidh de dh'fhearann a choileanadh.

Dèanadas Ionmhasail

Shònraich Riaghaltas na h-Alba buidseit de £3.250M (£3.022M 2020/21) dhan Choimisean. Thugadh riarachadh £0.065M (£0.065M 2020/21) seachad cuideachd airson chosgaisean neo-airgid mar ìsleachadh ann an luach agus luach-chrìonadh.

Còd Cleachdadh Pàighidh

A rèir poileasaidh Riaghaltas na h-Alba, tha aig Coimisean na Croitearachd ri fàirdealan uile an luchd-sholair far nach eil deasbad a phàigheadh an taobh a-staigh 10 latha-obrach an dèidh am faighinn. Tha e mar amas aig Coimisean na Croitearachd 100% de na fàirdealan, an fheadhainn fo dheasbad nam measg, aon uair 's gu bheilear air an deasbad fhuasgladh, a phàigheadh ann an àm a rèir nan cumhaichean seo. Rè na bliadhna a thàinig gu crìch air 31 den Mhàrt 2022, phàigh an Coimisean 93% (100% ann an 30 làithean) de na fàirdealan aca taobh a-staigh nan cumhaichean seo (92% 10 latha, 100% 30 làithean ann an 2020/21).


Toraidhean Ro-innleachdail

Tha lùghdachadh nan cosgaisean againn agus am feum as motha a thoirt à maoinachadh don obair riaghlachail againn na phrìomhachas dhuinn fhathast. Rè na bliadhna, chùm an Coimisean air structar an luchd-obrach ath-sgrùdadh gus dèanamh cinnteach gun robh goireasan a' cuimseachadh air obraichean air an t-sreath toisich. Tha gabhail pàirt ann an cùmhnantan co-obrachail Riaghaltas na h-Alba, gluasad gu cunntas croitearachd didseatach, lùghdachadh ar feumalachdan àite oifis, còmhla ri eaconamaidhean cosgais siubhail a bha air an coileanadh air sgàth glasadh a' ghalair mhòir-sgaoilte cuideachd air cur ri caomhnaidhean èifeachdais a bharrachd. Chuir na h-eisimpleirean seo ris a' Choimisean a bhith a' coileanadh targaid Riaghaltas na h-Alba airson caomhnaidhean èifeachdais de 3% air a' bhuidseit bun-loidhne 2021/22 againn de £3.250M. Uile gu lèir, chlàraich sinn 4.5% no mu £146,000 de chaomhnaidhean èifeachdais rè 2021/22 (3.4%, £95,000 2020/21). Thathar an dùil gun lean an gluasad ann an caomhnaidhean èifeachdais ann an 2022/23 agus sinn a' lùghdachadh ar feumalachdan àite oifis aig Taigh a' Ghlinne Mhòir, Inbhir Nis de thrìan. A rèir prionnsapalan Riaghaltas na h-Alba, tha sinn an dùil gum bi eileamaid shusbainteach de dh'obair ioma-dhòigheach ann airson na h-ùine mì-chinnteach air thoiseach.

Tha barrachd sgrùdaidh ionmhasail ga thoirt san Aithisg Chunntalachd air duilleag 49.


Mar a riarach sinn na goireasan againn ann an 2021/22

Tha sinn gar maoinachadh le Riaghaltas na h-Alba agus mar bhuidheann riaghlachail bha mu 78% den chaiteachas iomlan againn ceangailte ri luchd-obrach.



- Toradh 1: Croitean an seilbh agus gan obrachadh
- Toradh 2: Tha mòintichean baile gan riaghladh agus dòighean rianachd coitcheann gan leantainn
- Toradh 3: Tha Croitearachd ga riaghladh ann an dòigh a tha ceart, tàbhachdach is èifeachdach
- Toradh 4: Bheirear taic do chor na croitearachd le conaltradh fiosrachail còmhla ri luchd-ùidhe
- Toradh 5: Tha na sgilean is misneachd ceart aig ar luchd-obrach gus an dreuchd a choileanadh gu math, tha na pròiseasan riaghlaidh againn mar dheagh-chleachdadh

Anailis Trend de Shònrachadh Maoin



Planadh air Adhart

Chaidh buidseit goireis de £3.900M a shònrachadh dhan Choimisean airson 2022/23 dhan deach aontachadh le Riaghaltas na h-Alba.

Gnothaichean an Aghaidh Coirbeachd is Ceannach le Duais

Tha an Coimisean an geall air na h-ìrean as àirde de ghiùlan beusach agus de dh'ionracas agus an geall air coirbeachd is ceannach le duais a thoirmeasg, oir tha sinn ag aithneachadh gu bheil e cudromach dar cliù agus misneachd an luchd-ùidhe againn a ghlèidheadh. Cha deach cùisean coirbeachd no ceannach le duais sam bith a chlàradh ann an 2021/22

Bill Barron

Uilleam Barron
Ceannard agus Oifigear Cunntachail
18 Lùnastal 2022

Eisimpleirean

Rè 2021/22 tha an Coimisean air buaidh dheimhinneach a thoirt air iomadh coimhearsnachd dùthchail iomallach thar nan Siorrachdan Croitearachd. 'S iad beagan eisimpleirean a th' anns na leanas.

A' chiad croit ann an Moireibh

Ann am Moireibh, chaidh croit ùr coillteach a chruthachadh, a' chiad chroit dhan t-siorrachd a chaidh aontachadh leis a' Choimisean bho chaidh an comas ri croitean ùra a chruthachadh a chur an gnìomh ann an reachdas. Bheir a' chroit coillteach taic do theaghlach gus gnìomhachas coilltearachd a ruith a bharrachd air gnìomhan coillteach eile.

Taighean-bathair airson taigh-staile na Hearadh

Anns an Ògmhios 2021, bheachdaich an Coimisean air tagradh a chaidh a chur a-steach le croitear seilbheadair-còmhnaidh anns na Hearadh gus pàirt den

fhearann aca a dhì-chroiteadh.

B' e an t-adhbhar airson an tagradh dì-chroitidh seo comas a thoirt dhan chroitear seilbheadair-còmhnaidh an t-àite a reic ri taigh-staile ionadail airson cothrom taigh-bathair bannaichte eile a thogail. Fhuair an tagradh taic le aonta planaidh airson 3 taighean-bathair ùra a thogail, meudachadh ann an raon làir agus rathad inntrigidh agus ionad-parcaidh ath-thogail.

Ann an tighinn dhan cho-dhùnadh an t-òrdugh dì-chroitidh a thoirt seachad, thug an Coimisean fa-near gu bheil an taigh-staile a' cumail cosnadh ri còrr is 30 daoine ionadail, leis gu bheil e na

fhastaiche cudromach anns an àite. Thug an Coimisean fa-near gun leig seo airson fàs seasmhach na buidhne, a dh'fhaodadh an uair sin cothroman cosnadh nas motha a chomasachadh, mar sin a' toirt buaidh deimhinnich air an dà chuid a' choimhearsnachd ionadail croitearachd agus a' phobail nas fharsainge.

Gabhaltasan croite anns an Eilean Sgitheanach

Tadhail an Coimiseanair Màiri Renwick NicChoinnich, le taic bho luchd-obrach a' Choimisein, air Oifisean Urras Fearann Clann Dòmhnail ann an Armadal, an Eilean Sgitheanach gus bruidhinn, am measg nithean eile, mu thrì croitean air an Oighreachd aca a bha bàn fad grunn bhliadhnaichean bho chaidh an cruthachadh. An dèidh còmhraidhean, chaidh aontachadh ceumannan gnìomhach a ghabhail gus na gabhaltasan croite a shanasachadh airson leigeil a-mach air màl.

Mar thoradh air seo tha an Coimisean air tagraidhean bhon uachdaran aontachadh gus na trì croitean bàna a leigeil air màl do luchd-inntrigidh ùra gu croitearachd a tha an Coimisean den bheachd a bhios a' gèilleadh ris na dleastanasan reachdail a bhith a' còmhnaidh ann mar as àbhaist agus a bhith ag àiteachadh nan croitean agus/no gan cur gu feum brìoghmhor.





Coinneamh airson uachdarain anns na h-Eileanan Siar

Tràth ann an 2022 chuir sgioba Leasachadh a' Choimisein tachartas air dòigh airson uachdarain ann an togalach Urras Ghabhsainn ann an Leòdhas. Bha an tachartas, a tha sinn am beachd a chur air dòigh a-rithist ann an àiteachan eile, air a fhrithealadh gu math le uachdarain an dà chuid aghaidh ri aghaidh agus air-loidhne agus thug e cothrom do uachdarain ceistean fhaighneachd agus bruidhinn

mu chùisean croitearachd ri buill luchd-obrach bho air feadh a' Choimisein.

B' urrainn dhan an sgioba Leasachaidh cuideachd an dreuchd aca taobh a-staigh an Coimisean agus am planaichean airson obair anns an ùine air thoiseach a mhìneachadh air fad. Cuide ri seo bha seisean ann air fàs reachdas croitearachd agus dreuchd nan uachdarain thar nam bliadhnaichean. Anns an dàrna seisean bhruidhneadh mu phròiseactan air ionaltraidhean

coitcheann agus na diofar roghainnean riaghlaidh ri fhaighinn do chroitearan agus uachdarain na rudan seo a thoirt air adhart. Tha an sgioba Leasachaidh am beachd sgrìobhainnean taiceil a chruthachadh airson uachdarain gus an cuideachadh ri poileasaidhean croitearachd a leasachadh agus a chleachdadh air na h-òighreachdan aca.

Lorgar tuilleadh fiosrachaidh air sgioba Leasachaidh a' Choimisein air ar làrach-lìn. **www.crofting.scotland.gov.uk**





**CROFTING COMMISSION
COIMISEAN NA CROITEARACHD**

Aithisg Cunntalachd 2021/22

Aithrisean is aithisgean bunaitheach a chuireas air chomas dhuinn feumalachdan mu chunntalachd a thoirt a-mach agus a nochdas gabhail ri deagh riaghladh corporra.

Aithisg mu Riaghladh Chorporra

Aithisg Luchd-stiùiridh

Bòrd nan Coimiseanairean

Coimiseanair	Modh Cur an Dreuchd	Làthaireachd aig Coinneamhan Bùird tro 2021/22	Làthaireachd aig Coinneamhan Comataidh Sgrùdaidh is Ionmhais tro 2021/22
 Donnchadh Gray* ²	Air a Thaghadh	1/1*	-
 Caillean Ceannadach* ²	Air a Thaghadh	1/1*	-
 Dòmhnall Dòmhnallach* ²	Air a Thaghadh	1/1*	-
 Iain MacIomhair* ²	Air a Thaghadh	12/12*	6/8*
 Rod MacCoinnich* ^{1 2}	Air a Thaghadh	5/5*	-
 Màiri Renwick NicChoinnich* ^{2&8}	Air a Thaghadh	12/12*	-
 Cyril Annal* ³	Air a Thaghadh	11/11*	-
 Anndra Holt* ³	Air a Thaghadh	11/11*	1/1*
 Eairdsidh Mac an Aba* ⁴	Air a Thaghadh	6/6*	-

Coimiseanair	Modh Cur an Dreuchd	Làthaireachd aig Coinneamhan Bùird tro 2021/22	Làthaireachd aig Coinneamhan Comataidh Sgrùdaidh is Ionmhais tro 2021/22
 Uilleam Neilson ^{*3}	Air a Thaghadh	10/11*	2/2*
 Dàibhidh Caimbeul ^{*5}	Air a Chur an Dreuchd le Rùnaire a' Chaibineit	12/12*	6/6*
 Malcolm MacMhathain ^{*6 & 9}	Air a Chur an Dreuchd le Rùnaire a' Chaibineit	12/12*	4/4*
 Seumas Scott ^{*7}	Air a Chur an Dreuchd le Rùnaire a' Chaibineit	10/12*	2/3*

* = Àireamh fhrithealaidh/Àireamh choinneamhan air an robhar comasach frithealadh

1 = Leig e dheth a dhreuchd mar Neach-gairm le èifeachd bho 21 Ògmhios 2021 agus leig e dheth a dhreuchd mar Choimiseanair le èifeachd bho 1 Iuchar 2021.

2 = Air an taghadh (no ath-thaghadh) do Choimisean na Croitearachd fad teirm 5-bliadhna le èifeachd bho 18 Màrt 2022.

3 = Air an taghadh do Choimisean na Croitearachd fad teirm 5-bliadhna bho 17 Màrt 2017 gu 18 Màrt 2022.

4 = Air an taghadh do Choimisean na Croitearachd (an dèidh dhan Choimiseanair Ruairidh MacCoinnich leigeil dheth a dhreuchd) bho 9 Màrt 2021 gu 18 Màrt 2022.

5 = Leudachadh fad 12-seachdain de chur an dreuchd le Riaghaltas na h-Alba bho 1 Ògmhios 2022 gu 19 Lùnastal 2022.

6 = Ath-shuidheachadh 3 bliadhna le Riaghaltas na h-Alba bho 1 Faoilleach 2020.

7 = Suidheachadh 3 bliadhna le Riaghaltas na h-Alba bho 1 Gearran 2020.

8 = Air a chur an dreuchd mar Neach-gairm Choimisean na Croitearachd bho 24 Lùnastal 2020

9 = Air a chur an dreuchd mar Neach-gairm Choimisean na Croitearachd bho 9 Ògmhios 2021

Ghairm Coimisean na Croitearachd trì Coinneamhan Ro-innleachd cuideachd, a chaidh a chumail ann an dìomhaireachd agus nach deach a chlàradh, air 11 Lùnastal 2021, agus 8 Dùbhlachd 2021.

Tha làn-fhiosrachadh mu Chlàr nam Com-pàirtean aig na Coimiseanairean ri fhaotainn air an làrach-lìn againn www.crofting.scotland.gov.uk/meet-the-commissioners

Sgioba-stiùiridh (SMT) 2021/22



Uilleam Barron, Ceannard Oifigear agus Oifigear Cunntachail - Uallach iomlan airson ro-innleachd, obrachaidhean, ionmhas agus rianachd a' Choimisein. A' dèanamh cinnteach gum faigh Bòrd nan Coimiseanairean fiosrachadh cruinn agus comhairle gun chlaonadh.



Fionnlaigh Peutan*, Ceann Ionaltraidhean agus Dealbhaidh – Le uallach airson sùil a thoirt air iùil agus taic a libhrigeadh do Choimiseanairean, luchd-obrach agus luchd-cleachdaidh air cùisean a' buntainn ri ionaltraidhean coitcheann, cho math ri bhith aig ceann obair-cùise aig a' Choimisean air ionaltraidhean coitcheann. Le uallach cuideachd airson na dreuchd Comhairliche Reachdail Choimiseanan a choileanadh, nuair a thathar a' moladh leasachaidhean air fhearann fo ghabhail croitearachd, gus dèanamh cinnteach gu bheil a' toirt fa-near dhasealladh croitearachd nuair a tha tagradh dealbhaidh air a chur air beulaibh ùghdarras dealbhaidh.

*A thàinig air SMT bho 1 Faoilleach 2022.



Dàibhidh MacFhionnlaigh – Neach-lagha - A' toirt comhairle laghail dhan Choimisean agus a' dèiligeadh ri tagraidhean-lagha anns a bheil an Coimisean an sàs.



Eòsaph MacIlleChiar, Ceannard Taic-riaghlaidh – Tha e an urra ris taic is treòrachadh a thoirt do luchd-obrach agus do na Coimiseanairean air cùisean riaghlaidh is clàraidh, a' stiùireadh air co-dhùnaidhean tiomnaichte agus ath-bhreithneachadh air sgrìobhainnean agus a' cumail sùil air obair Sgioba Còmhnaidhe is Cleachdadh an Fhearainn (RALUT).



Niall Dòmhnallach, Ceannard Ionmhais - Le uallach airson dèanamh cinnteach gu bheil siostaman ionmhasail a tha làidir, follaiseach agus a ghabhas sgrùdadh aig a' Choimisean. A' co-òrdanachadh dleasan ionmhasail a' Choimisein gu lèir a thaobh Leabhar-làimhe Ionmhais Poblach na h-Alba (SPFM) agus an Sgrìobhainn Frèam a chaidh aontachadh le Riaghaltas na h-Alba.



Fraoch Mack*, Ceannard Leasachaidh Croitearachd – Le uallach airson leasachadh croitearachd, a' gabhail a-steach ceannas air na dreuchdan leasachaidh anns na h-Eileanan Siar.

*Gu ruige 31 Lùnastal 2021.



Aaron Ramasaidh, Ceann Didsiteach agus Leasachadh – An urra ri ro-innleachd IS agus ùrachadh seirbheisean didsiotach. Prìomh uallach ann a bhith a measadh agus stiùireadh leasachadh ann an siostaman obrachaidh agus pròiseasan aig a' Choimisein, gus barrachd èifeachdas agus buaidheachd anns an dòigh a thathar a làimhseachadh obair-chùis a choileanadh. Àrd-Shealbhach Gèbhaidh Fiosrachaidh (SIRO) dhan Choimisean.



Màiri Rosach*/ Fraoch Mack, Ceannard Obrachaidh: Riaghladh** – Le uallach

airson eagrachadh is èifeachdas nan sgiobaidhean clàraidh agus cùisean reachdail, a' cleachdadh mheadhanan is slatan-tomhais gus dèanamh cinnteach gu bheil a' cumail ri ìrean libhrigidh.

*Gu ruige 31 Lùnastal 2021.

**Bhon 1 Sultain 2021.



Sine NicThòmais, Ceannard Coileanaidh - Le uallach airson Ghearanan, iarrtasan fo Shaorsa an Fhiosrachaidh/EIR, Dìon Dàta/GDPR, a' stiùireadh air Co-ionannachd is Iomadachd, Plana Gàidhlig agus Oifigear nan Inbhean dhan Choimisean. Cuideachd an urra ris an sgioba Seirbheisean Corporra is Luchd-cleachdaidh agus a' toirt taic rùnaireachd don SMT agus don Bhòrd.



Iain Toal* Ceannard Poileasaidh is Sgiobaidhean Ionaltraidh – A' cuideachadh Choimiseanairean ann an leasachadh poileasaidh ro-innleachdail ann an raon de chùisean taobh a-muigh agus taobh a-staigh gus na h-amasan-obrach aca a choileanadh agus os cionn an Sgioba Ionaltraidh, a' dèiligeadh ri Comataidhean-ionaltraidh.

*A leig dheth a dhreuchd 31 Dùbhlachd 2021.

Dèanadas Ionmhasail

Iomradh air Easbhaidh/(Còrr) don bhliadhna	2021/22 £000	2020/21 £000
Caiteachas Obrachaidh Iomlan	3,316	3,060
Tabhartas-mar-Chobhair air a tharraing a-nuas	(3,250)	(3,022)
Easbhaidh/(Còrr)	66	38
Rèiteach eadar caiteachas-obrachaidh air bunait cunntais agus an Tabhartas-mar-Chobhair air a tharraing a-nuas	2021/22 £000	2020/21 £000
Easbhaidh/(Còrr)	66	38
Gun neo-airgead:		
Ìsleachadh is Crìonadh	(55)	(50)
Atharrachaidhean air caiteachas-obrach le:		
Luchd-fiach	4	(1)
Iasadaichean	29	(120)
Glusad ann an solar	-	-
Gnìomhachasan tasgaidh	49	35
Tabhartas-mar-Chobhair air a tharraing a-nuas ann an easbhaidh/(barrachd) de chaiteachas Airgid	93	(98)

Air bunait tàrmachadh teachd-a-steach agus caiteachais, b' e toradh ionmhasail na bliadhna air gnothachas àbhaisteach aithris de dh'easbhaidh £0.066M (Easbhaidh £0.038M 2020/21). Tha an easbhaidh seo air sgàth co-cheartachadh ionmhais, mar dìmeasaidh agus gluasadan airgead calpa gu cunntasan ionmhasail, nach eil a' gabhail a-steach gluasad airgid. Air bunait cunntasachd airgid, chosg an Coimisean £0.093M (2020/21 Còrr £0.098M) a bharrachd air an tarraing a-nuas Tabhartas-mar-Chobhair airson na bliadhna. Chan eil seo a' riochdachadh easbhaidh airgid agus tha e a' buntainn ri caiteachas dealbhaichte a thaobh pròiseactan a chaidh a ghealltainn tro 2020/21 ach nach robh air tòiseachadh gu ruige 2021/22. Chaidh an caiteachas a choileanadh bho mhaoineachadh air a tharraing a-nuas ann an 2020/21 air an adhbhar seo.

B' e caiteachas-obrachaidh Iomlan 2021/22 £3.316M (2020/21 £3.060M). Tha an caiteachas seo ga chòmhdachadh às an Tabhartas-mar-Chobhair a-mhàin. Tha Coimisean na Croitearachd air obrachadh taobh a-staigh Tabhartas-mar-Chobhair airson na bliadhna 2021/22.

Gheibhear barrachd fiosrachaidh mu chaiteachas a' Choimisein air luchd-obrach, Coimiseanair is obrachadh dhan 31 Màrt 2022 ann an nota 2 (duilleag 88) de na cunntasan seo.

Peinneanan

Faodaidh buill luchd-obrach a' Choimisein a bhith nam buill de Phrìomh Sgeama Peinneanan nan Seirbheisean Catharra. Gheibhear fios mun sgeama agus fios mu làn-chòraichean pheinneanan luchd-stiùiridh a' Choimisein san Aithisg air Ìocadh (Duilleag 65) agus nota 1.5 (Duilleag 85) de na cunntasan seo.

Cìsean gun Sgrùdadh

Tha Àrd-neach-sgrùdaidh na h-Alba air Deloitte LLP a fhadhadh mar luchd-sgrùdaidh. Tha fios mu chìsean an sgrùdaidh don bhliadhna gu 31 Màrt 2022 ga nochdadh ann an nota 2 (Duilleag 88) de na cunntasan. Cha deach Deloitte LLP fhadhadh no a phàigheadh airson obair sam bith nach do bhuin ri sgrùdadh tron bhliadhna.

Aithris mu Dhleastanasan an Oifigeir Chunntachail

A rèir earrann 19(4) de dh'Achd an Ionmhais Poblach is Cunntalachd (Alba) 2000 agus Pàipear-taice 1 paragraf 19 de dh'Achd nan Croitearan (Alba) 1993 mar a chaidh atharrachadh, tha Ministearan na h-Alba air stiùireadh a thoirt dhan Choimisean aithris mu chunntasan ullachadh airson gach bliadhna ionmhasail anns a' chruth agus a rèir mar a tha ann an Stiùireadh nan Cunntasan a chuir Ministearan na h-Alba a-mach.

Tha na cunntasan gan ullachadh air bunait tàrmachaidh agus feumaidh iad sealladh fìor is ceart air cùisean a' Choimisein agus air a theachd a-steach agus a chaiteachas, cleachdadh ghòireasan, atharrachaidhean ann an ionannachd luchd-pàighidh chìsean agus sruthan-airgid airson na bliadhna ionmhasail a nochdadh.

Ann a bhith ag ullachadh nan cunntasan, feumaidh an t-Oifigeir Chunntachail cumail ri feumalachdan Leabhar-làimhe an Riaghaltais mu Aithisgean Ionmhasail (FRem) agus gu sònraichte ri:

- cumail ri Stiùireadh nan Cunntasan a chuir Ministearan na h-Alba a-mach, agus na feumalachdan buntainneach mu chunntasachd is nochdadh, agus na poileasaidhean iomchaidh mu chunntasachd a chur an sàs air bonn co-chòrdail
- breitheanas is measadh a ghabhail air bunait reusanta
- cur an cèill a bheilear air leantainn ris na h-inbhean iomchaidh mu chunntasachd mar a tha ann an FRem, agus fiaradh sam bith sna cunntasan a nochdadh is a mhìneachadh; agus
- na cunntasan ullachadh mar ghnòthach leantainneach.

Tha Ceannard Catharra agus Prìomh Oifigeir Chunntachail Riaghaltas na h-Alba air Ceannard Choimisean na Croitearachd a chur an dreuchd mar Oifigeir Chunntachail.

Aithris leis an Oifigeir Chunntachail

Mar Oifigeir Chunntachail, tha uallach orm airson riaghailteachd agus freagarrachd an ionmhais phoblach dha bheil uallach orm, airson clàran ceart a chumail agus airson so-mhain a' Choimisean a dhìon, mar a tha air a mhìneachadh anns a' Mheòrachan gu Oifigearan Chunntachail airson Pàirtean de Rianachas na h-Alba a chuireadh a-mach le Ministearan na h-Alba.

Foilseachadh Fiosrachaidh don Luchd-sgrùdaidh

Mar Oifigeir Chunntachail, cho fad 's is aithne dhomh, chan eil fiosrachadh buntainneach mu sgrùdadh air nach eil neach-sgrùdaidh a' Choimisein air an taobh a-muigh mothachail. Tha mi air gach ceum reusanta a ghabhail gus mi fhìn a dhèanamh mothachail air fiosrachadh buntainneach sam bith mu sgrùdadh agus gu dèanamh cinnteach gu bheil neach-sgrùdaidh a' Choimisein air an taobh a-muigh mothachail air an fhiosrachadh.

Dearbhadh an Oifigeir Chunntachail air an Aithisg Bhliadhnail agus Cunntasan

Mar Oifigeir Chunntachail, tha mi a' dearbhadh gu bheil an aithisg bhliadhnail is na cunntasan còmhla ceart, cothromach is so-thuigsinn agus tha mi a' gabhail uallach pearsanta airson na h-aithisg bliadhnail agus gu bheil am breitheanas a tha a dhìth gus sin obrachadh a-mach ceart, cothromach is so-thuigsinn.

Aithris mu Riaghladh

Cùl-fhiosrachadh

Tha an Aithris mu Riaghladh Corporra a' clàradh maorsainneachd a' Choimisein agus a' cur mar leasachadh an Aithisg Bhliadhnail agus Cunntasan. Tha an aithris seo cuideachd a' toirt còmhla aithrisean mu shuidheachadh is fianais air riaghladh, rianachd is smachd air gàbhadh, gus innleachd-aithris sho-leantainn is cho-chòrdail a thoirt seachad.

Raon Uallaich

Mar Oifigear Cunntachail, tha e an urra rium rian is smachd air an taobh a-staigh a chumail a chuidicheas gus poileasaidhean, amasan is cinn-chrìche na buidhne, air an deachdadh le Ministearan na h-Alba, a thoirt gu buil agus a' mhaoin phoblach a tha an urra rium fhèin a dhìon, a rèir nan dleastanasan ann am **"Meòrachan an Oifigeir Chunntachail"**.

Ann an coileanadh mo chuid dhleastanasan pearsanta, nì mi cinnteach gun gèill a' bhuidheann ri Leabhar-làimhe an Riaghaltas mu Ionmhas Poblach. Tha an Leabhar-làimhe ga chur a-mach le Ministearan na h-Alba gus stiùireadh a thoirt do Riaghaltas na h-Alba agus do bhuidhnean buntainneach eile mu làimhseachadh maoin phoblach mar as còir. Tha e a' nochdadh nam feumalachdan reachdail, pàrlamaideach is rianachd a tha a' buntainn, a' cur cuideim air an fheum air eaconamaidh, tàbhachd is èifeachd, agus a' cur air adhart deagh-chleachdaidh agus ìrean àrda de ghiùlan ceart.

Chaidh an Sgrìobhainn Frèama againn, a tha mar an aonta againn le Riaghaltas na h-Alba, agus a' nochdas an càirdeas againn air a foillseachadh air an làrach-lìn againn. www.crofting.scotland.gov.uk

Sgrùdadh Taobh a-Muigh Aithris mu Riaghladh is Follaiseachd

As t-Earrach 2021 cho-dhùn ar neach-sgrùdadh bhon taobh a-muigh gum biodh e iomchaidh leud an sgrùdadh bhliadhnail aca a dhèanamh nas fharsainghe gus fa-near a thoirt gu sònraichte dhan taobh den sgrùdadh 'riaghladh agus follaiseachd'. Chuireadh crìoch air an aithisg air 28 Cèitean 2021 agus gheibhear e tron cheangal làraich-lìn a chaidh ainmeachadh gu h-àrd.

Aithisg Sgrùdadh san Fharsaingeachd: Riaghladh Follaiseachd (www.audit-scotland.gov.uk)

Nochd an aithisg grunn raointean a bha feumach air leasachadh gus am bithear cinnteach gu bheil an siostam smachd air an taobh a-staigh fhathast iomchaidh.

Chaidh seo a bheachdachadh air le Sgrùdadh Alba agus anns an Dàmhair 2021 chaidh aithisg¹ Earrann 22 a chur a-mach le Àrd-neach-sgrùdadh na h-Alba gus aire Riaghaltas na h-Alba a thoirt do laigsean brìghmhor ann an ceannas agus rèiteachaidhean riaghlaidh a' Chomisein. Lorgar an aithisg an seo:

Sgrùdadh Coimisean na Croitearachd 2020/21 (www.audit-scotland.gov.uk)

Chuir an Comataidh Sgrùdadh Phoblaich taobh a-staigh Riaghaltas na h-Alba aithisg a-mach an dèidh làimhe anns a' Ghearran 2022 a' cur a-mach prìomh sgrùdaidhean-sùla, molaidhean agus co-dhùnaidhean a' Chomataidh air na cùisean air an comharrachadh anns an aithisg Earrann 22. Lorgar an aithisg an seo:

Sgrùdadh 2020/21 air Coimisean na Croitearachd (www.parliament.scot)

Tha Comataidh a' Bhùird, Sgrùdadh Ionmhais aig a' Choimisean (AFC) agus SMT air modh-obrach for-ghnìomhach a ghabhail gus na molaidhean ann an aithisg ar neach-sgrùdadh air an taobh a-muigh a chur an gnìomh. Gheibhear fiosrachadh a bharrachd agus ceangail ri ar Plana Leasachaidh anns an earrann 'Fiosrachadh às ùr air Cùisean Susbainteach Riaghlaidh' den Aithris mu Riaghladh.

1 Tha aithisgean Earrann 22 air an ullachadh leis an Àrd-neach-sgrùdadh ma tha draghan no cùisean sònraichte sam bith air an togail anns an sgrùdadh a rinneadh air tè de na buidhnean poblach air a bheil e an urra. Tha seo ga dhèanamh fo Earrann 22 de dh'Achd Ionmhais agus Cunntalachd Poblach (Alba) 2000.

Frèam Riaghlaidh Am Bòrd

Tha an Neach-Gairm a' stiùireadh a' Bhùird, agus tha an t-Àrd-oifigear a' stiùireadh SMT a' Choimisein.

Tha am Bòrd air a dhèanamh suas le 9 Coimiseanairean, às a bheil 6 air an taghadh le croitearan clàraichte, agus 3 air an cur an dreuchd le Riaghaltas na h-Alba. Tha an Neach-gairm ga thaghadh bho thaobh a-staigh a' Bhùird le Rùnaire a' Chaibineit airson Gnothaichean Dùthchail agus nan Eilean.

Gheibhear tuilleadh fiosrachaidh mu na Coimiseanairean air duilleagan 46 gu 47.

Is e obair a' Bhùird ceannas ro-innleachdail a thoirt don bhuidhinn, poileasaidh a threòrachadh agus uallach a ghabhail airson nan co-dhùnaidh airson nan cùisean as cudromaiche no as connspaidiche. Tha Coimiseanairean a' nochdadh an t-suidheachaidh aca a thaobh poileasaidh le bhith a' cur Plana Poileasaidh gu Ministearan na h-Alba. Tha iad cuideachd a' coimhead thairis air a' bhuidhinn agus tha an Ceannard cunntachail dhaibh airson a dèanadais.

Tron bhliadhna, ghabh am Bòrd caochladh ghniomhan cudromach os làimh:

- Chumadh sùil gheur air a' chàrn-obrach sior-fhàs ann a bhith a' làimhseachadh tagraidhean riaghlaidh, a dh'fhàs na bu mhiosa mar thoradh air ìre àrd de thionndadh luchd-obrach; agus thugadh òrdughan do luchd-sgrùdaidh prìomhachas a chur air seirbheis do luchd-cleachdaidh
- Air coinneachadh dà thuras ri Rùnaire a' Chaibineit airson Gnothaichean Dùthchail agus Eileanan, air a chur an dreuchd o chionn ghoirid, an toiseach gus bruidhinn mu dhraghan mu riaghladh agus ceannas a' Choimisein, agus mu dheireadh gus an lèirsinn aca airson teachd saoghail chroitearachd agus a riaghladh a thoirt seachad
- Air freagairt co-òrdanachadh ri molaidhean an sgrùdaidh bhon taobh a-muigh bhon Chèitean 2021 air riaghladh a' Choimisein, le 38 às na 41 molaidhean air an cur an gnìomh ron Mhàrt 2022, nan lùib cead a' Bhùird airson atharrachaidhean air an Sgrìobhainn Frèam-obrach agus Gnàth-riaghailtean a' Choimisein
- Air dà latha thrèanaidh air riaghladh a ghabhail os làimh, le luchd-stiùiridh agus buill an sgioba Urrasachd

- Air poileasaidhean aontachadh air leasachadh an t-Siostam Fiosrachaidh Croit in-taigh aig a' Choimisean, mar fhreagairt ri aithisg sgrùdaidh bhon taobh a-staigh aig Azets bhon Mhàrt 2021
- Air an t-sònrachadh aontachadh airson ath-sgrùdaidh neo-eisimeileach air cosnadh luchd-obrach a' Choimisein; air beachdachadh air na toraidhean aige sin; air Cùis Gnothachais a leasachadh airson cosnadh leasaichte de luchd-obrach mar thoradh air an ath-sgrùdadh seo agus beachdachaidhean eile; agus air a' Chùis Gnothachais seo a chur a-steach do Riaghaltas na h-Alba
- Thugadh sùil air adhartas air siostam thagraidhean air-loidhne a leasachadh tron bhliadhna, a' crìochnachadh leis na ciad sheòrsaichean de thagradh a' dol beò anns a' Mhàrt 2022
- Air tighinn dhan cho-dhùnadh am Brath Bliadhnail (cunntas) 2021 a dhèanamh air-loidhne, agus ceisteachain leasachail a chur ris gus tuilleadh fiosrachaidh fhaighinn air cleachdadh chroitean
- Air beachdachadh air aithris comhairleachaidh air ro-innleachd conaltraidh nas fheàrr dhan Choimisean
- Air an tiomnadh de cho-dhùnaidhean a leasachadh do dh'oifigearan, a' gabhail a-steach a' chiad tiomnadh de dhiùltaidhean taobh a-staigh crìochan soilleir
- An dèidh taghadh a' Mhàirt 2022, rinneadh còmhradh tòiseachaidh mu Phlana Poileasaidh ùraichte, anns an aon mhìos.

Sa Mhàrt 2022, ghabh am Bòrd ath-bhreithneachadh air èifeachdalachd fhèin os làimh. Bha an t-ath-bhreithneachadh seo stèidhichte air deagh-chleachdadh ann an '*On Board – A Guide for Board Members of Public Bodies in Scotland*' agus a chaidh fhoillseachadh mar cheisteachan fèin-mheasaidh a lìon gach Ball den Bhòrd a-steach gu neo-eisimeileach.

Measaidh Comataidh Sgrùdadh is Ionmhas a' Choimisein air toraidhean an ath-bhreithneachaidh seo air èifeachd anns a' phlana-obrach airson 2022/23 gus fios fhaighinn a bheil raointean den riaghladh far a bheil feum air ath-bhreithneachadh no soilleireachadh.

'S e adhbhar pròiseas sgrùdadh fèin-mheasadh nan Coimiseanairean, cuir ri leasachadh leantainneach air co-dhùnaidhean, èifeachdachd is dèanadas a' Choimisein.

Tha am Bòrd a' gealltainn àrd-inbhean de riaghladh corporra agus e den bheachd gun cruthaich cruth daingeann riaghlaidh buidheann shoibheachail. Rè 2021/22 ghabh am Bòrd os làimh seiseanan trèanaidh bùth-obrach còmhla ri Meur Urrasachd Riaghaltas na h-Alba agus SMT a' Choimisein a bha a' cuimseachadh air raointean sònraichte de na thathar a' meas dùbailteachd anns an stiùireadh 'Air Bòrd', an Sgrìobhainn Frèam-obrach agus prìomh sgrìobhainnean riaghlaidh eile taobh a-staigh a' Choimisein. Chaidh na co-dhùnaidhean a chlàradh an dèidh sin ann an Sgrìobhainn Frèam-obrach ùraichte a chaidh fhoillseachadh anns an Fhaoilleach 2022.

Gheibhear Còd-Giùlain a' Bhùird air làrach-lìn a' Choimisein.

www.crofting.gov.uk

Tha am Bòrd ga chuideachadh le Comataidh Sgrùdaidh is Ionmhais.

Comataidh Sgrùdaidh is Ionmhais

Tha am Bòrd a' cur an dreuchd triùir Choimiseanairean gu Comataidh Sgrùdaidh is Ionmhais. Coinnichidh a' Chomataidh 4 tursan sa bhliadhna le coinneamhan a bharrachd ma bhios feum.

Tha tuilleadh fiosrachaidh mu Buill Chomataidhean ri fhaotainn air duilleagan 46 gu 47.

Tha dleastanas Achd 2010 airson an Neach-gairm a bhith sa chathair air a' Chomataidh "ma thathas an làthair" aig coinneamhan a' Bhùird a' dol an aghaidh stiùireadh deagh chleachdadh a chuir Riaghaltas na h-Alba san SPFM, Leabhar-làimhe na Comataidh Sgrùdaidh agus *On Board*. Gus gèilleadh an dà chuid ri Achd 2010 agus don stiùireadh mu dheagh-chleachdadh, chuir an Coimisean Iar-neach-gairm an dreuchd air a' Chomataidh agus cha bhi an Neach-Gairm a' frithealadh coinneamhan na Comataidh. Tha Meur Urrasachd Riaghaltas na h-Alba aig a' Choimisean air aontachadh mun t-suidheachadh seo a dhearbhadh.

Tha fiachadh gu luchd-sgrùdaidh an taobh a-muigh agus a-staigh a bhith an làthair aig a h-uile coinneamh den AFC. Tha cothrom aca bruidhinn ann an dìomhaireachd ri buill a' Chomataidh. Is e adhbhar na h-AFC sùil a chumail agus ath-sgrùdadh a dhèanamh air gàbhadh, smachd is riaghladh chorporra. Tha i ag obrachadh gu neo-eisimeileach agus a' toirt aithisgean dhan Bhòrd.

Gheibhear cumhaichean iomraidh na h-AFC bho làrach-lìn a' Choimisein.

www.crofting.scotland.gov.uk

Neach-gairm Coimisean na Croitearachd

Tha an Neach-gairm cunntachail do Mhinistearan na h-Alba às leth a' Choimisein gus a bhith cinnteach gun cuidich poileasaidhean is gnìomhan a' Choimisein gus gnìomhan reachdail agus na poileasaidhean aig Ministearan na h-Alba san fharsaingeachd a libhrigeadh; agus gun tèid gnothach a' Choimisein a ghiùlan mar as còir. Tha uallach airson nan cùisean corporra airson a' Bhùird air a bheil iomradh gu h-àrd air a' Bhòrd agus gu sònraichte gus dèanamh cinnteach gun coilean an Coimisean na h-amasan agus targaidean a chuir Ministearan na h-Alba a-mach.

Gheibhear barrachd fiosrachaidh mun Neach-ghairm air duilleagan 46 gu 47.

Sgioba nan Àrd-luchd-stiùiridh

Bidh SMT a' tachairt gu bitheanta ri agus a' toirt taic dhan Oifigear Cunntachail na dhleastanas airson gnìomhan reachdail agus amasan ro-innleachdail a' Choimisein a libhrigeadh. Is iad an SMT an Neach-stiùiridh agus ceannard ceann gach raon-obrachaidh. Tha an Luchd-stiùiridh a' gealltainn àrd inbhean de riaghladh corporra agus bidh iad a' feuchainn stiùireadh ro-innleachdail agus an àrainneachd smachd a dh'fheumas gus prìomh amasan a' Choimisein a libhrigeadh.

A' leantainn air an sgrùdadh taobh a-muigh againn a thaobh Riaghladh agus Follaiseachd, rinneadh ath-sgrùdadh air structar an SMT agus thèid a sgioblachadh, air a dhèanamh de Stiùiriche Obrachaidhean agus Poileasaidh, Stiùiriche Seirbheisean Corporra, Neach-lagha a' Choimisein agus an t-Àrd-oifigear. Ron sin tha an SMT air prògram leasachaidh a thòiseachadh gus sgilean ceannais a neartachadh gus ceannas èifeachdach a dhion aig ìre obrachaidh. Tha seo a-nis na nì mhìosail air a' chlàrgnothaich airson leasachadh proifeasanta leantainneach SMT.

Gheibhear barrachd fiosrachaidh mun Luchd-stiùiridh air duilleag 48.

Frèam Ghàbhaidhean is Smachd

Feumaidh a h-uile buidheann fo fheumalachdan an Fhrèama ro-innleachd rianachd ghàbhaidhean obrachadh a rèir an stiùiridh bhuntainnich a thug Ministearan na h-Alba seachad.

Tha an innleachd ghàbhaidhean is smachd stèidhichte air a' mhodh-obrach leantainneach aig a bheil e mar amas prìomh ghàbhaidhean an aghaidh poileasaidhean, amasan agus targaidean a' Choimisein a choileanadh; gus measadh a dhèanamh air nàdar agus meud nan gàbhaidhean sin agus an riaghladh gu h-èifeachdach, gu tàbhachdach agus eaconamach.

Tha clàr ghàbhaidhean ro-innleachdail agus obrachaidh aig a' Choimisean a chlàraicheas gàbhaidhean air an taobh a-staigh is an taobh a-muigh agus a chomharraicheas na gnìomhan maothachaidh a tha a dhìth gus an cunnart gun tachair na gàbhaidhean sin agus a' bhuidh a bheil iad a lùghdachadh. Tha an Ro-innleachd mu Rianachd Ghàbhaidhean agus Clàr nan Gàbhaidhean Corporra gan ùrachadh gu cunbhalach agus gan ath-bhreithneachadh mar ghnàth-mhìr an dà chuid leis an Luchd-stiùiridh agus le Comataidh Sgrùdaidh is Ionmhais. Tha a h-uile gàbhadh fa leth ga thoirt do neach fa leth a nì cinnteach gun dèanar gnìomh maothachaidh. San aon dòigh, sgrùdaidh an SMT Clàr nan Gàbhadh gu cunbhalach agus beachdaidh am Bòrd air co-dhiù ceithir turas gach bliadhna.

Tha am modh-obrach rianail agus structarail againn air riaghladh ghàbhaidhean air a dhealbhadh gus dearbhadh a thoirt seachad gu bheil na cothroman agus chunnartan an aghaidh a' Choimisein gan comharrachadh gu h-iomchaidh, gam meas agus gan riaghladh gu h-èifeachdach; agus tha am prìomh fiosrachadh uile air aithris do luchd-stiùiridh, dhan AFC agus dhan Bhòrd.

Tha leud ath-sgrùdaidh an taobh a-muigh air riaghladh agus follaiseachd air an fheum a chomharrachadh airson tuilleadh leasachaidh ann am measadh ghàbhaidhean agus chaidh seo a chur an gnìomh taobh a-staigh na bliadhna aithris le trèanadh sònraichte air a libhrigeadh aig ìre a' Bhùird agus SMT a chuidich le ath-sgrùdadh farsaing air na clàran gàbhaidh.

Tha an Coimisean bhuidh grunn chunnartan agus mhi-chinnt. Chìthear na gàbhaidhean as cudromaiche a thathar a' meas as buntainniche do dhèanadas a' Choimisein tron bhliadhna gu 31 Màrt 2022 air duilleag 11.

Bidh Coimisean na Croitearachd a' leantainn poileasaidh Riaghaltas na h-Alba mu Thèarainteachd Fiosrachaidh agus tha SIRO ann an dreuchd gus fios mu ghàbhaidhean a rianachd.

Tha na pròiseasan riaghlaidh, gàbhaidh agus smachd a tha air an cur an gnìomh taobh a-staigh a' Choimisein a rèir a chaidh a thoirt seachad anns an SPFM agus tha iad air a bhith an àite airson na bliadhna a thàinig gu crìch 31 Màrt 2022 agus gu ruige ceann-latha aonta na h-aithisge agus cunntasan bliadhnail.

Ath-bhreithneachadh air Èifeachdachd air Smachd air an Taobh a-Staigh agus Rianachd air Gàbhadh

Mar Oifigear Cunntachail, tha uallach orm ath-bhreithneachadh air èifeachdalachd air siostam an riaghlaidh air an taobh a-staigh agus ullachaidhean mu rianachd air gàbhadh. Tha an t-ath-bhreithneachadh agam air a bhonntachadh air:

- 1) Litrichean-geallaidh le liosta de na rudan air an smachd air an taobh a-staigh, air aontachadh leis an SMT gu bheil an smachd a' soirbheachadh agus ma tha iomchaidh a' cur raointean far a bheil dragh ann an cèill
- 2) Obair luchd-sgrùdaidh bhon taobh a-staigh, a bhios a' cur a-steach aithisgean cunbhalach gu AFC a' Choimisein (tha seo a' gabhail a-steach am beachd neo-eisimeileach agus neo-phàirteach aca air iomchaidheachd agus èifeachdas siostaman in-smachd a' Choimisein còmhla ri molaidhean airson leasachaidh)
- 3) Beachdan a nochd luchd-sgrùdaidh air an taobh a-muigh nan aithisgean sgrùdaidhean;
- 4) An aithisg bhliadhnail a bheil Iar-chathraiche Chomataidh Sgrùdaidh is Ionmhais don Bhòrd, le fios mionaideach air obair na comataidh sin rè na bliadhna;
- 5) Plana Leasachaidh an Riaghlachais a thugadh a-steach rè na bliadhna aithris
- 6) Ath-bhreithneachadh gach ràithe le Comataidh Sgrùdaidh is Ionmhais air clàr nan gàbhaidhean aig a' bhuidhinn agus obair an sgrùdaidh air an taobh a-staigh gus èifeachdachd ullachaidhean rianachd air gàbhadh a mheas; agus

- 7) Litrichean-dearbhadh bho Dhualchas Nàdair na h-Alba agus Riaghaltas na h-Alba a bheir co-mhaoineachadh agus seirbheisean thuarastail/HR mu seach do Choimisean na Croitearachd.

Tron bhliadhna agus suas gu ruige soidhnigeadh nan cunntasan, chaidh na h-ullachaidhean a leanas mu riaghladh a chur an sàs:

- Fhuair sinn agus fhreagair sinn sgrùdadh taobh a-muigh air riaghladh agus follaiseachd agus aithisg cho-cheangailte Earrainn 22 (faic gu h-ìosal)
- Stèidhich sinn pròiseasan riaghlaidh nas fheàrr airson leasachadh in-thaigh an CIS, mar fhreagairt ri sgrùdadh taobh a-staigh anns a' Mhàrt 2021 (faic gu h-ìosal).
- A bharrachd air an dà iomairt mhòr seo, am measg leasachaidhean riaghlaidh eile:
 - Dh'aontaich sinn poileasaidh eadar-amail air obrachadh measgaichte leis an roinn HR againn ann an Riaghaltas na h-Alba agus le riochdairean luchd-obrach a' gabhail a-steach Anaidhean Ciùird
 - Ghluais an CIS agus prìomh shiostaman eile chun sgòth, agus thug sinn a-steach Virtual Desktops gus taic a thoirt do dh'obair aig astar nas èifeachdaiche agus nas earbsaiche
 - Leasaich sinn siostam tracaoidh dhealanaich ùr gus taic laghail agus riaghlaidh a cho-òrdanachadh a chur ri obair-cùise
 - Leasaich sinn ar fiosrachadh cunbhalach mu stiùireadh coileanaidh gus sùil nas fheàrr a chumail air a' chàrnadh-obrach de dh'obair-cùise
 - Dh'ùraich sinn ar planaichean trèanaidh airson Choimiseanairean, air thoiseach air ùrachadh ballrachd a' Bhùird anns an taghaidhean a' Mhàirt 2022.

Leanaidh an Coimisean air ath-sgrùdadh a dhèanamh air an t-siostam in-smachd agus stiùireadh ghàbhaidhean gus dèanamh cinnteach gun lean seo air adhart a' toirt seachad gealltanais reusanta a thaobh a dhleastanasan fo Achd nan Croitearan (Alba) 1993.

COVID-19

Tha sinn air sior-leantainn oirnn a' beachdachadh air na cunnartan an lùib a' ghalair lèir-sgaoilte Covid-19 an aghaidh feumalachdan obair a' Choimisein a chumail a' dol gus am measar gu bheil an galair seachad.

Tha sinn air dòighean-obrach ùra a leasachadh, leithid coinneamhan a chumail air-loidhne, agus ann am barrachd feum de dh'fhuasglaidhean IT co-obrachail, agus tro obair air astar, le cleachdadh oifis air a chumail cho ìosal sa ghabhas. Leig seo leis a' Bhòrd agus an luchd-obrach cumail a' dol a "choinneachadh" agus obair anns an dòigh as àbhaistich 's a ghabhas aig amannan gu math mì-chinnteach. Tha sinn cuideachd air modhan agus smachdan atharrachadh gus leigeil leinn cumail a' dol ag obair ann an dòigh èifeachdach agus sàbhailte.

Thathar air prìomh mhaoin ma thachras èiginn didseatach (ionnsaigh, bathar-èirig) a chomharrachadh, agus air suidheachaidhean ath-bheothachaidh mòr-thubaist a dhealbhadh aig dà ìre de mhiosad. Chaidh iad seo a chur gu deuchainn agus chaidh a dhearbhadh gu bheil iad làn èifeachdach. Tha aonta foirmeil aig a' Choimisean le com-pàirtiche ath-bheothachaidh mòr-thubaist ma bhios èiginn sìobar ann.

Bidh coinneamhan sgioba cunbhalach a' gabhail àite air astar aig ìrean Ceannaird/SMT/Luchd-stiùiridh Shreathach agus sgioba. Thathar a' brosnachadh co-obraichean gu for-ghnìomhach conaltradh a chumail richèile agus tha seo air a chomasachadh gu mòr le coinneamhan air-loidhne le 'Microsoft Teams'. Mar a bha ceadaichte, agus nuair a bha e ceadaichte, taobh a-staigh riaghailtean glasaidh Riaghaltas na h-Alba, choinnich grunn luchd-obrach airson coinneamhan gu pearsanta.

Claonaidhean ann an Obair-cùise gun Fhuasgladh

Thòisich sinn air a' bhliadhna le càrnadh nach bu bheag de thagraidhean riaghlaidh a' feitheamh co-dhùnadh fhathast. Bhon t-samhradh 2021 bha tionndadh de luchd-obrach cùise againn a bha na b' àirde na an àbhaist, agus mar thoradh dh'fhàs an càrnadh na bu mhiosa tron bhliadhna, ga dhèanamh mì-chomasach na slatan-tomhais àbhaisteach againn de sheirbheis do luchd-cleachdaidh a chumail suas agus a' togail ìre nas àirde de ghearanan. Bha am Bòrd agus an luchd-stiùiridh soilleir gum feumadh glèidheadh agus mu dheireadh lùghdachadh a' chàrnaidh a bhith mar phrìomhachas, agus fhreagair sinn le bhith a' toirt ùine luchd-obrach air iasaid bho sgiobaidhean eile, a' cur ann an cosnadh, a' trèanadh luchd-obrach ùra, agus a' simpleachadh mhodhan-obrach far an robh sin comasach. Ro dheireadh na bliadhna bha an ìre de chrìochnachadh chùisean air dhol air ais dhan àbhaist, ach bha an càrnadh fhathast àrd.

Rè an ama seo, chaidh Glen Shuraig Consulting fhastadh leis a' Choimisean gus ath-sgrùdadh a dhèanamh air feumalachdan luchd-obrach na buidhne. Chaidh a chomharrachadh leis an aithisg aca, a fhuair anns an t-Sàmhain 2021, gu bheil obair-cùise a' Choimisein gu sònraichte fosgailte do tionndadh luchd-obrach, oir tha e a' toirt 12-18 mìosan gus luchd-ionaid a thrèanadh ann an iom-fhillteachd phròiseasan riaghlaidh croitearachd. Chaidh a mholadh leis an ath-sgrùdadh gum feumadh meud an sgioba Riaghlaidh a mheudachadh anns an ùine fhada, gus seasmhachd a thoirt seachad an aghaidh call luchd-obrach anns an ùine air toiseach; agus fo ùmhlachd meudachadh a *bharrachd* anns an gheàrr gus comas a thoirt ann a bhith a' lùghdachadh a' chàrnaidh. Mhol iad cuideachd tasgadh nas fheàrr a dhèanamh ann an leasachadh phròiseasan gus an obair riaghlaidh a sgioblachadh far a bheil sin comasach. Tha maoinachadh tèarainte aig a' Choimisean a-nis bho Riaghaltas na h-Alba agus tha e a' leantainn na ro-innleachd 3 thaobhach seo gus cuir às do chàrnaidhean obair-cùise anns a' bhliadhna ri thighinn.

Dearbhadh

Leanaidh sinn leis a' phròiseas riaghlaidh seo agus ath-sgrùdadh planadh leantainneachd gnothachais tro 2022/23. Cumaidh sinn oirnn a' sgrùdadh buaidh a' ghalair mar a thèid an ùine air adhart agus nì sinn cinnteach gu bheil sinn seasmhach a thaobh ionmhais

agus gu bheil na goireasan gu lèir againn gus ar planaichean airson 2022/23 a lìbhrigeadh, dìreach mar a chumas sinn oirnn a' sgrùdadh agus ag atharrachadh theicneòlasan agus chleachdaidhean ùra gus ar freagairt don ghalar a cuideachadh. agus an gluasad cultarach gu cleachdaidhean obair ioma-dhòigheach.

Stèidhichte air na dearbh-bheachdan gu h-àrd, agus air smachdan stèidhichte bhon taobh a-staigh, tha mi riarraichte gun robh an obair san fharsaingeachd de riatanasan riaghlaidh a' Choimisein riarachail airson na bliadhna ionmhasail 2021/22, a' gabhail feart gum feumar dèiligeadh ri grunn chùisean a thogadh san sgrùdadh Riaghladh is Follaiseachd a chaidh dèiligeadh riutha tron bhliadhna aithris.

Riaghailtean Strì Eadar Com-pàirtean

Tha modhan teann agus coileanta aig a' Choimisean gus dèiligeadh ri strì eadar com-pàirtean a dh'fhaodadh èirigh. Tha an Coimisean a' taisbeanadh Clàr nan Com-pàirtean aig Coimiseanairean air an làrach-lìn aige. Tha seo ga ath-sgrùdadh gu foirmeil gach bliadhna ach bheir Coimiseanairean ùrachadh do dh'Oifigear nan Inbhean aig a' Choimisean mar a dh'èireas iad no an taobh a-staigh 4 seachdainean an dèidh atharrachaidh sam bith, air a' char as fhaide. Faodar an Clàr Ùidhean fhaicinn air ar làrach-lìn. www.crofting.scotland.gov.uk

Bidh Coimiseanairean a' clàradh strì sam bith eadar com-pàirtean a dh'fhaodadh èirigh aig toiseach gach coinneimh le Bòrd a' Choimisean agus gan toirt fhèin às an làthaireachd bho cho-dhùnaidhean anns a bheil ùidh aca. Tha na h-aithrisean seo gan clàradh ann an geàrr-chunntas na coinneimh. Bidh luchd-obrach cuideachd a' Clàradh Com-pàirtean gach bliadhna agus tha poileasaidh Strì eadar Com-pàirt a' Choimisein air ath-sgrùdadh gach bliadhna.

Sgrùdadh air an Taobh a-Muigh

Chuir Àrd-neach-sgrùdaidh na h-Alba Deloitte LLP an dreuchd an toiseach mar luchd-sgrùdaidh air an taobh a-muigh dhan Choimisean fad còig bliadhna bho 1 Giblean 2016. Chaidh an dreuchd sgrùdaidh a leudachadh aon bhliadhna mar thoradh air a' mhì-chinnt leantainneach a dh'èirich bhon ghalar mhòr-sgaoilte COVID-19. Tha seo a' ciallachadh gur e a' bhliadhna mu dheireadh fon t-siostam fastaidh gnàthach a-nis bliadhna sgrùdaidh 2021/22. 'S e sgrùdaire a' Choimisein airson nam bliadhnaichean ionmhasail 2022/23 gu 2026/27 Sgrùdadh Alba.

Sgrùdadh air an Taobh a-Staigh

Tha gnìomh an sgrùdadh air an taobh a-staigh na phàirt deatamach de shiostam an riaghlaidh air an taobh a-staigh. An dèidh cothrom tairgseachaidh a chaidh a dhèanamh tro Public Contracts Scotland, chaidh Azets Audit Ltd ath-shuidheachadh mar neach-sgrùdadh taobh a-staigh a' Choimisein airson na h-ùine ceithir bliadhna 2019-2023. Chaidh ro-innleachd agus plana airson 2021/22 ullachadh airson beachdachadh air agus aontachadh leis an AFC aig a' choinneimh aige air 28 Giblean 2021.

Ìrean barantas solarachaidh ann am beachdan aithisgean an sgrùdadh an taobh a-staigh

Chaidh an dà sgrùdadh taobh a-staigh a leanas a ghabhail os làimh rè 2021/22:

Measadh Sgrùdadh air an Taobh a-Staigh	Seòrsachadh Aithisg
Planadh Ionmhasail Sgrùdadh	Cunnart cuibhrichte
Obair bhon Taigh	Cunnart meadhanach

Chaidh toraidhean an sgrùdadh air an taobh a-staigh fhoillseachadh anns na h-aithisgean fa leth a chuireadh a-mach tron bhliadhna dhan SMT agus AFC. Thathar air molaidhean san sgrùdadh air an taobh taigh a chur ann an aithisg air adhartas a tha mar dhearcnachadh le Comataidh Sgrùdadh is Ionmhais mar ghnàth-mhìr aig a cuid choinneamhan ràitheil.

Gach bliadhna bidh an fheadhainn a nì an Luchd-sgrùdadh air an Taobh a-Staigh a' toirt seachd aithisg bhliadhna anns a bheil beachd air siostam an riaghlaidh air an taobh a-staigh. Is e am beachd a tha ann airson na bliadhna 2021/22:

“Nar beachd-ne tha frèam-obrach smachd an sàs aig Coimisean na Croitearachd a bheir dearbhachd reusanta mu in-smachd na buidhne, coileanadh èifeachdach agus èifeachdail de dh'amasan, agus riaghladh de phrìomh chunnartan am broinn na raointean a chaidh a sgrùdadh.

Ach, anns a' Chèitean 2021 bha Coimisean na Croitearachd fo ath-sgrùdadh foirmeil air na h-ullachaidhean riaghlaidh aige leis an luchd-sgrùdadh air an taobh a-muigh, air an cur an dreuchd le Sgrùdadh Alba, agus chaidh cùisean a chomharrachadh le

ceannardas agus riaghladh a' Choimisein. Mar sin, gus am bi làn iar-sgrùdadh air na molaidhean sgrùdadh air an taobh a-muigh air a choileanadh, chan urrainn dhuinn barantas reusanta a thoirt seachad air frèam-obrach riaghlaidh na buidhne air fad.”

Fiosrachadh às ùr air Cùisean Susbainteach Riaghlaidh

• Riaghladh is Follaiseachd

Anns a' Mhàrt 2021, cho-dhùin an neach-sgrùdadh bhon taobh a-muigh againn gun robh e iomchaidh farsaingeachd an sgrùdadh 2020/21 a leudachadh bho na chaidh a chur a-mach an toiseach anns a' Phlana Sgrùdadh a thugadh dhan AFC anns an Fhaoilleach 2021. Chaidh bruidhinn air an seo le Buidheann-sgrùdadh na h-Alba a thuir gum bu chòir do raon an sgrùdadh beachdachadh gu sònraichte air gnothaichean 'Riaghladh is Follaiseachd' taobh a-staigh a' Choimisein.

Thugadh an aithisg a dh'èirich às an ath-sgrùdadh seo don AFC air 1 Ògmhios 2021, agus an dèidh sin don Bhòrd air 3 Ògmhios 2021. Thog an aithisg grunn chùisean riaghlaidh, a bharrachd air molaidhean a dhèanamh air na gnìomhan a bha a dhith gus dèiligeadh riutha. Ghabh an Coimisean ris na molaidhean gu h-iomlan airson na h-aithisg seo airson na h-aithisg Earrainn 22 an dèidh làimhe agus ghabh e ri Plana Leasachaidh le fòcas air an cur an gnìomh.

Ron Mhàrt 2022, chuir an Coimisean an sàs 38 de na 41 molaidhean den aithisg-sgrùdadh bhon taobh a-muigh an gnìomh, ach a-mhàin 3 molaidhean a dh'fheumadh cuid den fheadhainn a leantainn. Am measg nam molaidhean nas cudromaiche a chuireadh an gnìomh gu soirbheachail tha:

- Bu chòir an Neach-gairm a bhith an lùib chonaltraidhean eadar Riaghaltas na h-Alba agus riaghladh a' Choimisein, mura h-eil iad dìreach mar an àbhaist
- Bu chòir cunntalachd fhoirmeil a bhith aig CEO a' Choimisein dhan Bhòrd, a dh'aindeoin nan ullachaidhean aithris aige/aice taobh a-staigh Riaghaltas na h-Alba.
- Bu chòir do Choimiseanairean a bhith soilleir gu bheil an dreuchd aca ro-innleachdail, seach obrachadh

- Gus na tha gu h-àrd a dhaingneachadh, tha soilleireachadh air a chur a-staigh ann an Sgrìobhainn Frèam-obrach ùraichte agus Gnàth-riaghailtean ath-sgrùdaichte; agus chaidh co-thrèanadh a ghabhail os làimh le Coimiseanairean, SMT agus ar Meur Sponsair Riaghaltas na h-Alba.
- Siostam measaidhean Choimiseanairean
- Soilleireachd air dè na cùisean a bhios a' dol dhan AFC agus na cùisean a bhios a' dol gu dìreach dhan Bòrd
- Planaichean trèanadh airson Coimiseanairean agus airson SMT
- Trèanadh airson a' Bhùird agus SMT air cunnart, agus ath-sgrùdadh air cruth agus susbaint nan clàran cunnairt
- Ath-sgrùdadh air feumalachdan a' Choimisein a thaobh luchd-obrach
- Anns na tha gu h-àrd, ath-sgrùdadh air structar SMT.

Faodar coimhead air lethbhreac den Phlana Leasachaidh air ar làrach-lìn.

www.crofting.scotland.gov.uk

- **Leasachadh CIS**

Chaidh CIS air bhog san Gearran 2016 Is e seo prìomh shiostam gnìomhachais na buidhne airson faidhlichean cùise a làimhseachadh.

Anns a' Mhàrt 2021, dh'iarr an AFC ath-sgrùdadh an taobh a-staigh air CIS gus gabhaidhean don Choimisean a chlàradh agus a thuigsinn. Rinn ath-sgrùdadh an taobh a-staigh a' Choimisein measadh air rianachd leasachadh leantainneach CIS. Bheachdaich seo air freagarrachd riaghladh, gabhadh agus riaghladh chùisean a bharrachd air dòighean deuchainn.

Ged is e siostam seasmhach agus obrachaidh a tha ann, chomharraich an sgrùdadh raointean airson leasachadh a dh'fheumar dèiligeadh riutha

gus neart a thoirt do dh'fhrèam-obrach smachd aig a' Choimisein airson leasachadh CIS. Leis gu bheil CIS fìor chudromach don Choimisean, bheachdaich an AFC agus an dèidh sin am Bòrd air molaidhean an sgrùdadh fa leth air 17 Cèitean 2021 agus 20 Cèitean 2021.

Chaidh Buidheann-stiùiridh a stèidheachadh anns a' bhad gus na gabhaidhean a chaidh a chomharrachadh a lughdachadh, aig an robh làn thaic SMT. An dèidh comhairle bhon Bhuidhinn-stiùiridh, dh'aontaich am Bòrd nach bu chòir dhan Choimisean feuchainn ri dad eile a chur an àite CIS, co-dhiù anns a' ùine gheàrr, ach gum feumadh ullachaidhean far an gabhadh a leasachadh agus a thoirt am feabhas, a neartachadh.

Tha am Bòrd cuideachd air sùil a chumail air adhartas anns na prìomh mholaidhean den aithisg-sgrùdadh, a bha ron Mhàrt 2022 air an t-suidheachadh a leanas a ruighinn:

- Chaidh cuir an dreuchd prìomh suidheachaidhean riaghlaidh, sealbhadair toraidh, sponsair toraidh agus maighstir scrum a choileanadh.
- Chaidh trèanadh nan oifigearan seo agus Luchd-dearbhadh In-ghabltas an Luchd-cleachdaidh a ghabhail os làimh
- Bha sgrìobhadh pròiseasan riaghlaidh, nam measg pròiseasan airson farsaingeachd, sònrachadh, deuchainn, dì-bhugachadh agus a' foillseachadh dreachan ùra de CIS, ga dhèanamh.

Ceistean mu Riaghladh anns an Ùine air Thoiseach

Tha na prìomh dùbhlanan riaghlaidh anns an ùine air thoiseach stèidhichte air libhrigeadh thoraidhean ann an suidheachadh teann a thaobh ionmhais agus mì-chinnt leantainneach a' chunnairt slàinte phoblaich Covid-19. Bidh seo a gabhail a-steach:

Gnothach Riaghlaidh	Gnìomh ga Phlanadh
Plana Poileasaidh Coimisean na Croitearachd	Fon lagh, feumaidh seo a bhith air fhoillseachadh ron t-Sultain 2022
Sgrùdadh san Fharsaingeachd air Riaghlaidh is Follaiseachd	Cuir an gnìomh na molaidhean air fhàgail ann an 2022
Ath-bhuannachd a' Chlaoanaidh de dh'obair-cùise gun fhuasgladh	Le sgioba leudaichte ann an àite, bu chòir dhan càrnadh-obrach a bhith air a lùghdachadh gu mòr rè 2022/23
Sgrùdadh Leasachadh CIS	Tha an Coimisean air cuireadh a thoirt do Azets tighinn air ais ann an 2022/23 gus an sgrùdadh a rinneadh ann an 2021 a dhèanamh a-rithist agus gabhaidh iad tomhais air an adhartas a nithear
Obair dachaigh, làrach agus cleachdadh oifisean, agus cosgaisean oifisean	A' cur diofar phàtrain de dh'obair mheasgaichte gu deuchainn agus grinneachadh a' phoileasaidh air obrachadh measgaichte, am feadh 2022/23
Slàinte, Sàbhailteachd is Sunnd	Atharrachadh leantainneach de na poileasaidhean a tha ann an àite
Èiginn na Gnàth-shìde Chruinneil	Tha rùn aig a' Choimisean Bann-sgrìobhte Èiginn na Gnàth-shìde agus Plana Gnìomh a leasachadh gus na miannan againn a shoilleireachadh
Cleachdadh Fiosrachadh Luchd-stiùiridh	Tha an AFC air Plana Sgrùdadh air an Taobh a-Staigh aontachadh airson 2022/23 mar phàirt den phròiseas neo-eisimeileach agus neo-phàirteach a bheir taic dhan Aithris mu Riaghladh 2022/23. Tha am prògram-obrach a' gabhail a-steach sgrùdadh air an taobh a-staigh a' buntainn ri 'Cleachdadh Fiosrachadh Luchd-stiùiridh'.

Tèarainteachd Fiosrachaidh is Dàta

Tha farsaingeachd de shiostaman agus ceumannan an àite aig a' Choimisean a bhios a' dèanamh cinnteach gu bheil fiosrachadh a chumas a' bhuidheann agus a tha air a chumail le treas phàrtaidhean às leth na buidhne, tèarainte. Bidh Ionad coileanaidh a' Choimisean a' cumail sùil air coileanadh mu sgaoileadh dàta bhon bhuidhinn. A bharrachd, tha an Coimisean air stiùireadh Riaghaltas na h-Alba air tèarainteachd-dàta agus gàbhadh do dh'fhiosrachadh, anns a bheil measadh air gàbhadh agus trèanadh ann am mothachadh don luchd-obrach, a thoirt gu buil.

Tro 2021/22, mar thoradh air cuingealachaidhean COVID-19, tha cha mhòr a h-uile neach-obrach air a bhith ag obair a-mhàin bhon dachaigh. Mar sin cha ghabhadh sgrùdadh deasg soilleir a dhèanamh (ged nach robh feum air an seo san oifis). Ge-tà, fhuair luchd-obrach agus Coimiseanairean comhairle mu tèarainteachd fiosrachaidh aig an taigh, tha an Coimisean air comhairle shònraichte a chur a-mach a' toirmeasg gluasad dàta gu innealan pearsanta agus chaidh iarraidh air a h-uile neach-obrach agus Coimiseanair ath-bhreithneachadh agus ainm a chur ri poileasaidh cleachdadh IS iomchaidh, a tha a' gabhail a-steach tèarainteachd fiosrachaidh.

Fhuair luchd-obrach ùra gu lèir trèanadh dìreach air GDPR agus thugadh cùrsa ùrachaidh do luchd-obrach ann am meadhan a' Ghiblein 2021, a bharrachd air luchd-obrach a' cumail orra a' crìochnachadh an trèanadh do-sheachanta bliadhna air-loidhne.

Cha deach tachartas de bhriseadh dàta aithris do dh'Oifis Coimiseanair an Fhiosrachaidh ann an 2021/22.

Innseireachd

Tha an Coimisean an geall air dèiligeadh ri fìor dhragh sam bith aig luchd-obrach agus Coimiseanairean gu cunntachail, gu fosgailte agus gu proifeasanta. Dh'iarradh an Coimisean air luchd-obrach agus Coimiseanairean innse mu dhraghan sam bith mu mhì-cheartas no mì-ghnàthachadh taobh a-staigh a' Choimisean a thathas a' creidsinn a tha air tachairt no a tha dualtach tachairt. Tha Luchd-obrach agus Cunnradairean gan dìon le Poileasaidh Riaghaltas na h-Alba air Innsireachd agus rinneadh poileasaidh fa leth gus dèiligeadh ri Coimiseanairean a rèir Achd Ùidh Poblach 1998.

Gus èifeachdas ar rèiteachaidhean innseireachd a mheasadh, bidh an AFC ag ath-sgrùdadh nam poileasaidhean gach bliadhna. A' tòiseachadh ann an 2021/22, sgaoilear na poileasaidhean do luchd-obrach feuch a bheil misneachd aca anns na rèiteachaidhean.

Aithisg air Tuarastal is Luchd-obrach

Gun Sgrùdadh

Poileasaidh mu Thuarastal

Buill a' Bhùird

Tha Bòrd a' Choimisein air a dhèanamh suas de 9 Choimiseanairean. Tha pàigheadh nan Coimiseanairean ga cheadachadh le Ministearan na h-Alba a rèir "Poileasaidh Pàighidh san Roinn Phoblaich do Dhreuchdan Àrd-ìre" (faic www.scotland.gov.uk/publications airson barrachd fiosrachaidh). Chan eil peinnean an lùib dreuchdan Buill a' Bhùird an-dràsta. Tha dreuchdan Buill a' Bhùird air an Taghadh ann an-dràsta fad 5 bliadhna a' tòiseachadh 18 Màrt 2022. Faodar sùil a thoirt air Buill den Bhòrd a chuireadh an dreuchd le Rùnaire a' Chaibineit airson Gnothaichean Dùthchail agus nan Eilean, cumhaichean agus cinn-latha an cur an dreuchd ann an Aithris nan Stiùirichean air duilleagan 46 gu 47.

Luchd-obrach

Tha an luchd-obrach seasmhach is air cùmhnan stèidhichte air fad nam fastaichean aig Riaghaltas na h-Alba agus tha iad an sàs sa phrìomh aonad cho-bharganachaidh aig Riaghaltas na h-Alba gus tuarastal a shocrachadh. Tha pàigheadh ga dhearbhadh le Riaghaltas na h-Alba agus, ann a bhith a' dearbhadh poileasaidh, tha am feum gun tèid pàigheadh a stèidheachadh aig ìre a dhearbhas fastadh, gleidheadh is misneachd an luchd-obrach. Cuideachd ga chur san àireamh tha poileasaidhean an Riaghaltais air pàigheadh anns an t-Seirbheis Chatharra agus anns an roinn phoblaich agus am feum air smachd a chumail air caiteachas poblach.

Cùmhnan seirbheisean

Fo Achd Leasachadh is Riaghladh Bun-reachdail 2010 feumar dreuchdan san t-Seirbheis Chatharra a thoirt a rèir airidheachd ann am farpais a tha fosgailte agus a rèir Cothrom na Fèinne. Tha na prionnsabalan mu fhadhadh a dh'fhoillsich Coimisean na Seirbheise Catharra a' sònrachadh nan suidheachaidhean nuair a dh'fhaodar dreuchdan a thoirt air mhodh eile.

Tha a' chuid as motha de na h-oifigearan air a bheilear a-mach anns an aithisg seo ann an dreuchdan le ceann-latha fosgailte. Thigeadh mar thoradh air crìochnachadh ron mhithich, seach airson droch-ghiùlan, gum faigheadh an neach dioladh a rèir mar a shònraichear ann an Sgeama Diolaidh na Seirbheise Catharra.

Gheibhear barrachd fiosrachaidh mu obair Choimisean na Seirbheis Catharra aig www.civilservicecommission.independent.gov.uk

Air an Sgrùdadh

Ìocadh a' Bhùird

Bha na Coimiseanairean rin pàigheadh mar a leanas:

	2021/22 £000	2020/21 £000
Coimiseanairean a bha ann an dreuchd ann an 2021/22		
Rod MacCoinnich*	5-10	20-25
Malcom MacMhathain** (Duine co-ionnan ri Neach-gairm fad bliadhna)	15-20 (20-25)	5-10 (20-25)
Cyril Annal	5-10	5-10
Dàibhidh Caimbeul	5-10	5-10
Donnchadh Gray***	0-5	-
Anndra Holt	5-10	5-10
Cailean Ceannadach***	0-5	-
Dòmhnall Dòmhnallach***	0-5	-
Iain MacIomhair	5-10	5-10
Màiri Renwick NicChoinnich	5-10	5-10
Archie Mac an Aba	5-10	-
Uilleam Neilson	5-10	5-10
Seumas Scott (Co-ionann ri bliadhna shlàn)	5-10 (5-10)	5-10 (5-10)

* A leig dheth a dhreuchd mar Neach-ghairm le èifeachd bhon 21 den Ògmhios 2021 agus a leig dheth a dhreuchd mar Choimiseanair le èifeachd bhon 1 den Iuchair 2021. Air ath-thaghadh mar Choimiseanair 18 Màrt 2022.

** Air a chur an dreuchd mar Neach-gairm le èifeachd bhon 9mh den Iuchair 2021.

*** Air an taghadh do Bhòrd Choimisean na Croitearachd le èifeachd bhon 18 Màrt 2022.

Chan eil peinnsean an lùib dreuchdan nan Coimiseanairean.

Ìocadh oifigearan aig àrd-ìre

Tha an earrann a leanas a' toirt fiosrachadh seachad mu thuarastal agus com-pàirtean peinnsein nan àrd-oifigearan anns a' Choimisean:

	Tuarastal		Sochairean peinnseanan (faic nota 1 gu h-ìseal)		Buil	
	2021/22	2020/21	2021/22	2020/21	2021/22	2020/21
	£000	£000	£000	£000	£000	£000
Ceannard						
Uilleam Barron	75-80	75-80	0	37	75-80	110-115
Sgioba nan Àrd-luchd-stiùiridh						
Dàibhidh MacFhionnlaigh	75-80	70-75	29	29	100-105	100-105
Aaron Ramasaidh	40-45	35-40	18	16	60-65	55-60
Sine NicThòmais	45-50	45-50	7	17	50-55	60-65
Eòsaph MacIlleChiar	45-50	45-50	2	21	45-50	65-70
Iain Toal*	35-40	45-50	6	18	40-45	60-65
Fraoch Mack**	30-35	30-35	14	10	45-50	40-45
Màiri Rosach***	15-20	35-40	5	21	20-25	55-60
Niall MacDhòmhnaill	35-40	20-25	27	11	65-70	30-35
Fionnlaigh Peutan****	10-15	N/A	3	N/A	10-15	N/A

* Leig Iain Toal às a dhreuchd air 31 Dùbhlachd 2021. B' e am bann tuarastail £45k gu £50k airson FYE.

** 'S e cùmhnannt Fraoch Mack 0.78 Co-ionann ri Fad-ùine.

*** Thàinig àrdachadh sealach Màiri Rosach gu SMT gu crìch air 31 Lùnastal 2021. B'e am bann tuarastail FYE £35k-£40k.

**** Chaidh Fionnlaigh Peutan àrdachadh gu SMT air bunait sealach bhon 1 Faoilleach 2022. Chaidh am bann tuarastail àireamhachadh bhon cheann-latha seo. Bha am bann-tuarastail FYE aige £35k-£40k.

Tuarastal

Tha tuarastal a' gabhail a-steach tuarastal iomlan, seach-thim agus cuibhreann sam bith eile chun na h-ìre a tha buailteach do chis anns an Rìoghachd Aonaichte. Tha an aithisg seo stèidhichte air pàighidhean a chaidh a dhèanamh taobh a-staigh na bliadhna leis a' Choimisean.

Sochairean stuthail

2021/22 £nil (2020/21 £nil).

Bònasan

Cha robh bònasan sam bith ann an 2021/22 (2020/21: £neoni).

Nota 1: tha luach nan sochairean-peinnsein air an tàrmachadh tron bhliadhna ga mhìneachadh mar (am meudachadh fìor air a' pheinnsean air iomadachadh 20 uair) agus (am meudachadh fìor air suim sam bith na cnap) agus (na cuibhreannan a rinn neach) air an toirt air falbh. Chan eil am meudachadh fìor a' gabhail a-steach mheudachaidhean ri linn atmhorachd no meudachadh no lùghdachadh sam bith ri linn toirt thairis chòraichean air peinnsean. Cha mhotha na sin a tha e a' gabhail a-steach àrdachadh (no lùghdachadh) sam bith air sgàth atharrachaidhean a chleachdar gus CETVs obrachadh a-mach

Foillseachadh Pàighidh Chothromaich

Tha an Coimisean ag amas air a bhith mar aon de na h-àiteachan as fheàrr a bhith ag obair ann an Alba agus tha creideas Fastaiche Tuarastail Beò aige.



Tha an luchd-obrach seasmhach agus air cùmhnant stèidhichte air fad aig a' Choimisean nan seirbheisich catharra agus uime sin mar phàirt de phrìomh aonad co-bharganachaidh Riaghaltas na h-Alba gus tuarastal a shocrachadh. Tha Tuarastal Bith-beò na h-Alba mar thuarastal iomlan co-ionann ri £19,048 agus b' e an tuarastal a b' ìsle ann an Riaghaltas na h-Alba aig 31 Màrt 2022 £21,045. Tha luchd-obrach air cùmhnantan-obrach sealach gam pàigheadh aig an aon ìre de thuarastal iomlan co-ionann ri seirbheisich chatharra a ghabhas car na h-aon dleasan os làimh.

Nuair a tha cùmhnant leis a' Choimisean ann airson ùrachadh no tairgse, thathar gu gnìomhach a' brosnachadh chom-pàirtichean beachdachadh air an Tuarastal Beò a bhuileachadh mura h-eil iad air sin a dhèanamh mar-thà.

Gheibhear barrachd mun Tuarastal Bith-beò an seo <https://www.livingwage.org.uk>

Pàigheadh mar iomadan

Tha aig buidhnean a bheir aithisgean ris an càrdeas a nochdadh eadar am pàigheadh ann am bannan aig an neach-obrach as àirde pàigheadh anns a' bhuidhinn aca agus an co-mheas pàighidh anns an 25mh ceud, an co-mheas pàighidh meadhanach, agus an co-mheas pàighidh anns an 75mh ceud de feachd-obrach na buidhne. Tha sinn cuideachd air an atharrachadh anns a' cheud bhon bhliadhna ionmhais roimhe fhoillseachadh a thaobh luchd-obrach a' Choimisein gu h-iomlan*.

	2021/22	2020/21
Bann tuarastail an neach leis an tuarastal as àirde agus fìor atharrachadh % ann an tuarastal bhon bhliadhna ionmhasail roimhe	£75k-£80k	£75k-£80k (meudachadh 7%)
co-mheas pàighidh an luchd-obrach 75mh sa cheud	£32,287 (2.4 Co-mheas)	£34,534 (2.2 Co-mheas)
Co-mheas pàighidh meadhanach an luchd-obrach	£29,824 (2.6 Co-mheas)	£29,192 (2.7 Co-mheas)
co-mheas pàighidh sa 25mh sa cheud an luchd-obrach	£21,048 (3.7 Co-mheas)	£22,232 (3.5 Co-mheas)
Atharrachadh % cuibheasach bhon bhliadhna ionmhais roimhe a thaobh luchd-obrach a' Choimisein gu h-iomlan*.	£34,935 (Àrdachadh 4%)	£33,750 (Àrdachadh 7%)

* Tha an àireamhachadh stèidhichte air tuarastalan iomlan gach neach-obrach air stèidh bhliadhnail, ach a-mhàin an stiùiriche le tuarastal as àirde, air a roinn leis an àireamh luchd-obrach WTE (cuideachd às aonais an stiùiriche le tuarastal as àirde).

Tha gluasad beag taobh a-staigh nan co-mheasan eadar na bliadhnaichean ionmhasail mar thoradh gu mòr air a' thionndadh luchd-obrach eòlach ann an 2021/22 agus an Coimisean an dèidh sin a' cosnadh luchd-obrach a' tòiseachadh aig an ìre inntigridh taobh a-staigh ìrean pàighidh. Tha an Coimisean cuideachd air 7 luchd-rianachd riaghlaidh a bharrachd fhadth ann an 2021/22 mar phàirt den ro-innleachd luchd-obrach leasachaidh aca. Bha tionndadh luchd-obrach glè bheag ann an 2020/21, gu sònraichte air sgàth mì-chinnt a dh'adhbhraich an galar mòr-sgaoilte Covid-19.

Ann an 2021/22 fhuair luchd-obrach £Neoni (2020/21 £Neoni) tuarastal a bharrachd air a' Cheannard. Bha bannan-tuarastail (a' gabhail a-steach an Ceannard) a' dol bho £21,045 gu £77,340 (2020/21: £20,064 gu £76,574).

Sochairean Peinneanan

	Peinnean air a thàrmachadh aig aois a' pheinnein aig 31/03/22 agus an t-suim na cnap na lùib		Meudachadh fìor air peinnean is an t-suim na cnap na lùib aig aois a' pheinnein		CETV aig 31/03/22	CETV aig 31/03/21	Meudachadh fìor air CETV air a mhaoineachadh leis an neach-fhastaidh
	£000		£000		£000	£000	£000
	Peinnean	Suim na Cnap	Peinnean	Suim na Cnap			
Ceannard							
Uilleam Barron	35-40	115-120	0-2.5	0-2.5	916	904	0
Luchd-obrach eile aig àrd-ìre							
Dàibhidh MacFhionnlaigh	10-15	N/A	0-2.5	N/A	126	104	14
Aaron Ramasaidh	0-5	N/A	0-2.5	N/A	30	20	7
Sine NicThòmais	15-20	N/A	0-2.5	N/A	280	271	6
Eòsaph MacIlleChiar	15-20	55-60	0-2.5	0-2.5	443	434	2
Iain Toal*	10-15	40-45	0-2.5	0-2.5	313	306	5
Fraoch Mack	0-5	N/A	0-2.5	N/A	40	33	5
Màiri Rosach*	15-20	35-40	0-2.5	0	323	309	2
Niall MacDhòmhnail	10-15	15-20	0-2.5	0-2.5	204	174	19
Fionnlaigh Peutan*	10-15	25-30	0-2.5	0	258	255	1

* Luach bliadhna ionmhais. Chan eil àireamhachadh sònraichte bhon cheann-latha a chuireadh an dreuchd no a dh'fhàgadh an SMT ri fhaighinn.

Gun Sgrùdadh

Peinnseanan Seirbheiseach Catharra

Tha sochairean peinnseanan gan toirt seachad tro ullachaidhean pheinnseanan na Seirbheis Catharra. Bho 1 Giblean 2015, chaidh sgeama ùr pheinnseanan do sheirbheisich chatharra a thoirt a-steach – Sgeama Pheinnseanan Sheirbheiseach Catharra is Eile no **alpha**, a tha a' toirt shochairan air bunait chuibheasach ann an dreuchd le aois àbhaisteach a' pheinnsein co-ionann ri Aois Peinnsean na Stàite (no 65 ma tha i nas àirde). Bhon cheann-latha sin chaidh na seirbheisich chatharra uile a chaidh a chur an dreuchd o chionn ghoirid agus a' chuid as motha den fheadhainn ann an seirbheis mar-thà a-steach ann an **alpha**. Ron cheann-latha sin, ghabh seirbheisich chatharra pàirt ann am Prìomh Sgeama Pheinnseanan na Seirbheise Catharra (PCSPS). Tha ceithir earrannan ann am PCSPS: 3 a' toirt shochairan a rèir an tuarastail mu dheireadh (**clasaigeach, tàilleabh** no **clasaigeach a bharrachd**) le aois a' pheinnsein aig 60 mar as trice; agus aonan a' toirt shochairan stèidhichte air an dreuchd iomlan (**nuvos**) le aois a' pheinnsein aig 65 mar as trice.

Tha na h-ullachaidhean reachdail seo gun mhaoineachadh le cosgais nan sochairean gam pàigheadh à airgead air a bhotadh leis a' Phàrlamaid gach bliadhna. Tha peinnseanan rim pàigheadh fo **chlasaigeach, thàilleabh, chlasaigeach a bharrachd, nuvos** agus **alpha** gam meudachadh gach bliadhna a rèir reachdais mu Mheudachadh Pheinnseanan. Dh'fhuirich buill PCSPS a tha an taobh a-staigh 10 bliadhna bho aois àbhaisteach a' pheinnsein aca air 1 Giblean 2012 ann am PCSPS an dèidh 1 Giblean 2015. Thèid an fheadhainn a bha eadar 10 bliadhna agus 13 bliadhna is 5 mìosan bho aois àbhaisteach a' pheinnsein aca air 1 Giblean 2012 a-steach ann an **alpha** uaireigin eadar 1 Ògmhios 2015 agus 1 Gearran 2022. Leis gu bheil an Riaghaltas an dùil cuir às do leth-bhreith a dh'ainmich na cùrtean san dòigh san deach ath-leasachaidhean peinnsein 2015 a thoirt a-steach airson cuid de bhuill, thathar an dùil, rè ùine, gum bi còir aig buill ion-roghnach le seirbheis iomchaidh eadar 1 Giblean 2015 agus 31 Màrt 2022 ri sochairean peinnsein eadar-dhealaichte a thaobh na h-ùine sin (agus dh'fhaodadh seo buaidh a thoirt air na luachan CETV a chithear san aithisg seo - faic gu h-ìosal). Thèid sochairean PCSSPS nam ball uile a thèid ann an **alpha** a "bhancadh", leis na sochairean

roimhe sin ann an aon de na h-earrannan tuarastail mu dheireadh ann am leis na sochairean stèidhichte air an tuarastal mu dheireadh aca nuair a dh'fhàgas iad **alpha**. (Tha figearan pheinnseanan oifigearan air a bheil iomradh a' nochdadh a' pheinnsein a fhuair san sgeama no ann an **alpha** – a rèir mar a tha iomchaidh. Nuair a tha sochairean aig oifigear an dà chuid san sgeama agus ann an **alpha** is e am figear air a bheil iomradh luach nan sochairean san dà sgeama còmhla.) Faodaidh buill a thig a-steach bhon Dàmhair 2002 an dara cuid an t-sochair chomharraichte iomchaidh no peinnsean com-pàirtiche mar (cheannach airgid) a thaghadh le cuibhreann bhon fhastaidhear (cunntas-peinnsein **com-pàirtiche**).

Tha cuibhreannan an luchd-fastaidh ceangailte ri tuarastal agus iad eadar 4.6% is 8.05% do bhuill **clasaigeach, tàilleabh, clasaigeach a bharrachd, nuvos** agus **alpha**. Tha sochairean ann an **clasaigeach** a' tàrmachadh aig ìre 1/80mh den chosnadh mu dheireadh buailteach do pheinnsean airson gach bliadhna de sheirbheis. Cuideachd, tha suim na cnap a tha co-ionann ri trì bliadhna den pheinnsean aig an toiseach ri pàigheadh nuair a leigeas iad dreuchdan dhiubh. Airson **tàilleabh**, tha sochairean a' tàrmachadh aig ìre 1/60mh den chosnadh mu dheireadh buailteach do pheinnsean airson gach bliadhna de sheirbheis. Seach **clasaigeach**, chan tig suim na cnap gu fèin-obrachail, tha **clasaigeach a bharrachd** an ìre mhath na cothlamadh le sochairean airson seirbheis ro 1 Dàmhair 2002 air an obrachadh a-mach mar **chlasaigeach** agus bha sochairean airson seirbheis bhon Dàmhair 2002 air an obrachadh a-mach mar a tha ann an **tàilleabh**. Ann an **nuvos** bidh ball a' cur ri peinnsean stèidhichte air a chosnadh buailteach do pheinnsean fhad is a tha iad nam bhall den sgeama. Aig deireadh bliadhna an sgeama (31 Màrt) tha cunntas a' pheinnsein aig a bhall a' tasgadh 2.3% mar chreideas den chosnadh a tha buailteach do pheinnsean agus tha am peinnsean air a thàrmachadh ga àrdachadh a rèir an reachdais mu Mheudachadh Pheinnseanan. Tha sochairean ann an **alpha** a' dol am meud ann an car an aon dòigh ri **nuvos**, ach gu bheil ìre an tàrmachaidh aig 2.32%. Anns a h-uile suidheachadh faodaidh buill cur romhpa am peinnsean a thoirt suas agus suim nan cnap fhaotainn a rèir nan crìochan a shocraicheadh ann an Achd an Ionmhais 2004.

Is e a tha ann an cunntas peinnsein **com-pàirteachais** na rèiteachadh peinnsein tabhartais le mineachadh dreuchdail a tha na phàirt de Legal & General Mastertrust. Cuiridh an neach-fastaidh cuibhreann bunaitheach a-steach eadar 8% is 14.75% (a rèir aois a' bhuill) Cha leig am fastaiche leas cur ris ach nuair a chuireas e cuibhreannan a-steach, bheir am neach-fastaidh an aon suim seachad gu ìre 3% den tuarastal buailteach do pheinnsean (a bharrachd air cuibhreann bunaitheach an fhastaidheir). Tha fastaidhear cuideachd a' cur 0.5% a bharrachd den tuarastal a tha buailteach do pheinnsean a-steach gus cosgais àrachais air a thoirt seachad bhon mheadhan (bàs ann an dreuchd no cluaineas ri linn droch-shlàinte) a chòmhdach.

Is e am peinnsean air a thàrmachadh air iomradh am peinnsean air a bheil am ball airidh fhaotainn nuair a ruigeas e aois a' pheinnsein, no gu dìreach an dèidh dha gun a bhith na bhall gnìomhach den sgeama ma tha e os cionn aois a' pheinnsein mar-thà. Is e 60 aois a' pheinnsean do bhuill **clasaigeach, tàilleabh** agus **clasaigeach a bharrachd**, 65 do bhuill **nuvos**, agus ge b' e dè as àirde eadar 65 is Aois Peinnsean na Stàite do bhuill **alpha**. (Tha figearan pheinnseanan oifigearan air a bheil iomradh a' nochdadh a' pheinnsein a fhuairidh san sgeama PCSPS no ann an alpha – a rèir mar a tha iomchaidh. Nuair a bhios sochairean aig oifigear an dà chuid anns an sgeama agus ann an alpha, is e am figear air iomradh luach nan sochairean san dà sgeama còmhla, ach thoir fa-near gur dòcha gum biodh cuid den pheinnsean sin ri phàigheadh aig aoisean eadar-dhealaichte.)

Gheibhear barrachd fiosrachaidh mu ullachaidhean peinnseanan na Seirbheise Catharra air an làrach-lìn www.civilservicepensionscheme.org.uk

Luachan Toir Thairis Co-ionann ri Airgead-ullamh

Is e a th' ann an Luach Toirt Thairis Co-ionann ri Airgead-ullamh (CETV) luach mar chalpa air a mheas nan sochairean-peinnsein air an tàrmachadh le ball aig àm sònraichte. Is iad na sochairean a thathar

a' luachadh sochairean a' bhuill air an tàrmachadh agus peinnsean sam bith ceangailte ris airson cèile a tha ri phàigheadh bhon sgeama. Tha CETV na phàigheadh fo sgeama pheinnseanan no na ullachadh gus sochairean-peinnsein fhaighinn ann an sgeama pheinnseanan eile nuair a dh'fhàgas ball sgeama agus a chuireas e roimhe na sochairean air an tàrmachadh san sgeama roimhe a thoirt thairis. Buinidh figearan a' pheinnsean a thathar a' nochdadh ris na sochairean a thàrmaich an neach mar thoradh air ballrachd iomlan de sgeama nam peinnseanan, chan e dìreach an t-seirbheis a thug iad aig àrd-ìre ris a bheil an nochdadh a' buntainn.

Tha na figearan a' gabhail a-steach luach sochair-peinnsein sam bith ann an sgeama no ullachadh eile a thug am ball thairis do dh'ullachaidhean pheinnseanan na Seirbheise Catharra. Tha iad cuideachd a' gabhail a-steach sochair-peinnsean a bharrachd eile a thàrmaich do bhall mar thoradh air sochairean-peinnsean a bharrachd a cheannach len cuid airgid fhèin. Tha CETV an gan obrachadh a-mach a rèir Riaghailtean Sgeamaichean Peinnsein Obrachail (Luachan Atharrachaidh) (Leasachadh) 2008 agus chan eil iad a' cur san àireamh lùghdachadh a thachair no a dh'fhaodadh tachairt air sochairean mar thoradh air Cis Cuibhreann Beatha a dh'fhaodadh a bhith ri pàigheadh nuair a thathar a' toirt nan sochairean-peinnsein.

Meudachadh Fìor air CETV

Tha seo a' nochdadh a' mheudachaidh air CETV a tha ga mhaoineachadh leis an neach-fastaidh. Chan eil e a' gabhail a-steach a' mheudachaidh air peinnsean air a thàrmachadh mar thoradh air atmhorachd, cuibhreannan air am pàigheadh leis an luchd-fastaidh (luach shochairan sam bith air an toirt thairis bho sgeama no ullachadh sam bith eile a thaobh pheinnseanan anns an àireamh) agus tha e a' cleachdadh luach cumanta a' mhargaidh airson toiseach is deireadh na h-ùine.

Air an Sgrùdadh Aithisg air Luchd-obrach

Cosgaisean is Àireamhan Luchd-obrach

	Luchd-obrach air am fastadh £000	Buill a' Bhùird £000	Càch £000	Buil 2021/22 £000	Buil 2020/21 £000
Tuarastail	1,678	101	-	1,779	1,714
Cosgaisean Tèarainteachd Shòisealta	164	2	-	166	161
Cosgaisean-peinnseanan eile	448	-	13*	461	445
Luchd-obrach sealach	-	-	185	185	41
Buil	2,290	103	198	2,591	2,361

	2021/22 £000	2020/21 £000
* Peinnseanan gam phàigheadh ri Coimiseanairean a bha ann roimhe fo "cosgaisean-pheinnseanan eile"	13	13

Cha robh ullachaidhean sam bith far an rola-phàighidh airson luchd-obrach ann an 2021/22 (£neoni 2020/21).

Àireamh chuibheasach den luchd-obrach aig ìre làn-thìde air am fastadh tron bhliadhna

	2021/22		2020/21	
	Luchd-obrach air am fastadh gu dìreach	Buidheann-gnìomha	Luchd-obrach air am fastadh gu dìreach	Buidheann-gnìomha
Air am fastadh gu dìreach: Cùmhnant buan	50.94		46.74	
Air am fastadh gu dìreach: Cùmhnant fad Ùine Stèidhichte	1.42		4.17	
Cùmhnant luchd-obrach sealach		4.5		1.1
Buil	52.36	4.5	50.91	1.1

Gun Sgrùdadh

Fios mu Ghnè

	Fireannaich 31 Màrt 2022	Boireannaich 31 Màrt 2022	Fireannaich 31 Màrt 2021	Boireannaich 31 Màrt 2021
Coimiseanairean	8	1	8	1
Ceannard	1	-	1	-
Luchd-obrach	28	38	19	39

Tha àireamh luchd-obrach a' gabhail a-steach luchd-obrach pàirt-thìde.

Tha na figearan gu h-àrd mar àireamhan iomlan an luchd-obrach aig 31 Màrt 2022 (a' gabhail a-steach bhuidhnean-gnìomha), chan e ìre làn-thìde.

Às an Làthair ri Linn Tinneis*

	2021/22 Coimisean na Croitearachd	2020/21 Coimisean na Croitearachd	2021/22 Coimeas ri Riaghaltas na h-Alba	2020/21 Coimeas ri Riaghaltas na h-Alba
Cuibheas làithean- obrach air an call a rèir neach-obrach	7.8	6.7	7.3	5.4
Às an làthair ùine gheàrr	3.1	3.1	3.8	2.2
Às an làthair ùine fhada (ùine nas fhaide na 21 latha)	4.7	3.6	3.5	3.2

* A' buntainn ri luchd-obrach air cùmhnantan maireannach agus fad-ùine.

Tha na h-ìrean de thinneas an luchd-obrach againn air meudachadh le cuibheas de 1.1 latha gach neach ann an coimeas ris a' bhliadhna roimhe. Tha seo co-cheangailte ri grunn luchd-obrach a tha air a bhith air fòrladh tinn fad-ùine anns a' bhliadhna aithris, aig a bheil buaidh neo-chothromach taobh a-staigh buidheann bheag. Dh'obraich stiùirichean-sreath fa leth còmhla riuthasan a bha fo bhuidh agus chomharraich iad ma bha cùisean sam bith co-cheangailte ris an oifis ag èirigh bho neach sam bith a bha air fòrladh tinneis. Chaidh seo aithris air ais gu SMT a chomharraich am feumar atharrachaidh sam bith a chur an gnìomh ann an dòighean-obrach.

Atharrachadh Luchd-obrach

	2015/16	2016/17	2017/18	2018/19	2019/20	2020/21	2021/22
Àireamh Cuibheasach Ùine Làn (WTE) Luchd-obrach air am fastadh gu dìreach san dreuchd	48.71	48.75	46.92	44.95	48.34	50.91	52.36
Atharrachadh mar % Cuibheasach Luchd-obrach air am fastadh gu dìreach san dreuchd	14%	16%	13%	13%	10%	2%	23%
Feadhainn a dh'fhàg	7	8	6	6	5	1	12

Sgrùdadh air Atharrachadh Luchd-fastaidh

	2015/16	2016/17	2017/18	2018/19	2019/20	2020/21	2021/22	Gluasad 7 Bliadhna
A' Faighinn Àrdachadh ann an Riaghaltas na h-Alba	1	3	4	2	3	-	7	20 (44%)
Dreuchd thoirt suas	3	1	2	4	2	-	-	12 (27%)
Thàinig an cùmhnant gu crìch	1	2	-	-	-	1	-	4 (9%)
Chaidh air Chluaineas	2	1	-	-	-	-	4	7 (16%)
Eile	-	1	-	-	-	-	1	2 (4%)

37 luchd-fàgail (82%) de sgrùdadh gluasad 7-bliadhna ann an dreuchdan rianachd (21) agus dreuchdan riaghlaidh ìosal (16). Dh'fhàg 22 (59%) den luchd-fàgail sin gus àrdachadh fhaighinn taobh a-staigh Riaghaltas na h-Alba no dh'fhàg iad gus gluasad airson adhbharan teaghlach.

Às dèidh dhuinn tionndaidh de neoni luchd-obrach fhaicinn anns a' chiad bhliadhna den ghalar mhòir-sgaoilte 2020/21, ann an 2021/22 bha ìrean tionndaidh fìor àrd againn leis gun do chuir 4 luchd-obrach romhpa an dreuchdan a leigeil dhiubh, agus fhuair grunn eile àrdachadh gu cothroman taobh a-staigh Riaghaltas na h-Alba. Mar a chaidh a mholadh ann an aithisg Ghleann Shuraig, tha sinn a-nis a' gabhail cheumannan gus cuir an aghaidh a' ghàbhaidh bho thionndadh luchd-obrach san àm ri teachd, a' gabhail a-steach an dà chuid leudachadh air an luchd-obrach againn agus ath-sgrùdadh air an structar rangachaidh ann am prìomh raointean.

Poileasaidhean mu Dhaoine le Ciorram

Mar Bhuidheann Phoblach Neo-roinneil aig Riaghaltas na h-Alba, tha an Coimisean a' cumail ris a' phoileasaidh bhuntainneach mu chiorram agus ri feumalachdan **Achd Co-ionannachd 2010**.

Fòcas air Fallaineachd Luchd-obrach

Tha luchd-obrach a' Choimisein deatamach airson lìbhrigeadh soirbheachail nan amasan ro-innleachdail aige. Tha rùn againn luchd-obrach làn misneachd is teòmachd a leasachadh is a ghlèidheadh. Tha conaltradh fosgailte eadar am Bòrd, Luchd-rianachd agus luchd-obrach ga bhrosnachadh agus mar sin, tha ceanglaichean leanmhainneach deatamach airson soirbheachadh na buidhne san ùine fhada.

Tha slàinte agus sunnd luchd-obrach air leantainn air a bhith na phrìomhachas mòr dhan Bhùird agus SMT. Tha comataidh air Slàinte is Sàbhailteachd air ath-sgrùdadh cunbhalach a dhèanamh air ceumannan an aghaidh galair Covid-19, agus tha luchd-stiùiridh shreathach agus àrd-stiùirichean air prìomhachas a chur air chonaltradh le luchd-obrach a tha ag obair bhon taigh.

Trèanadh Luchd-obrach

Rè na bliadhna lean sinn oirnn ag atharrachadh gus trèanadh air astar a libhrigeadh tro 'Microsoft Teams'. Thug neach-trèanaidh eòlach riaghlaidh trèanadh air-loidhne do gach neach fa leth airson luchd-inntrigidh ùra agus o chionn ghoirid dhan sgioba riaghlaidh. Tha ball de sgioba IS a' toirt seachad trèanadh ann a bhith a' cleachdadh siostaman sònraichte IT a' Choimisein. Tha trèanadh bhon taobh a-muigh is trèanadh coitcheann eile air a' cho-òrdanachadh le ar n-oifigeir leasachaidh is taic ionnsachaidh ionadail. A bharrachd air a seo, thairis air a' bhliadhna bha sinn taingeil taic fhaighinn bho Bhòrd na Gàidhlig ann a bhith a' cumail taic ri clasaichean còmhraidh Ghàidhlig aig ìre tòiseachaidh agus mheadhanach, far a bheil grunn luchd-obrach an làthair gu tric.

Buidheann Ceanglaichean Luchd-obrach (SEG)

Is e adhbhar na buidhne seo ceistean mu eagrachadh a bhuaileas air ceanglaichean luchd-obrach a dheasbad is fhuasgladh, a' sònrachadh chùisean is fhuasglaidhean a dh'fhaodadh a bhith ann às an tig àrainneachd dheimhinneach obrach airson a h-uile duine. Tha buill na buidhne nan saor-thoilich bho gach raon den Choimisean agus iad nan dealbh farsaing de dh'ùine luchd-obrach agus de dh'ùine ann an seirbheis.

Ceangal le Luchd-obrach

Tha an Coimisean a' brosnachadh bheachdan agus conaltradh gu gnìomhach bhon luchd-obrach ann an caochladh dhòighean, a' gabhail a-steach SEG a bhios a' coinneachadh gach mìos.

Thathas cuideachd a' misneachadh luchd-obrach gus pàirt a ghabhail ann an Sgrùdadh Daoine Riaghaltas na h-Alba.

Is e dòigh-obrach san àite-obrach a th' ann an com-pàirteachadh luchd-obrach, air a dhealbadh gus dèanamh cinnteach gu bheil luchd-obrach dealasach a thaobh amasan is luachan na buidhne aca agus gu bheil iad air am brosnachadh gus cuir ri soirbheachas na buidhne. Bidh còig ceistean anns an Sgrùdadh Dhaoine a' tomhas com-pàirteachadh luchd-obrach agus a' cothlamadh nam freagairtean sin gu buil clàr-amais gus innse càite a bheil iad air tomhais eadar gu math fad-às (0%) gu bhith an sàs gu mòr (100%).

Anns na bliadhnan a dh'fhalbh tha sinn cuideachd air ar suirbhidh luchd-obrach fhèin a dhèanamh as t-earrach. B' e an t-adhbhar tùsail airson seo a dhèanamh ceistean a ghabhail a-steach mu cheannas a' Choimisein fhèin – an àite ceistean Suirbhidh Riaghaltas na h-Alba a thaobh 'Stiùirichean agus Leas-stiùirichean Riaghaltas na h-Alba'. Leis gu bheil Riaghaltas na h-Alba a-nis air ceistean ceannardais a dhèanamh nas sùbailte, chaidh aontachadh an suirbhidh againn fhèin a sguir anns an ùine air thoiseach.

Tha mion-sgrùdadh air na freagairtean mionaideach a' nochdadh gu bheil gluasadan an t-suirbhidh anns na bliadhnaichean mu dheireadh air gluasad anns an t-slighe cheart san fharsaingeachd. Ge-tà, tha raointean soilleir ann far am feum an Coimisean leasachadh. Thathas air plana gnìomh a chruthachadh a' nochdadh 9 raointean sònraichte airson leasachadh:

	2021/22	2020/21	Slat-Tomhais Sheirbheis Catharra 2021/22
Rannsachadh Muinntir Riaghaltas na h-Alba			
Buidheann Ceanglaichean Luchd-obrach (SEG)	62% (27 freagairt)	64% (26 freagairt)	66% (327,388 Luchd com-pàirt à 101 buidhnean)
Rannsachadh Luchd-obrach Coimisean na Croitearachd			
Buidheann Ceanglaichean Luchd-obrach (SEG)	-	65% (45 freagairtean)	-

- Burraidheachd agus Leth-bhreith
- Conaltradh Taobh a-Staigh
- Ullachaidhean an Dèidh a' Ghlasaidh-shluaigh
- Riaghladh Atharrachaidh
- Goireasan agus Uallach-obrach
- Cultar Ceannardas
- Cunbhalachd Stiùireachd Shreathach
- Maoinachadh agus Leasachadh
- Slàinte / Sunnd

Mar a bha e aig a' cheann-latha son aithris, thathas air dèiligeadh ris na puingean gnìomh no tha oidhirpean nan draghan fhuasgladh a' dol air adhart gu math. Nì an AFC cuideachd sgrùdadh air adhartas gach 6 mìosan.

Riaghailtean nan Aonaidhean-ciùird (Feum air Ùine Dheth a Nochdadh) 2017

Tha an Coimisean a' leantainn air ag obair gu cuideachail leis na h-aonaidhean-ciùird aithnichte. Tha SMT a' dèanamh cinnteach gun tèid ùine gu leòr a thoirt do riochdairean an aonaidh a tha ag obair taobh a-staigh a' Choimisein gus dleastanasan an aonaidh aca a choileanadh.

Fo Riaghailtean nan Aonaidhean-ciùird (Feum air Ùine Dheth a Nochdadh) 2017, feumaidh luchd-fastaidh san t-seirbheis phoblaich fiosrachadh mu ùine dheth fhoillseachadh.

Oifigearan aonadh ciùird buntainneach	2021/22	2020/21
Àireamh de luchd-obrach a bha nan oifigearan aonaidh bhuntainnich anns an ùine air a bheilear a-mach.	1	1
Àireamh co-ionann neach-obrach làn-ùine	1.00	0.86

Àireamh sa cheud de dh'ùine ga chaitheamh air ùine goireas	2021/22 (Àireamh fastaichean)	2020/21 (Àireamh fastaichean)
0%	-	-
1%-50%	1	1
51%-99%	-	-
100%	-	-

Àireamh sa cheud de ùine ga chaitheamh air ùine goireas	2021/22	2020/21
Cosgais iomlan ùine goireas	£16	£1,082
Cosgais iomlan tuarastail	£2.591 millean	£2.361 millean
Àireamh sa cheud de ùine ga chaitheamh air ùine goireas	0.0006%	0.046%

Gnìomhan aonadh-ciùird pàighte	2021/22	2020/21
Ùine ga chosg air gnìomhachd aonaidhean-ciùird pàighte mar earrainn sa cheud den ùine ghoireasan pàighte iomlan	100%	87%

Gheibhear barrachd fiosrachaidh bho làrach-lìn a' Choimisein. www.crofting.scotland.gov.uk

Poileasaidhean mu Cho-ionannachd Chothroman is Iomadachd

Tha an Coimisean a' gabhail os làimh luchd-obrach air fad a leasachadh agus tha e a' cur luach deimhinneach air na seallaidhean diofraichte agus na sgilean a bheir gach neach-obrach dhan obair againn. Tha ar **Plana**

Co-ionannachd agus Iomadachd a' gealltainn nan gnìomhan againn a lìbhrigeadh air mhodh a bhrosnaicheas co-ionannachd chothroman agus tha e mar amas aige cur às do leth-bhreith mì-laghail is do ghiùlan eile a tha air a chasg fo reachdas co-ionannachd.

Nochdadh fo Chunntalachd Phàrlamaideach Air an Sgrùdadh

Call agus pàighidhean sònraichte

Fon Leabhar-làimhe air Aithisgean Ionmhasail, tha againn ri call agus pàighidhean sònraichte os cionn £300,000. Ann an 2021/22 cha robh call no pàighidhean sònraichte sam bith a rèir nan slatan-tomhais seo (2020/21: £neoni).

Tìodhlaicean agus Tabhartasan Carthannach

2021/22: £neoni. (2020/21: £250).

Do-mhaoinean Tuiteamach Iomallach

Feumaidh an Coimisean aithisg a thoirt air do-mhaoin sam bith às an tigeadh sochair eaconamach mar rèiteach tuilleadh is eu-coltach gus mìneachadh do-mhaoin thuiteamach a choileanadh fo IAS37. Chan eil do-mhaoinean tuiteamach iomallach sam bith ann an-dràsta. (2020/21: £neoni).



Uilleam Barron

Ceannard is Oifigear Cunntachail
Ceann-latha 18 Lùnastal 2022

Aithisg an Neach-sgrùdaidh Neo-eisimeilich

Aithisg an Neach-sgrùdaidh Neo-eisimeilich do bhuill Choimisean na Croitearachd, do dh'Àrd Neach-sgrùdaidh na h-Alba agus do Phàrlamaid na h-Alba

A' toirt cunntas air sgrùdadh nan aithrisean ionmhasail

Beachd air aithrisean ionmhasail

Rinn sinn sgrùdadh air na h-aithrisean ionmhasail san aithisg bhliadhnail is sna cunntasan bliadhnail aig Coimisean na Croitearachd don bhliadhna a thàinig gu crìch 31 Màrt 2022 fo Achd nan Croitearan (Alba) 1993 mar a chaidh atharrachadh le Achd Ath-leasachadh Croitearachd (Alba) 2007 is Achd Ath-leasachadh Croitearachd (Alba) 2010 is Achd Croitearachd (Atharrachadh) 2013. Tha na h-aithrisean ionmhasail air an dèanamh suas leis an Aithris air Caiteachas Lom lom-chuimseach, an Aithris mu Shuidheachadh Ionmhasail, Aithris nan Sruthan-airgid, an Aithris mu Atharrachadh air Cothromas Luchd-pàighidh Cise agus notaichean ris an aithris ionmhasail, nam measg poileasaidhean cudromach a thaobh cunntasachd. 'S e am frèam-obrach mu aithisgean ionmhasail a chuireadh an gnìomh ann a bhith gan ullachadh an lagh buntainneach agus na h-inbhean eadar-nàiseanta cunntasachd a chaidh gabhail riutha leis an RA, agus mar a chaidh am mìneachadh agus an atharrachadh le Leabhar-làimhe 2021/22 an Riaghaltais mu Aithisgean Ionmhasail (FReM 2021/22).

Nar beachd, tha na h-aithrisean ionmhasail an cois seo:

- nan dealbh fìor is ceart a rèir Achd nan Croitearan (Alba) 1993 mar a chaidh atharrachadh le Achd Ath-leasachadh Croitearachd (Alba) 2007, Achd Ath-leasachadh Croitearachd (Alba) 2010 agus Achd Croitearachd (Atharrachadh) 2013 agus stiùiridhean a rinneadh fòdhpà le Ministearan na h-Alba mu chor chùisean na buidhne aig 31 Màrt 2022 agus mun chosg lom aice don bhliadhna a thàinig gu crìch an uair sin;
- air an ullachadh gu ceart ann an co-rèir ri slatan-tomhais eadar-nàiseanta air an gabhail riutha ris an RA, air am mìneachadh agus atharrachadh leis an FReM 2021/22; agus
- air a bhith air an ullachadh a rèir nam feumalachdan ann an Achd nan Croitearan (Alba) 1993 mar a chaidh atharrachadh le Achd Ath-leasachadh Croitearachd (Alba) 2007 is Achd Ath-leasachadh Croitearachd (Alba) 2010 is Achd Croitearachd (Atharrachadh) 2013 agus stiùiridhean a rinneadh fòdhpà le Ministearan na h-Alba.

Bunait ri beachd

Rinn sinn an sgrùdadh againn a rèir nan laghan a tha buntainneach agus nan Inbhean Eadar-nàiseanta mu Sgrùdadh (RA) (Inbhean) (RA) mar a dh'fheumar fo **Chòd Cleachdadh Sgrùdaidh** air a cheadachadh le Àrd-neach-sgrùdaidh na h-Alba. Tha mìneachadh a bharrachd air na h-uallachaidhean againne fo na h-ìrean sin ann an roinn uallachaidhean an neach-sgrùdaidh airson sgrùdadh nan aithrisean ionmhasail den aithisg. Chaidh ar cur an dreuchd leis an Àrd-neach-sgrùdaidh air 31 Cèitean 2016. 'S e an ùine iomlan de dhreuchd gun bhriseadh 6 bliadhna. Tha sinn neo-eisimeileach air a' bhuidhinn a thathar a' sgrùdadh a rèir nam feumalachdan beusach a bhuineas ris an sgrùdadh againn air na h-aithrisean ionmhasail san RA, a ghabhas a-steach Inbhe Bheusan na Comhairle mu Aithisgean Ionmhasail, agus choilean sinn na dleastanasan beusach eile a tha oirnn a rèir nam feumalachdan sin. Cha deach seirbheisean neo-sgrùdaidh air an casg le Inbhean Beusan a thoirt don bhuidhinn. Tha sinn den bheachd gur leòr is gur iomchaidh fianais an sgrùdaidh a fhuair sinn gus bunait ris a' bheachd againn a thoirt seachad.

Co-dhùnaidhean ceangailte ri gnothach leantainneach mar bhunait ri cunntasachd

Cho-dhùin sinn gu bheil an cleachdadh gnothach leantainneach mar bhunait ri cunntasachd ann an ullachadh nan aithrisean ionmhasail iomchaidh.

Stèidhichte air an obair a rinn sinn, cha do chomharraich sinn mì-chinnt susbainteach sam bith a bhuineadh do thachartasan no suidhichidhean a thogadh, fa leth no còmhla, teagamh susbainteach mun comas no buidhne cumail oirre a' cleachdadh bunait gnothaich leantainnich cunntasachd fad ùine dà mhìos deug air a' char as lugha bhon cheann-latha air an ceadaichear na h-aithrisean ionmhasail airson foillseachadh.

Chan eil e mar rùn gun toir na co-dhùnaidhean seo, agus cha toir iad, dearbhadh air seasmhachd ionmhasail na buidhne an-dràsta no anns an ùine air thoiseach. Ach, tha sinn ag aithris air ullachaidhean na buidhne airson seasmhachd ionmhasail ann an Aithisg-sgrùdaidh Bhliadhnail fa leth, ri fhaighinn bho **Iàrach-lìn Sgrùdadh Alba**.

Gàbhaidhean mì-aithris stuthail

Thug sinn iomradh anns an Aithisg-sgrùdaidh Bhliadhnail fa leth againn mu na gàbhaidhean as motha air am meas de mhì-aithris stuthail a chomharraich sinn agus na beachdan againne orra.

Uallachaidhean an Oifigeir Chunntachail airson nan aithrisean ionmhasail

Mar a thathar a' mìneachadh nas mionaidiche san Aithris mu Uallaichean an Oifigeir Chunntachail, tha e an urra ris an Oifigeir Chunntachail aithrisean ionmhasail a bheir dealbh fìor is ceart a rèir an fhrèam mu aithisgean ionmhasail ullachadh, agus an smachd air an taobh a-staigh a tha dhìth am beachd an Oifigeir Chunntachail gus am faodar aithrisean ionmhasail a tha saor bho mhì-aithris stuthail, biodh e mar thoradh air foill no mearachd, ullachadh.

Ann a bhith ag ullachadh nan aithrisean ionmhasail, tha e an urra ris an Oifigeir Chunntachail comas na buidhne cumail oirre mar ghnòthach leantainneach a mheas, a' nochdadh, a rèir mar a tha iomchaidh, chùisean ceangailte ri gnothach leantainneach agus a' cleachdadh a' ghnòthaich leantainnich mar bhunait ri cunntasachd mura h-eilear an rùn stad a chur air obrachaidhean na buidhne.

Uallaichean an Luchd-sgrùdaidh airson sgrùdadh nan aithrisean ionmhasail

Is iad na cinn-chrìche a tha againn dearbhachd reusanta fhaighinn a bheil na h-aithrisean ionmhasail anns an fharsaingeachd saor bho mhì-aithris stuthail, biodh e mar thoradh air foill no mearachd, agus aithisg luchd-sgrùdaidh leis a' bheachd againn a chur a-mach. Is e a tha ann an dearbhachd reusanta, ìre àrd de dhearbhadh, ach chan eil i na bharantas gun lorg sgrùdadh a nithear a rèir Inbhean na Rìoghachd Aonaichte mì-aithris stuthail nuair a nochdas i daonnan. Faodaidh mì-aithrisean èirigh à foill no mearachd agus thathar gam meas susbainteach mas ann, fa leth no còmhla, gum faodte a bhith an dùil gu reusanta buaidh a thoirt air co-dhùnaidhean luchd-cleachdaidh a rinneadh air bunait nan aithrisean ionmhasail seo.

Tha tuairisgeul a bharrachd air uallaichean an luchd-sgrùdaidh airson sgrùdadh nan aithrisean ionmhasail air Iàrach-lìn na Comhairle mu Aithisgean Ionmhasail **www.frc.org.uk/auditorsresponsibilities**. Tha an tuairisgeul mar phàirt de dh'aithisg an luchd-sgrùdaidh againn.

An ìre dhan robh an sgrùdadh air a mheas comasach air neo-riaghailteachdan a lorg, leithid foill

Is iad easbhaidhean, leithid foill, eisimpleirean de neo-ghèilleadh ri laghan agus riaghailtean. Bidh sinn a' dealbhadh mhodhan a rèir ar dleastanasan a tha air am mìneachadh gu h-àrd gus aithrisean ceàrr a lorg a thaobh easbhaidhean, a' toirt a-steach foill. Nam measg sin thathas:

- a' beachdachadh air nàdar àrainneachd smachd na buidhne agus ag ath-sgrùdadh sgrìobhainnean na buidhne mu na poileasaidhean agus na dòighean-obrach aca a thaobh foill agus gèilleadh ri laghan agus riaghailtean. Dh'fhaighnich sinn cuideachd do riaghladh, sgrùdadh an taobh a-staigh agus iadsan air a bheil uallach riaghlaidh mu bhith gan comharrachadh fhèin agus a' measadh cunnartan neo-riaghailteachdan;
- a' faighinn tuigse air an fhrèam laghail is riaghlaidh buntainneach agus mar a tha a' bhuidheann a' gabhail ris an fhrèam sin;
- a' comharrachadh dè na laghan agus na riaghailtean a tha cudromach ann an co-theacsa na buidhne;
- a' measadh dè cho buailteach agus a tha na h-aithrisean ionmhais a thaobh aithris ceàrr, a' toirt a-steach mar a dh'fhaodadh foill tachairt; agus

- a' beachdachadh a bheil an comas agus na comasan iomchaidh aig an làn sgioba sgrùdaidh gus neo-ghèilleadh ri laghan agus riaghailtean a chomharrachadh no aithneachadh.

Fhuair sinn tuigse mun fhrèam laghail is riaghlaidh anns a bheil a' bhuidheann ag obair, agus chomharraich sinn na prìomh laghan agus riaghailtean a tha:

- a' toirt buaidh dhìreach aig air dearbhadh suimean susbainteach agus foillseachaidhean anns na h-aithrisean ionmhais. Nam measg seo bha Achd nan Croitearan (Alba) 1993 mar a chaidh atharrachadh le Achd Ath-leasachadh na Croitearachd (Alba) 2007, Achd Ath-leasachadh na Croitearachd 2010 agus Achd na Croitearachd (Atharrachadh) (Alba) 2013.
- nach eil a' toirt buaidh dìreach air na h-aithrisean ionmhais ach dh'fhaodadh gum bi gèilleadh bunaiteach do chomas na buidhne a bhith ag obair no gus peanas susbainteach a sheachnadh. Nam measg bha Achd Dion Dàta 2018 agus reachdas cosnaidh buntainneach.

Bhruidhinn sinn am measg an sgioba conaltraidh sgrùdaidh mu na cothroman agus na brodan a dh'fhaodadh a bhith ann taobh a-staigh na buidhne airson foill agus ciamar agus càite a dh'fhaodadh foill tachairt anns na h-aithrisean ionmhais.

Mar thoradh air na rinneadh gu h-àrd, chomharraich sinn gun robh an cothrom as motha airson foill a thaobh an riatanas a bhith ag obair taobh a-staigh nan crìochan goireasan caiteachais a shuidhich Riaghaltas na h-Alba. 'S e an cunnart gum faodadh gun làimhsich an caiteachas a thaobh gnothaichean deireadh na bliadhna gu fealltach ann an oidhirp gus am biodh an leithid rèidh ris na h-amasan aige no ri oidhirp suidheachadh cothromach a choileanadh. Mar fhreagairt don chunnart seo, fhuair sinn dearbhadh neo-eisimeileach mu na crìochan stòrais a riarach Riaghaltas na h-Alba agus rinn sinn deuchainn air sampall de chruinneachadh, ro-phàighidhean agus fhàirdealan a fhuairleadh mu dheireadh na bliadhna feuch an deach an clàradh san ùine cheart.

Coltach ri gach sgrùdadh fo ISAn (RA), feumar cuideachd modhan sònraichte a dhèanamh gus dèiligeadh ris a' chunnart a thaobh riaghladh. Nuair a mheasar cunnart foill tro riaghladh a' dol thairis air smachdan, rinn sinn deuchainn air freagarrachd inntigidhean irisean agus atharrachaidhean eile; feuch a bheil na breithneachaidhean a rinneadh ann a bhith a' dèanamh tuairmsean cunntasachd mar chomharradh air claonadh a dh'fhaodadh a bhith ann, agus rinneadh measadh air argamaid gnìomhachais gnothaichean cudromach sam bith a tha neo-àbhaisteach no taobh a-muigh cùrsa àbhaisteach a' ghnìomhachais.

A bharrachd air na dh'ainmichear gu h-àrd, ghabh na modhan againn gus dèiligeadh ris na cunnartan a chaidh a chomharrachadh a-steach na leanas:

- ath-sgrùdadh foillseachaidhean aithrisean ionmhais le bhith a' dèanamh deuchainn sgrìobhainnean taice feuch an robh iad rèidh ri laghan agus riaghailtean buntainneach a chaidh a mhìneachadh mar a bhith a' toirt buaidh dhìreach air na h-aithrisean ionmhais;
- a' coileanadh mhodhan sgrùdaidh gus ceanglaichean neo-àbhaisteach no ris nach robh dùil a chomharrachadh a dh'fhaodadh cunnartan mì-aithris shusbainteach mar thoradh air foill a nochdadh;
- a' ceasnachadh riaghladh, sgrùdadh a-staigh agus comhairle laghail a-muigh a thaobh tagraidhean laghail is agartas a thachair agus a dh'fhaodadh tachairt, agus eisimpleirean de neo-ghèilleadh ri laghan agus riaghailtean; agus
- a' leughadh geàrr-chunntasan choinneamhan den fheadhainn air a bheil uallach riaghlaidh agus ath-rannsachadh aithisgean sgrùdaidh a thaobh a-staigh.

Tha an ìre dha bheil ar modhan-obrach comasach air easbaidhean a lorg, leithid foill, fo bhuidh na duilgheadas gnèitheach ann a bhith a' lorg easbaidhean, èifeachdas smachdan a' Choimisein, agus nàdar, àm agus ìre nam modhan sgrùdaidh a rinneadh.

Tha an gàbhadh nach lorgar mì-aithris stuthail ag èirigh à foill nas àirde na fear ag èirigh à mearachd, bhon dh'fhaodadh co-rùn, nithean air am fàgail às air an taobh a-staigh, mì-riochdachadh, no gabhail thairis air riaghladh air an taobh a-staigh. Bidh comas

an sgrùdadh foill agus mì-riaghailteachd eile a lorg an crochadh air teòmachd a neach a nì e, tricead is ìre na foille, an ìre de cho-rùn a tha ann, meudachd dhàimheach nan suimeannan agus ìre nan daoine a tha an sàs.

Aithisg air riaghailteachd caiteachais agus teachd-a-steach

Beachd air riaghailteachd

Nar beachd anns gach cùis stuthail, dh'èirich an caiteachas is an teachd-a-steach anns na h-aithrisean ionmhasail no chaidh an cur an sàs a rèir reachdais sam bith a tha iomchaidh agus an stiùiridh a thug Ministearan na h-Alba.

Uallach airson riaghailteachd

Tha e an urra ris an Oifigear Chunntachail riaghailteachd a' chaiteachais is an teachd-a-steach a dhearbhadh. A bharrachd air na dleastanasan againn a thaobh easbaidhean air am mineachadh anns an earrann anns an aithisg againn air sgrùdadh nan aithisgean ionmhasail, tha e an urra rinn beachd a nochdadh air cunbhalachd caiteachais agus teachd a-steach a rèir Achd Ionmhais Phoblaich is Cunntalachd (Alba) 2000.

Aithisg mu fheumalachdan eile

Beachdan air cùisean air an òrdachadh le Àrd-neach-sgrùdadh na h-Alba air pàirt sgrùdaichte den Aithisg Tuarastal is Luchd-obrach

Rinn sinn sgrùdadh air na pàirtean den Aithisg Tuarastal is Luchd-obrach a chaidh a mhineachadh mar sgrùdadh. Nar beachd, chaidh am pàirt air a sgrùdadh den Aithisg mu Thuarastal is Luchd-obrach ullachadh mar as ceart a rèir Achd nan Croitearan (Alba) 1993 mar a chaidh atharrachadh le Achd Ath-leasachadh Croitearachd (Alba) 2007 is Achd Ath-leasachadh Croitearachd (Alba) 2010 is Achd Croitearachd (Atharrachadh) 2013 agus stiùiridhean a rinneadh fòdhp a le Ministearan na h-Alba.

Fiosrachadh eile

Tha am fiosrachadh eile san aithisg bhliadhnail agus sna cunntasan bliadhnail an urra ris an Oifigear Chunntachail. Tha am fiosrachadh eile a' gabhail a-steach an Aithisg air Dèanadas agus an Aithisg Cunntalachd ach a-mhàin am pàirt sgrùdaichte den Aithisg Tuarastal is Luchd-obrach.

'S e an t-uallach a tha oirnn am fiosrachadh eile air fad anns an aithisg bhliadhnail agus anns na cunntasan bliadhnail a leughadh agus, le bhith ga dhèanamh, beachdachadh air a bheil am fiosrachadh eile gun a bhith air an aon ràmh gu stuthail ris na h-aithrisean ionmhasail no ris an fhiosrachadh a fhuair sinn anns na sgrùdaidhean no a bheil an coltas air a bhith air mì-aithris gu susbainteach air mhodh eile. Ma lorgas sinn a leithid de mhì-chòrdalas stuthail, no coltas mhì-aithrisean susbainteach, tha againn ri co-dhùnadh a bheil mì-aithris susbainteach sna h-aithrisean ionmhasail fhèin. Mas e, stèidhichte air an obair a rinn sinn, gun tig sinn chun a' cho-dhùnaidh gu bheil mì-aithris stuthail san fhiosrachadh eile seo, tha againn ri aithisg a thoirt mun t-suidheachadh seo. Chan eil dad againn ri aithris a thaobh seo.

Chan eil am beachd againn air na h-aithrisean ionmhasail a' còmhachadh an fhiosrachaidh eile agus chan eil sinn a' nochdadh seòrsa sam bith de cho-dhùnadh dearbhadh mu dheidhinn seach air an Aithisg air Dèanadas agus an Aithisg Riaghlaidh chun na h-ìre a thathar ag innse gu follaiseach anns na beachdan a leanas air an òrdachadh le Àrd-neach-sgrùdadh na h-Alba.

Beachdan air cùisean air an òrdachadh le Àrd-neach-sgrùdadh na h-Alba air pàirt sgrùdaichte den Aithisg Tuarastal is Luchd-obrach

Nar beachd, stèidhichte air an obair a rinneadh ri linn an sgrùdadh:

- tha am fiosrachadh san Aithisg air Dèanadas don bhliadhna ionmhasail dhan deach na h-aithrisean ionmhasail ullachadh air an aon rèir ris na h-aithrisean ionmhasail agus gun deach an aithisg sin ullachadh a rèir Achd nan Croitearan (Alba) 1993 mar a chaidh atharrachadh le Achd Ath-leasachadh Croitearachd (Alba) 2007 is Achd Ath-leasachadh Croitearachd (Alba) 2010 is Achd Croitearachd (Atharrachadh) 2013 agus stiùiridhean a rinneadh fòdhp a le Ministearan na h-Alba; agus
- tha am fiosrachadh san Aithisg mu Riaghladh don bhliadhna ionmhasail dhan deach na h-aithrisean ionmhasail ullachadh air an aon rèir ris na h-aithrisean ionmhasail agus gu bheil an aithisg sin a rèir Achd nan Croitearan (Alba) 1993 mar a chaidh atharrachadh le Achd Ath-leasachadh Croitearachd

(Alba) 2007 is Achd Ath-leasachadh Croitearachd (Alba) 2010 is Achd Croitearachd (Atharrachadh) 2013 agus stiùiridhean a rinneadh fòdhpà le Ministearan na h-Alba.

Cùisean mun fheum sinn aithisg a thoirt le eisgeachd

Tha Àrd-neach-sgrùdaidh na h-Alba a' toirt oirnn aithisg a thoirt dhuibh, mas e, nar beachd:

- nach deach clàran-cunntais gu leòr a chumail; no
- nach eil na h-aithrisean ionmhasail agus am pàirt air a sgrùdadh den Aithisg mu Thuarastal is Luchd-obrach air an aon rèir ris na clàran-cunntais; no
- nach d'fhuair sinn am fiosrachadh is na mìneachaidhean air fad a bhios a dhìth oirnn airson an sgrùdadh againn.


Chan eil dad againn ri aithris mu na cùisean seo.

Co-dhùnaidhean air uallachaidhean anns an fharsaingeachd

A bharrachd air na h-uallaichean a tha oirnn airson na h-aithisge agus nan cunntasan bliadhna, tha na co-dhùnaidhean againn air na h-uallaichean anns an fharsaingeachd a shònraichear anns a' Chòd Chleachdaidh mu Sgrùdadh gan nochdadh san Aithisg-sgrùdaidh Bhliadhna againn.

Cleachdadh na h-aithisge againn

Chaidh an aithisg seo a dhèanamh gu dìreach do na pàrtaidhean dham bheilear ga seòladh a rèir Achd Ionmhais Phoblaich is Cunntachalachd (Alba) 2000 agus chan ann air adhbhar sam bith eile. A rèir earrainn 120 den Chòd mu Chleachdadh Sgrùdaidh a cheadaich Àrd-neach-sgrùdaidh na h-Alba, chan eil sinn a' gabhail os làimh a bhith cunntachail do bhuill no do dh'oifigearan, fa leth, no do threas buidhnean.



Pàdraig MacCoinnich, CPFA
(airson is às leth Deloitte LLP)
110 Sràid na Bànrigh
Glaschu
G1 3BX
Rìoghachd Aonaichte
18 Lùnastal 2022



**CROFTING COMMISSION
COIMISEAN NA CROITEARACHD**

Aithrisean Ionmhasail 2021/22

Aithrisean Ionmhasail Choimisean na Croitearachd,
le fiosrachadh mar thaic is mar mhìneachadh.

Aithris mu Chaiteachas Lom Ion-chuimseach

don bhliadhna a thàinig gu crìch 31 Màrt 2022

	Nota	2022 £000	2021 £000
Cosgaisean luchd-obrach	2	2,591	2,361
Ìsleachadh is Crìonadh	2,3,4	55	50
Caiteachas obrachaidh eile	2	670	649
Caiteachas obrachaidh iomlan		3,316	3,060
Caiteachas obrachaidh lom		3,316	3,060

Tha na notaichean air duilleagan 84 gu 92 nam pàirt bunasach de na cunntasan seo.

Aithris mu Shuidheachadh Ionmhasail

aig 31 Màrt 2022

	Nota	2022 £000	2021 £000
Maoin Neo-làithreach:			
Stuth Teicneòlais Fhiosrachaidh	3	64	48
Maoin dho-bheantainn (Bathar-bog)	4	20	42
Maoin Neo-làithreach iomlan		84	90
Maoin làithreach			
Malairt is stuth eile ri fhaighinn	5	21	17
Airgead ullamh agus co-ionann ri airgead ullamh	6	123	216
Maoin làithreach iomlan		144	233
Maoin iomlan		228	323
Fiachanasan làithreach			
Malairt is pàigheadh eile ri fhaighinn	7	179	215
Fiachanasan eile	7	86	79
Fiachanasan làithreach iomlan		265	294
Maoin iomlan gun fhiachanasan làithreach		(37)	29
Cothromas Phàighearán-cìse			
Maoin choitcheann		(37)	29
Cothromas iomlan		(37)	29



Uilleam Barron
Ceannard is Oifigear Cunntachail
Ceann-latha 18 Lùnastal 2022

Thug an t-Oifigear Cunntachail cead na h-aithrisean ionmhasail seo a sgaoileadh 18 Lùnastal 2022

Tha na notaichean air duilleagan 84 gu 92 nam pàirt bunasach de na cunntasan seo.

Aithris mu Shruthan Airgid

don bhliadhna a thàinig gu crìch 31 Màrt 2022

	Nota	2022 £000	2021 £000
Sruthan-airgid bho obrachaidhean			
Caiteachas obrachaidh lom	SoCNE	(3,316)	(3,060)
Atharrachadh airson tàr-ghnìomhan nach eil mar airgead ullamh			
Ìsleachadh is Crìonadh	2,3,4	55	50
Gluasadan ann an calpa obrach			
(Meudachadh)/lùghdachadh air malairt is stuth eile ri fhaighinn	5	(4)	1
(Lùghdachadh)/meudachadh air malairt agus pàigheadh eile	7	(29)	120
Sruth-airgid lom bho obrachadh		(3,294)	(2,889)
Sruthan-airgid bho thasgaidhean			
Ceannach stuth teicneòlais fhiosrachaidh	3	(49)	(28)
Ceannach maoin dho-bheantainn	4	-	(7)
Sruthadh a-mach lom mar airgead ullamh bho thasgaidhean		(49)	(35)
Sruthadh a-mach iomlan mar airgead ullamh		(3,343)	(2,924)
Sruthadh a-mach mar airgead ullamh bho mhaoineachadh			
Tabhartas-mar-Chobhair		3,250	3,022
(Lùghdachadh)/meudachadh lom air airgead ullamh is co-ionann		(93)	98
Airgead ullamh is co-ionann aig toiseach na h-ùine		216	118
Airgead ullamh is co-ionann aig deireadh na h-ùine		123	216

Tha na notaichean air duilleagan 84 gu 92 nam pàirt bunasach de na cunntasan seo.

Atharrachaidhean air Cothromas Luchd-pàighidh Cìse

don bhliadhna a thàinig gu crìch 31 Màrt 2022

	Maoin choitcheann £000
Cothrom air 1 Giblean 2020	67
Tabhartas-mar-Chobhair	3,022
	3,089
Caitheachas Lom lom-chuimseach don bhliadhna	(3,060)
Cothrom air 31 Màrt 2021	29
Cothrom air 1 Giblean 2021	29
Tabhartas-mar-Chobhair	3,250
	3,279
Caitheachas Lom lom-chuimseach don bhliadhna	(3,316)
Cothrom air 31 Màrt 2022	(37)

Tha na notaichean air duilleagan 84 gu 92 nam pàirt bunasach de na cunntasan seo.

Notaichean an cois nan Aithrisean Ionmhasail

1. Aithris mu poileasaidhean cunntasachd

Fo Achd nan Croitearan (Alba) 1993, earrainn 19 de sgeideal 1, feumar aithis bhliadhnail chunntasan ullachadh.

Thathar air na h-aithrisean ionmhasail ullachadh a rèir an Stiùiridh mu Chunntasan (duilleag 93) a thug Ministearan na h-Alba seachad agus Leabhair-làimhe 2021/22 mu Aithisgean Ionmhasail (FReM) a chuir Roinn an Ionmhais a-mach air thoiseach.

Tha FReM a' nochdadh cruth nan cunntasan bliadhnail. Tha Tabhartas-mar-Chobhair ri fhaotainn sa Mhaoin Choitchinn san Aithris mu Atharrachaidhean air Cothromas Phàighearàn-cìse seach san Aithris mu Chaiteachas Lom lom-chuimseach. Tha gach caiteachas is teachd-a-steach eile san Aithris mu Chaiteachas Lom lom-chuimseach. Tha na poileasaidhean cunntasachd san Leabhar-làimhe a' cleachdadh Inbhean Eadar-nàiseanta mu Aithisgean Ionmhasail (IFRS) mar a chaidh an atharrachadh no am mìneachadh airson suidheachadh na roinne poblach.

Nuair a bheir FReM taghadh a thaobh poileasaidh cunntasachd, thathar air am poileasaidh cunntasachd air a mheas mar am fear as freagarraiche do shuidheachadh sònraichte a' Choimisean a thaghadh gus sealladh fìor is ceart a thoirt. Tha na poileasaidhean sònraichte ris an do ghabh Coimisean na Croitearachd air am mìneachadh gu h-iseal. Thathar air an cur an sàs air an aon rèir ann a bhith a' dèiligeadh ri mìrean a mheasar buntainneach do na h-aithrisean ionmhasail.

Thathar air na h-aithrisean ionmhasail anns an aithis seo ullachadh mar bhunait gnothaich leantainnich, oir tha an t-Oifigeir Cunntachail den bheachd gu bheil goireasan gu leòr aig a' Choimisean gus cumail air ag obrachadh anns an ùine air thoiseach fhad 's a chithear air adhart.

1.1 Gnàthas cunntasachd

Thathar air na cunntasan seo ullachadh fo ghnàthas nan cosgaisean eachdraidheil.

1.2 Uidheamachd Teicneòlais Fhiosrachaidh

Tha uidheamachd a' ciallachadh stuth bathar-cruaidh teicneòlais fhiosrachaidh le cosgais os cionn £5,000. Far a bheil nithean fa leth a' cosg nas lugha na £5,000, ach far a bheil an seòrsa so-mhaoin gu h-ìomlan a' cosg còrr air £5,000, tha iad air an calpachadh. Gu sònraichte, buinidh seo ri ceannach choimpiutairean, fhrithealaichean agus a' bhathair-chruaidh nan lùib, a bhios ag ìsleachadh nam beatha fheumail, a thathar a' meas aig ìre

3 bliadhna. Thathar air crìonadh a thoirt aig an ìre air ath-obrachadh a-mach gus a' chosgais a ghlanadh ann an cuibhreannan bliadhnail co-ionann thairis air beatha fheumail nan stuthan. Tha maoin TF ga giùlan aig cosgais eachdraidheil, a chleachdar mar phrogsaidh ri luach ceart.

1.3 Maoin Dho-bheantainn

Tha maoin dho-bheantainn a' gabhail a-steach cead bathair-bhuig agus bathar-bog air a leasachadh air an taobh a-staigh aig an robh ìre chalpa de £5,000 le chèile. Nuair a tha maoin dho-bheantainn a chruthaicheadh air an taobh a-staigh mar bhathar-bog ga cur na calpa, chan eil ach cosgaisean a tha ceangailte gu dìreach, a' gabhail a-steach cosgaisean luchd-obrach is cosgaisean ceangailte ri luchd-obrach, a' nochdadh nuair a mheasar gun cruthaich a' mhaoin buannachd eaconamach a-rithist mar chaomhnadh no leasachadh air na modhan air an taobh a-staigh. Tha maoin dho-bheantainn ga luachadh aig cosgais a thathar a' cleachdadh mar rud ionann ris an luach cheart. Thathar air crìonadh a thoirt aig an ìre air a h-obrachadh a-mach gus a' chosgais a ghlanadh ann an cuibhreannan bliadhnail co-ionann thairis air beatha fheumail na maoin.

Poileasaidh Luach-crìonaidh:

Bathar-bog air a chruthachadh air an taobh a-staigh 7 bliadhna

Siostam-obrachaidh no cead phrògraman-obrachaidh 3 bliadhna.

1.4 Cìs Luach a Bharrachd

Tha VAT nach fhaighear air ais a' nochdadh leis na cosgaisean buntainneach agus mar chis anns an Aithris mu Chaiteachas Lom lom-chuimseach san ùine san do dh'èirich i.

1.5 Sochaisean Luchd-obrach Sochaisean Luchd-obrach san Ùine Ghoirid

Tha tuarastalan is pàighidhean ceangailte ri fastadh gan aithneachadh sa bhliadhna san d'fhuaireadh seirbheis bho luchd-obrach. Tha a' chosgais ceangailte ri làithean-saora bliadhnail agus uairean-obrach sùbailte a chaidh a chosnadh ach nach deach an gabhadh le luchd-obrach aig deireadh na bliadhna ga h-aithneachadh anns na h-aithrisean ionmhasail chun na h-ìre gu bheil e ceadaichte do luchd-obrach làithean-saora a thoirt air adhart a-steach sa bhliadhna na dèidh.

Cosgaisean Pheinseanan

Tha luchd-obrach a' Choimisein nan seirbheisich chatharra a tha airidh air a bhith nam buill de Phrìomh Sgeama Pheinseanan na Seirbheis Catharra (PCSPS). 'S e PCPS sgeama shochaisean gun mhaoin anns a bheil iomadh neach-obrach an sàs far nach urrainn dhan Choimisean a roinn fhèin den mhaoin is do-mhaoin a chomharrachadh. Tha an sgeama air a mheas mar sgeama tabhartas deimhinnte fon saorsachd iomadh-neach-obrach a tha ceadaichte ann an IAS 19 *Sochaisean Luchd-obrach*. Chaidh làn luachadh achdaireachd air a choileanadh le Roinn An Ionmhais HM tro 2018 a dh'adhbhraich àrdachadh ann am tabhartasan peinnean luchd-obrach a thàinig a-steach bho 1 Giblean 2019. Bidh an Coimisean a' pàigheadh tabhartasan peinneanachaidh do PCSPS aig ìrean air an suidheachadh le Achdaire an Riaghaltais. Gheibhear fios ann an cunntasan nan goireasan aig Oifis a' Chaibineit: Pàigheadh Catharra (www.civilservicepensionscheme.org.uk)

Gheibhear barrachd fiosrachaidh mu pheinneanan san aithris air tuarastal air duilleagan 66 gu 67.

1.6 Ri Fhaighinn ann am Malairt

Nuair a thathar air teachd-a-steach aithneachadh ach nach do thachair socrachadh ann an airgead ullamh, tha neach-fiach ga chlàradh anns an Aithris mu Shuidheachadh Ionmhasail.

1.7 Ri phàigheadh ann am Malairt

Nuair a thathar air caiteachas aithneachadh ach nach do thachair socrachadh ann an airgead ullamh, tha creideasair ga chlàradh anns an Aithris mu Shuidheachadh Ionmhasail.

1.8 Airgeadullamh agus co-ionann ri airgeadullamh

Is e a tha ann an airgead ullamh agus suimeannan co-ionann ri airgead ullamh an t-airgead ullamh leis a' bhanca.

1.9 Tabhartas-mar-Chobhair

Tha Coimisean na Croitearachd a' faighinn Tabhartas-mar-Chobhair bho Riaghaltas na h-Alba gus an caiteachas lom aige a mhaoineachadh. Tha Tabhartas-mar-Chobhair ga chur mar chreideas ris a' Mhaoin Choitichinn san ùine san d'fhuaireadh e. Tha cosgais lom Choimisean na Croitearachd ga cur mar chis air a' mhaoin seo.

1.10 Ullachaidhean

Bheir Coimisean na Croitearachd mar dhleastanasan laghail no cruthachail às nach eil cinnt mu shuim no ùine aig àm na h-aithris mu shuidheachadh ionmhasail am meas as fheàrr air a' chaiteachas a dh'fhaodas a bhith a dhith gus an dleastanas a shocrachadh.

1.11 Fiachanasan Tuitemach

Tha do-mhaoinean tuitemach air an aithneachadh a thaobh: uallachaidhean a dh'fhaodadh a bhith ag èiridh mar thoradh air tachartasan san àm a chaidh seachad agus a bhiodh air an dearbhadh mar thoradh air tabhartasan neo-chinnteach san àm ri teachd a bhiodh taobh a-muigh smachd a' Choimisean no a bhuineadh ri dleastanasan san àm a tha an làthair, far am faodadh e a bhith ach far nach eil e idir coltach gun cuirear feum air tabhartasan gus an t-uallach a rèiteach, no nach gabh a mheas le cinnt.

1.12 Maoin Tuitemach

Tha maoin tuitemach air aithneachadh a thaobh maoin a dh'fhaodadh a bhith ag èirigh à tachartasan a chaidh seachad a dhearbhar ma ghabhas tachartasan mì-chinnteach san àm ri teachd taobh a-muigh smachd Coimisean na Croitearachd àite.

1.13 Maoin Treas Pàrtaidhean

Chan aithnichear maoin a bhuineas ri treas pàrtaidhean (mar mhaoinean a chruinnichear agus a chuirear air adhart gu buidheann-gnìomha eile) anns na cunntasan seach nach ùidh shochair each aig a' Choimisean annta. Tha iad a' nochdadh, ge-tà, ann an nota fa leth (Nota 10) an cois nan cunntasan a rèir feumalachdan Leabhar-làimhe an Riaghaltais mu Aithrisean Ionmhasail.

1.14 Gabhail ri Inbhean Cunntasachd Ùr is Ath-sgrùdaichte

a) Inbhean, atharrachaidhean agus mìneachadh èifeachdach sa bhliadhna seo

Anns a' bhliadhna seo, tha Coimisean na Croitearachd air grunn atharrachaidhean a chur an sàs air Inbhean agus Mineachaidhean IFRS a tha èifeachdach airson bliadhna a thòisicheas air 1 Faoilleach 2021 no às a dhèidh. Chan eil an gabhail riutha air buaidh mhòr sam bith a thoirt air na foillseachaidhean no air na tomhasan a chaidh a chlàradh sna aithrisean ionmhasail sin:

- **Atharrachadh gu IAS 39, IFRS 4, IFRS 7 agus IAS 9** Ath-leasachadh Slat-tomhais Ìre Riadh (Ìre 2).
- **Atharrachadh gu IFRS 4:** Cùmhnantan àrachais – dàil air IFRS 9
- **Lasachaidhean air Mòl Co-cheangailte ri Covid-19 an dèidh 30 Ògmhios 2021:** (Atharrachadh gu IFRS 16).

b) Inbhean, leasachaidhean agus mìneachaidhean a chaidh gabhail riutha tràth am bliadhna

Chan eil inbhean ùra, leasachaidhean no mìneachaidhean a chaidh gabhail riutha tràth am bliadhna.

c) Inbhean, leasachaidhean agus mìneachaidhean a chuireadh a-mach ach nach deach gabhail riutha am bliadhna

Aig àm ùghdarrachaidh nan aithrisean ionmhasail seo, cha robh an Coimisean air na h-Inbhean IFRS ùra agus ath-leasaichte a leanas a chur an sàs, a bha air an cur a-mach ach nach robh fhathast èifeachdach:

- **IFRS 16:** Gabhaltasan. Tha Roinn an Ionmhais air aontachadh bacadh a chur an sàs gu 1 Giblean 2022
- **IFRS 17:** Cùmhnantan Àrachais. Iomchaidh airson ùine a' tòiseachadh air no an dèidh 1 Faoilleach 2023.

- **Atharrachadh gu IFRS 1:** Seòrsachadh Do-mhaoin mar Làrach no Neo-làrach. Iomchaidh airson ùine a' tòiseachadh air no an dèidh 1 Faoilleach 2023.
- **Atharrachadh gu IFRS 1:** Foillseachadh Poileasaidhean Cunntasachd. Iomchaidh airson ùine a' tòiseachadh air no an dèidh 1 Faoilleach 2023.
- **Atharrachadh gu IFRS 8:** Mineachadh Poileasaidhean Cunntasachd. Iomchaidh airson ùine a' tòiseachadh air no an dèidh 1 Faoilleach 2023
- **Atharrachadh gu IFRS 16:** Teachd a-steach Seilbh, Acainn is Uidheamachd mus tèid a chleachdadh. Iomchaidh airson ùine a' tòiseachadh air no an dèidh 1 Faoilleach 2022.
- **Atharrachadh gu IFRS 37:** Cùmhnantan troma, cosgais airson cùmhnant a choileanadh. Iomchaidh airson ùine a' tòiseachadh air no an dèidh 1 Faoilleach 2022.
- **Leasachaidh Bliadhnail le Inbhean IFRS Cearcall 2018-2020.** Iomchaidh airson ùine a' tòiseachadh air no an dèidh 1 Faoilleach 2022.

Chan eil Coimisean na Croitearachd an dùil gun toir gabhail ris na h-Inbhean air a bheil iomradh gu h-àrd buaidh bhunasach air na h-aithrisean ionmhasail san àm ri teachd.

Tha Gabhaltasan IFRS 16 a' dol an àite Gabhaltasan IAS 17 agus tha e gu bhith air a chur an sàs le Roinn an Ionmhais HM ann an FreM bho 1 Giblean 2022. Tha IFRS 16 a' toirt a-steach modh cunntasachd aon ghabhaltas a tha a' ciallachadh riochdachadh nas fheàrr de so-mhaoin agus do-mhaoinean neach-gabhaltais, agus a' toirt foillseachadh nas fheàrr gus foillseachadh a leasachadh air aithris air airgead calpa a chleachdar.

Fo IFRS 16, feumaidh luchd-gabhaltais aithne a thoirt do sho-mhaoinean agus do-mhaoinean le gabhaltasan a tha le teirm nas fhaide na 12 mìos, mura h-eil a' mhaoin de luach ìosal. Ged nach eil mìneachadh bun-thomhasach air a thoirt de 'luach ìosal', tha Coimisean na Croitearachd air taghadh an ìre calpachaidh de £5,000 a chleachdadh gus na so-mhaoinean a dh'fheumar fhoillseachadh a dhearbhadh. Tha an Coimisean an dùil gum measar fhathast a chuid gabhaltasan ionmhais a tha ann mar-thà mar gabhaltasan. Cha bhi gabhaltasan obrachaidh sam bith a tha ann a' tuiteam fo IFRS 16 fo na riaghailtean

'dileab' a tha air an òrdachadh san FReM airson an atharrachadh tùsail gu IFRS 16, agus mar sin chan eil an Coimisean an dùil gun toir buileachadh na h-inbhe seo buaidh sam bith air na h-aithrisean ionmhasail. Sna bliadhnaichean ri teachd, bidh cunnraidhean ùra agus ath-ùrachaidhean cunnraidh air an lèirmheas airson beachdachadh orra fo IFRS 16 mar a bhith air an comharrachadh mar sho-mhaoinean còir-cleachdaidh. Thèid so-mhaoinean air an aithneachadh fo IFRS 16 an cumail air an Aithris mu Shuidheachadh Ionmhasail mar (i) so-mhaoinean còir-cleachdaidh a tha a' riochdachadh còir a' Choimisein a bhith a' cleachdadh nan so-mhaoinean gabhaltais a tha seo; agus (ii) do-mhaoinean a ghabhail a tha a' riochdachadh an dleistanais a bhith a' pàigheadh airson ghabhaltasan.

1.15 Breithneachadh Riatanach Cunntasachd agus Tùsan Riatanach Mheasaidhean

Ann a bhith a' cur nam poileasaidhean cunntasachd aig Coimisean na Croitearachd mar a thathar a' mìneachadh ann an Nota 1 an sàs, feumaidh an t-Oifigear Cunntachail breithneachadh is measaidhean a dhèanamh agus gabhail ri rudan mun t-sùim a thathar a' giùlan de mhaoin is de do-mhaoin nach eil follaiseach air a' chiad sealladh bho thùsan eile.

Measaidhean

Tha na measaidhean agus na beachdan gan rèir stèidhichte air eòlas eachdraidheil agus nithean eile a mheasar buntainneach. Faodaidh gum bi na toraidhean fhèin diofraichte bho na measaidhean seo. Tha na measaidhean agus na beachdan mar bhunait riutha gan ath-bhreithneachadh air bunait leantainneach.

Tha ath-sgrìobhadh air measaidhean cunntasachd gan aithneachadh anns an ùine san ath-sgrìobhar am

measadh mas e nach bi am measadh a' bualadh ach air an ùine sin, no ann an ùine a' mheasaidh agus san ùine air thoiseach ma bhios am measadh a' bualadh an dà chuid air an aimsir seo agus na thig.

Tha an Coimisean mothachail air grunnan beag thagraidhean a tha no a dh'fhaodadh a bhith ann dhan SLC a dh'fhaodadh, an crochadh air co-dhùnaidhean na Cùirte, toirt mar bhuil gun tèid cosgaisean beaga a òrdachadh an aghaidh a' Choimisein. Cha ghabh coltas nan tagraidhean agus suimeannan nam fiachanas a dh'fhaodadh èirigh meas le cinnt. Air beachdachadh air coltas nan cùisean sin a bhith gan co-dhùnadh an aghaidh a' Choimisein agus cosgaisean a bhith air an toirt seachad, chan eil Coimisean nan Croitearachd air ullachadh a mhineachadh. Ge-tà, chan eil am fiachanas iomlan a mheasadh an Coimisean mòr gu leòr gus fiachanas tuiteamach a chlàradh.

Chan eil an t-Oifigear Cunntachail den bheachd gu bheil tùsan de mhì-chinnt eile ann am measadh a tha feumach air nochdadh.

Breithean

Chan eil breithean deatamach a thaobh cunntasachd feumach air nochdadh seach cur an gnìomh nam poileasaidhean gu h-àrd. Ged a tha breithneachadh ga chleachdadh ann an measadh ìre an ìsleachaidh is a' chrìonaidh ri h-aithneachadh air uidheam agus bathar-bog IT, aithneachadh malairt agus nithean eile rim faighinn agus aithneachadh fhiachanas eile, tha na breithean seo a rèir a' chleachdaidh àbhaistich agus chan eilear gam meas deatamach leis cho beag agus a tha na suimeannan a tha ann. Cha bhiodh buaidh susbainteach sam bith aig diofar bhreithean ann an gin de na raointean seo.

2. Caiteachas

	2022 £000	2021 £000
Cosgaisean Buill a' Bhùird agus Luchd-obrach		
Tuarastail	1,779	1,714
Cosgaisean Tèarainteachd Shòisealta	166	161
Cosgaisean peinnseanan eile	461	445
Luchd-obrach Sealach	185	41
Cosgaisean iomlan an luchd-obrach	2,591	2,361
Caiteachas obrachaidh eile		
Cosgaisean àiteachan-fuirich	178	194
Sìostaman fiosrachaidh is cian-chonaltraidh	214	145
Trèanadh	26	13
Conaltradh	54	94
Taghaidhean croitearachd	58	-
Cosgaisean sanasachd riaghlachail	29	27
Siubhal is bith-beò – luchd-obrach	3	2
Siubhal is bith-beò - Coimiseanairean	7	1
Cìsean laghail*	(16)	16
Tuarastal Luchd-sgrùdaidh air an Taobh a-muigh**	25	31
Molaidhean Sgrùdadh air an Taobh a-staigh	11	25
Cosgaisean ruith eile	81	101
Caiteachas obrachaidh eile gu h-iomlan	670	649
Mìrean nach eil mar airgead ullamh		
Ìsleachadh	33	26
Crìonadh	22	24
Mìrean iomlan nach eil mar airgead ullamh	55	50
Buil iomlan	3,316	3,060

* Am measg cìsean laghail tha ath-bhuannachd chosgaisean a thigeadh air a' Choimisean mar thoradh air luchd-tagraidh a' leantainn riarachadh laghail tron chùirt, a tha an dèidh làimhe air a bhith air an diùltadh le Cùirt an Fhearainn agus Taigh a-staigh Cùirt an t-Seisein.

** An lùib pàighidh an luchd-sgrùdaidh air an taobh a-muigh airson 2021/22 tha £4,800 airson obair co-cheangailte ri 2020/21.

3. Uidheamachd Teicneòlais Fhiosrachaidh

	£000
Cosgais	
1 Giblean 2020	243
Cur-ris	28
Cur an taobh	-
31 Màrt 2021	271
Ìsleachadh	
1 Giblean 2020	(197)
Air a ghearradh sa bhliadhna	(26)
Cur an taobh	-
31 Màrt 2021	(223)
Luach lom a rèir nan leabhraichean air	
31 Màrt 2020	46
31 Màrt 2021	48
Cosgais	
1 Giblean 2021	271
Cur-ris	49
Cur an taobh	(56)
31 Màrt 2022	264
Ìsleachadh	
1 Giblean 2021	(223)
Air a ghearradh sa bhliadhna	(33)
Cur an taobh	56
31 Màrt 2022	(200)
A' giùlan luach air	
31 Màrt 2021	48
31 Màrt 2022	64
Frithealadh Airgid Maoin:	
An seilbh	64
A' giùlan luach air 31 Màrt 2022	64

4. Maoin dho-bheantainn - Bathar-bog

	£000
Cosgais	
1 Giblean 2020	146
Cur-ris	7
Cur an taobh	(10)
31 Màrt 2021	143
Crìonadh	
1 Giblean 2020	(87)
Air a ghearradh sa bhliadhna	(24)
Cur an taobh	10
31 Màrt 2021	(101)
Luach lom a rèir nan leabhraichean air	
31 Màrt 2020	59
31 Màrt 2021	42
Cosgais	
1 Giblean 2021	143
Cur-ris	-
Cur an taobh	-
31 Màrt 2022	143
Crìonadh	
1 Giblean 2021	(101)
Air a ghearradh sa bhliadhna	(22)
Cur an taobh	-
31 Màrt 2022	(123)
A' giùlan luach air	
31 Màrt 2021	42
31 Màrt 2022	20
Frithealadh Airgid Maoin:	
An seilbh	20
A' giùlan luach air 31 Màrt 2022	20

5. Ri fhaighinn ann am malairt agus maoin làithreach eile

Suimeannan rim pàigheadh an taobh a-staigh aon bhliadhna:

	2022 £000	2021 £000
Ro-phàighidhean	21	17
Buil	21	17

6. Airgead ullamh agus co-ionann ri airgead ullamh

	2022 £000	2021 £000
Cothrom air 1 Giblean	216	118
Atharrachadh lom air airgead ullamh agus nithean co-ionann	(93)	98
Cothrom air 31 Màrt	123	216
Chaidh na cothroman a leanas aig 31 Màrt a chumail le Seirbheis Bancaidh an Rìaghaltais	123	216
Cothrom air 31 Màrt	123	216

7. Ri phàigheadh ann am malairt agus fiachanasan làithreach eile

Suimeannan rim pàigheadh an taobh a-staigh aon bhliadhna:

	2022 £000	2021 £000
Cisean Eile agus Tèarainteachd Shòisealta	86	79
Ri phàigheadh ann am Malairt	15	9
Tàrmaichte	164	206
Buil	265	294

8 Tar-ghnìomhan phàrtaidhean dàimheach

'S e an Coimisean NDPB le taic bho Riaghaltas na h-Alba. Tha e an urra ri Riaghaltas na h-Alba am frèam reachdail sam bi an Coimisean ag obrachadh òrdachadh.

Bha tàr-ghnìomhan ionmhais nach bu bheag eadar Buidheann-stiùiridh Àiteachais is Eaconamaidh Dùthchail Riaghaltas na h-Alba (an Stiùireachas Urrasachd) agus an Coimisean rè na bliadhna. Rinneadh tàr-ghnìomhan ionmhais leis a' Bhuidhinn suas le Tabhartas-mar-Chobhair de £3,250,000 (2020/21 £3,022,000) mar a nochdar anns an aithris mu Atharrachaidhean air Cothromas Luchd-pàighidh Cìse air duilleag 83.

Bheir am Bòrd agus SMT buaidh air poileasaidhean ionmhasail agus obrachaidh a' Choimisein. Tha an tuarastal iomlan a chaidh a phàigheadh do Bhuill a' Bhùird agus Oifigearan SMT air a shealltainn anns an Aithisg Tuarastail (duilleagan 62 gu 63). Tha e mar dhleastanas air a' Bhòrd agus SMT leantainn ri Còd Giùlain a tha ag iarraidh orra com-pàirt fhoillseachadh ann an cùisean a dh'fhaodadh no a dh'fhaodar a mheas buaidh a thoirt, gu dìreach no gu neo-dhìreach, air am breithneachadh no co-dhùnaidhean a chaidh a ghabhail mar a tha iad ag obair. Cha robh tar-ghnìomhan eile aig Buill a' Bhùird no Oifigearan SMT le buidhnean ceangailte.

9. Ionnsramaidean ionmhasail

Tha maoin ionmhasail agus fiachanasan ionmhasail gan aithneachadh nuair a bhios an Coimisean na phàrtaidh do dh'ullachadh cùmhnantail na h-ionnsramaidean. Tha gach maoin is fiachanas ionmhasail gan tomhas an toiseach aig prìs an tàr-ghnìomha (cosgaisean tàr-ghnìomha san àireamh). Chan eil maoin is fiachanasan ionmhasail aig Coimisean na Croitearachd den t-seòrsa a tha nan ionnsramaidean ionmhasail bunasach. Tha ionnsramaidean ionmhasail bunasach gan aithneachadh an toiseach aig luach an tàr-ghnìomha agus gan tomhas an dèidh sin aig luach an t-socrachaidh aca.

Air adhbharan obrachaidh àbhaisteach, cha bhi cothromachaidhean sam bith mar airgead-ullamh

no co-ionann ri airgead ullamh gan cumail leis a' Choimisein seach an fheadhainn a bhios a dhìth gus luchd-creideis an-dràsta a phàigheadh – tuarastalan agus luchd-creideis ann am malairt. Tha maoin ionmhasail a' Choimisein ga dèanamh suas gu dìreach le airgead ullamh sa bhanca.

Ùghdarrachadh ionmhais air a thabhann le Riaghaltas na h-Alba chun na h-ìre a tha a' chosgais air a dhaingneachadh le ùghdarras buidseit. Chan eil an Coimisein ann an gàbhadh a thaobh so-mhaoineachas mar sin.

Chan eil luchd-fiach stuthail sam bith aig a' Choimisean agus mar sin chan eil e ga nochdadh ri gàbhadh mu chreideas. Anns an aon dòigh, bidh an Coimisean ritar-ghnìomhan ann an teirmean stèidhichte ann an Notaichean Breatannach agus chan eil e ga nochdadh ri gàbhadh anns a' mhargadh.

10. Maoin Treas Pàrtaidhean

Maoin an seilbh aig 31 Màrt air an gabh luach airgid a chur:

	2022 £000	2021 £000
Suidheachadh banca - Clàran na h-Alba	56	49
Maoin treas pàrtaidh a' trasnadh	50	38
Maoin iomlan ann an airgead ullamh	106	87

Is e a tha ann am maoin treas pàrtaidhean ann an trasnadh maoin, aig ceann na bliadhna, a fhuair ach nach do chuireadh ann an cunntas-banca fhathast seach gu bheil comas an iarrtais airson clàradh ann an Clàr nan Croitean aig Clàran na h-Alba fhathast a' feitheamh ri co-dhùnadh.

11. Fiachanasan Tuiteamach

Dh'fhaodadh an SLC cosgaisean a thoirt seachad an aghaidh a' Choimisein a thigeadh air luchd-tagraidh ann a bhith a' leantainn riarachadh laghail tron chùirt. Measar na cosgaisean seo aig £17,000. Seach gum faodadh an dleastanas a tha seo a dhearbhadh le co-dhùnadh san àm ri teachd leis an luchd-tagraidh agus/no an SLC a tha taobh a-muigh smachd a' Choimisein, tha seo air a bhith air fhoillseachadh mar dho-mhaoin tuiteamach.



COIMISEAN NA CROITEARACHD

STIÙIREADH LE MINISTEARAN NA H-ALBA

1. Tha Ministearan na h-Alba, ann an co-rèir ri earrainn 19 de Sgeideal 1 ri Achd nan Croitearan (Alba) 1993, mar a chaidh atharrachadh, a' toirt an stiùiridh a leanas le seo.
2. Gèillidh aithris nan cunntasan airson na bliadhna ionmhais a thàinig gu crìch air 31 Màrt 2013, agus nam bliadhnaichean an dèidh sin, do na prionnsapalan mu chunntasachd agus do na feumalachdan mu nochdadh san deasachadh de Leabhar-làimhe an Riaghaltais mu Aithisgean Ionmhais (FReM) nuair a bhios e ann an gnìomh fad na bliadhna dhan tèid an aithris ionmhais ullachadh.
3. Thèid na cunntasan ullachadh gus sealladh a thoirt a tha fìor is ceart den teachd-a-steach is den chaiteachas is den t-sruthadh-airgid airson na bliadhna ionmhais agus air an t-suidheachadh aig deireadh na bliadhna ionmhais.
4. Nochdaidh an stiùireadh seo mar leasachan ris an aithris air cunntasan.

Air a shoighneachadh le ùghdarras Ministearan na h-Alba

Ceann-latha 26/10/12

Faclair Ionmhais

Tha lan mhìneachaidh ri fhaotainn ann am Leabhar-làimhe an Riaghaltais mu Aithisgean Ionmhasail (FReM)

Bunait tàrmachaidh

Tha cunntasan a' Choimisein gan ullachadh air bunait tàrmachaidh. Tha seo a' ciallachadh gun aithnichear caiteachas is teachd-a-steach anns na cunntasan nuair a thathar ga chosg no ga chosnadh – chan ann nuair a gheibhear no a phàighear an t-airgead.

Crìonadh

Coltach ri ìsleachadh ach air a chur an sàs do mhaoin dho-bheantainn, is e sin tomhas luach maoin a chuireadh gu feum tron bhliadhna.

Maoin

Rudeigin a bhuineas dhan Choimisean no a bhios e a' cleachdadh, leithid, stuth TF no còraichean air bathar-bog.

Caiteachas calpa

Caitheamh air maoin neo-làithreach.

Sruth-airgid

Gluasad airgid ullaimh tron Choimisean, seach teachd-a-steach is caiteachas air an tàrmachadh.

Fiachanas tuiteamach

Fiachanas a dh'fhaodadh tachairt, a rèir tachartais air choreigin san àm ri teachd. Tha fiachanas tuiteamach ga chlàradh sna clàran-cunntasachd ma tha an tuiteamas coltach agus ma ghabhas suim an fhiachanais a thomhas air thuairmse gu reusanta.

Maoin làithreach

Maoin a thathar an dùil a bhios mar airgead ullamh san ath 12 mhìos.

Fiachanas làithreach

Fiachanas a thathar an dùil a bhith air a shocrachadh anns an ath 12 mhìos.

Easbhaidh

Far a bheil caiteachas nas motha na teachd-a-steach ann an ùine chunntasachd.

Ìsleachadh

Tomhas luach maoin TF a chuireadh gu feum tron bhliadhna.

FReM

Leabhar-làimhe mu Aithisgean Ionmhasail a chuireas Roinn an Ionmhais a-mach.

Bunait gnothaich leantainnich

Tha aithrisean ionmhasail gan ullachadh air a' bhunait seo, a' gabhail ris gun cùm an Coimisean air ag obrachadh san ùine air thoiseach fhad is a chithear air adhart.

Tabhartas-mar-Chobhair

Maoineachadh a gheibhear bho Riaghaltas na h-Alba.

Maoin Dho-bheantainn

Maoin, mar chòir bathar-bog a chleachdadh, ris nach gabh beantainn.

Fiachanas

Fiach air a' Choimisean do bhuidhinn eile.

Ro-phàighidhean

Suim a phàighear ro làimh mar chead bathair-bhuig. Ga comharrachadh an toiseach mar mhaoin, tha i na cosgais an uair sin nuair a thathar air sgur de bhuanachd a thoirt aiste.

Ullachadh

Fiachanas far nach eil cinnt mun t-suim no mun ùine.

SPFM

Tha an Leabhar-làimhe ga chur a-mach le Ministearan na h-Alba gus stiùireadh a thoirt do Riaghaltas na h-Alba agus do bhuidhnean buntainneach eile mu làimhseachadh maoin phoblach mar as còir.

Cothromas Phàighearán-cìse

Maoin a' Choimisein air fad.

Ri phàigheadh ann am malairt

Suimeannan rim pàigheadh ri luchd-solair bathair is sheirbheisean.

Ri fhaighinn ann am malairt

Suimeannan rim pàigheadh bho threas pàrtaidhean.